

Aon, Dhà, Trì ...

Òrain is rannan cloinne, sean is ùr

Airson sgoiltean agus sgoiltean-àraich

Air fhoillseachadh le Cànan Earranta, An t-Eilean Sgitheanach, airson Comhairle na Gàidhealtachd agus PRG.

© Comhairle na Gàidhealtachd às leth nan Ughdarrasan Ionadail a th' air an riochdachadh air PRG 1999.

An cruinneachadh air a chur ri chèile bho thùs le Comhairle na Gàidhealtachd

Deasachadh agus rannsachadh

Jenny Booth, Cànan

Dealbhachadh còmhdaich agus duilleagan-tìotal nan earrann

Marie Anne Chaimbeul, Cànan

Clò-bhualadh chòmhdhaichean

West Highland Free Press

Dùblachadh duilleagan taobh a-staigh

Prontaprint, Inverness

An ceòl air a chlàrachadh aig Vital Spark Music, Achadh a' Chùirn, An t-Eilean Sgitheanach

Einnseanair: Eric Cloughley; Riochdaire: Chris Harley

Ceòl air a chluich le Andrew Mackie, Màiri Hall, agus Jenny Booth

Cèiseagan air an dùblachadh le Grampian Records, Inbhir Ùige.

Aon, Dhà, Trì...
Òrain is rannan cloinne, sean is ùr
airson sgoiltean agus sgoiltean-àraich

Clàr-innse

Clàr-innse

Ro-ràdh

Clàr òrain 's rannan a rèir chuspairean, agus clàr theipichean

Clàr òrain 's rannan a rèir na h-aibidil, agus càit air na teipichean

Na h-òrain 's na rannan

Bunan-fiosrachaidh

Ro-ràdh

Eachdraidh a' chruinnichidh

Chaidh an cruinneachadh seo a chur ri chèile le Comhairle Roinn na Gàidhealtachd o chionn beagan bhliadhnaichean air ais. Tha tòrr de dh'òrain chloinne anns a' Ghàidhlig - seann fheadhainn agus òrain ùra - ach aig an àm ud bha iad fhathast sgapte air feadh leabhraichean, phàipearan agus theipichean agus mar sin doirbh do thidsearan grèim fhaighinn orra. Anns a' chruinneachadh chaidh uimhir 's a ghabhadh dha na h-òrain agus rannan a thoirt còmhla agus an cur fo cheann chuspairean sgoile gus a dhèanamh na b' fhasa do sgoiltean feum a dhèanamh dhiubh.

O chionn dà bhliadhna, dh'aontaich a' bhuidheann eadar-ùghdarras, PRG, an cruinneachadh fhoillseachadh airson math sgoiltean air feadh na dùthcha agus chaidh iarraidh air Cànan seo a ghabhail os làimh às leth PRG. Chaidh faclan nan òran a sgioblachadh le Cànan agus chaidh ceòl a chur riutha - an ceòl sgrìobhte agus cuideachd na fuinn air teip.

Feumalachd

Tha òrain agus rannan air leth feumail mar dhòigh air Gàidhlig sgoilearan a thoirt air adhart agus air an dèanamh mothachail air dualchas na Gàidhlig. Tha luach mhòr air a chur orra ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air an adhbhar sin. Tha foghlam Beurla cuideachd a-nise a' cur taic ris a' bheachd seo.

Tha òrain anns a' chruinneachadh seo a bhios feumail airson cainnt na cloinne a thoirt air adhart, feadhainn on ionnsaich iad mu dhualchas na Gàidhlig agus feadhainn a tha dìreach math an seinn.

Le bhith air an roinn nan earrainnean mar a tha iad, bidh e nas fhasa na h-òrain agus rannan a chleachdadh an lùib chuspairean ach faodar an cleachdadh air leth cuideachd.

An ceòl agus na teipichean

Tha fuinn an cois seo don chuid as motha de na rannan - feadhainn dha robh fuinn stèidhichte mar-thà, feadhainn eile dhan d' rinneadh ceòl às ùr, agus cuideachd feadhainn aig a bheil dà fhonn. Tha rannan eile ann aig nach eil ceòl idir, agus cleachdar iad seo airson aithris. Ghabhadh òrain eile an cleachdadh airson aithris cuideachd, às aonais nam fonn aca, a rèir toil.

Tha ceòl sgrìobhte 'staff' ann airson nan òran, agus dà theip sìmplidh mar stiùireadh air na fuinn. Tha an liosta aig toiseach a' phasgain a' sealltainn dè th' air gach teip. (Chan eil an fheadhainn gun cheòl air an teip.) Gheibhear iomradh air na teipichean cuideachd anns an liosta aibideileach. Air an teip, aithrisear àireamh is tiotal gach òrain agus an uair sin cluichear am fonn, aon turas a mhàin, ach corra uair far a bheil am fonn ag atharrachadh a rèir nan rann. Dh'fhaodadh òran a ghabhail aig astar sam bith a tha freagarrach, chan eil an teip ach na threòrachadh.

Buidheachas

Tha sinn a' toirt taing mhòr dhan h-uile duine a chuir an taic ris a' chruinneachadh seo san ullachadh, am meud a tha do-ainmichte an seo, agus gu h-àraidh do na tidsearan, ceòladairean, sgrìobhadairean agus foillsichearan uile a cheadaich dhuinn na stuthan aca a chleachdadh le deòin. Bu mhath leinn taing shònraichte a thoirt don fheadhainn a thug seachad den ùine 's eòlas aca gus ar comhairleachadh a thaobh fhonn 's thùs. Tha sinn cuideachd gu mòr an comain Craoladh nan Gàidheal aig BBC Alba airson an cuideachadh a thug iad dhuinn leis an leabhar seo.

Tha na bunan-fiosrachaidh air ainmeachadh mu choinneamh gach òrain no rainn, agus cead-cleachdaidh air a lorg, cho fad 's a ghabh sin a dhèanamh. Tha sinn duilich ma dh'fhàg sinn duine às agus bhiomaid toilichte cluinntinn mu dheidhinn.

Clàr òrain 's rannan a rèir chuspairean, agus clàr theipichean. Cliog air an tiotal agus cluinn am fonn.

1 Biadh

Teip 1 / Taobh 1

- 1-1 Brochan lom
- 1-2 Aon, dhà, trì, is toigh leam fhìn tù *faic 7-1*
- 1-3 Is toigh leam ugh
- 1-4 'S toigh leam mo bhiadh
- 1-5 Seatadh a' bhùird (Cuidich do mhàthair)
- 1-6 Mìre, mìre, miùg, miùg
- 1-7 Anns a' chidsin
- 1-8 Tha flùr agus ìm
- 1-9 Mamaidh aig a' chucair (*fonn 1 & 2*)
- 1-10 Na maragan aig Ruairidh
- 1-11 O cò ghoid am bonnach
- 1-12 Tha an t-acras orm (*fonn 1 & 2*)
- 1-13 Dè nì mo bhalachan?
- 1-14 Fear a' bhainne *faic 9-10*
- 1-15 Poili cuir an coire air
- 1-16 Pacaidean is pocannan

2 Làmh, làmhan, meuran is ceann

Teip 1 / Taobh 1

- 2-1 Seo an tè a leag an sabhal (*gun fhonn*)
- 2-2 Na corragan (*gun fhonn*)
- 2-3a Timcheall a' ghàrraidh (*gun fhonn*)
- 2-3b Mu thimcheall, mu thimcheall (*gun fhonn*)
- 2-4 Le do làmhan (Taigh beag le similear àrd) (*gun fhonn*)
- 2-5 Gnog air an doras
- 2-6 Dà eun bheag (*gun fhonn*)
- 2-7 Eun beag ag itealaich (*gun fhonn*)
- 2-8 Seo an saor a bhuail an tarrag
- 2-9 Aon chorrage bheag
- 2-10 Spòrs le do chorrage (Seo craobh) (*gun fhonn*)
- 2-11 Seo mo làmhan 's corragan a' danns'
- 2-12 An òrdag, an eilbheag (*gun fhonn*)
- 2-13 Uilleam Òrdag
- 2-14 Na h-òrdagan
- 2-15 Ròlaidh pòlaidh (Suas agus sìos, a-mach 's a-steach)
- 2-16 Ma tha thu toilichte an-diugh

2-17	Crathaidh mi mo làmhan
2-18	Seo mo làmh dheas
2-19	Òrdag is corrag
2-20	Làmhan anns a' bhùrn
2-21	Mar tha mise dèanamh
2-22	Dà làimh làidir
2-23	Cuir do làmhan air do cheann
2-24	Buail do bhoisean
2-25	Suath do bhoisean (<i>fonn 1 & 2</i>)
2-26	Seo mar a nigheas sinn ar làmhan <i>faic 10-1c</i>
2-27	Cunntas bodhaig (<i>gun fhonn</i>)
2-28	Aon bheul, aon sròn (<i>gun fhonn</i>)
2-29	Sùilean dubha <i>faic 12-2</i>
2-30	Cluasan, sùilean, sròn is beul

3 Dathan

Teip 1 / Taobh 1

3-1	Aodach Obrach (Aodach geal air còcaire) <i>faic 9-20</i>
3-2	Rabhd mu dhathan (<i>gun fhonn</i>)
3-3	Balach beag le còta gorm (<i>fonn 1 & 2</i>)
3-4	Dathan (Ad chruinn ghorm) (<i>gun fhonn</i>)
3-5	Dubh agus geal
3-6	Òran a' bhogha-fhrois (Dearg is orains is buidhe is uain')
3-7	Itean Penelope
3-8	Coileach donn (<i>gun fhonn</i>)
3-9	Dathan (Dath geal air a' bhainne)

4 Aodach

Teip 1 / Taobh 1

4-1	Dè thèid air mo cheann? (<i>fonn 1 & 2</i>)
4-2	Tha bonaid orm a-nis (<i>fonn 1 & 2</i>)
4-3	Cuir ort do stocainnean mar seo
4-4	Cuir ort an t-aodach (An cuir mi orm T-shirt?)
4-5	Aodach ùr
4-6	Balach beag le còta gorm <i>faic 3-3</i>
4-7	Dreas ùr do Mhàiri
4-8	Am bodach beag annasach
4-9	A' fuaigheal
4-10	A h-uile seòrsa aodaich
4-11	Aodach airson uisge
4-12	Bòtannan dearg
4-13	Uisge a' tuiteam
4-14	Bheirinn siud do Mhàiri

- 4-15 Tha bean agam, tha taigh agam (Dè nì mi gun lèine ghlan?)
- 4-16 Ribeinean rìomhach
- 4-17 Meal do bhrògan
- 4-18 A chur nan gobhar às a' chreig
- 4-19 Dè an dreas' as fheàrr leat?
- 4-20 Anns a' pholl
- 4-21 Rì plumadaich (Tha bòtannan is còta orm) *faic 13-1-4*
- 4-22 Bean a' chòtain ruaidh
- 4-23 Ho ro na ribeanan
- 4-24 Breacan Màiri Ùistein

5 Rudan

Teip 1 / Taobh 1

- 5-1 Rionnagan (*gun fhonn*)
- 5-2 Ball-coise (*gun fhonn*)
- 5-3 Bogsaichean beaga, beaga
- 5-4a Tha làraidh air a' bhòrd
- 5-4b,c,d A bheil làraidh air an làr? (*fonn 1 & 2*)
- 5-5 Tha làraidh aig Dòmhnall
- 5-6 Tha mise mòr, tha luchag beag (*fonn 1 & 2*)
- 5-7 Càit a bheil an luchag bheag?
- 5-8 A' dol dhan bhùth
- 5-9 Cho geal ris a' bhainne (*gun fhonn*)

6 Taigh / Gàrradh

Teip 1 / Taobh 1

- 6-1 Seo an taigh bòidheach thogadh le Seoc (*air dà dhuilleig*) (*gun fhonn*)
- 6-2 Tha poll air an ùrlar
- 6-3 Òran a' bhuntàta (Buntàta againn sa ghàrradh)
- 6-4 Dè chì mi le mo shùil (*fonn 1 & 2*)
- 6-5 Nach inns thu dhuinn, a Mhàiri (*fonn 1 & 2*)
- 6-6 Gàrradh Iain Eàirdsidh
- 6-7 Gàrradh MhicThòmais (*air dà dhuilleig*)

7 Àireamh

Teip 1 / Taobh 2

- 7-1 Aon, dhà, trì, is toigh leam fhìn tì
- 7-2 Aon, dhà, trì, an cat, an cù 's mi fhìn (*fonn 1 & 2*)
- 7-3 Aon, dhà, trì, tha cuilean agam fhìn
- 7-4 Aon, dhà, mach am bàta
- 7-5 Aon, dhà, seas air an làr (*gun fhonn*)
- 7-6 Aon, aon, cunnt a h-aon (*gun fhonn*)

7-7	Aon bhuntàta, dà bhuntàta (<i>gun fhonn</i>)
7-8	Aon bheul, aon sròn <i>faic 2-28</i> (<i>gun fhonn</i>)
7-9	Seall còig maragan (<i>gun fhonn</i>)
7-10	Còig luchainn bheaga gheala <i>faic 11-4-2</i>
7-11	Tunnagan beaga
7-12	Còig uighean ann am basgaid
7-13	Chaidh Mamaidh Lach a-mach a' snàmh
7-14	Aon nighean bheag na suidhe air an làr
7-15	Aon 's a dhà (<i>gun fhonn</i>)
7-16	Còig ùbhlan air a' bhòrd
7-17	Aon, dhà, trì, ceithir (Cunntaidh mi mo mheuran)
7-18	Còig ròin snàmh as an loch
7-19	Dà eun bheag <i>faic 2-6</i>
7-20	Còig uighean a-staigh san nead
7-21	Còignear fhear a' togail taigh
7-22	Cunntas (<i>gun fhonn</i>)
7-23	Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd (<i>fonn 1 & 2</i>)
7-24	Noah 's a bhean, 's a mhic

8 An uair

Teip 1 / Taobh 2

8-1	Tiog, tog, ars an cloc
8-2	Uaireadair (Is mis' an t-uaireadair beag)
8-3	An t-uaireadair (An tuig, an tuig, an tuig thu mi) (<i>gun fhonn</i>)
8-4	Diog-deog, diog-deog

9 Obraichean

Teip 1 / Taobh 2

9-1	Nuair a dh'fhàsas mise mòr
9-2a, b	Hò, hò, hò, hò (Tha Dòmhnall na phoileasman) / Tha Ealasaid na banrigh
9-3	Am poileasman
9-4	Is mis' am poileas mòr
9-5	Fideag a' phoilis (<i>fonn 1 & 2</i>)
9-6	Tha Dadaidh ag obair
9-7	Gnog, gnog aig an doras
9-8	Fear nam fìaclan
9-9	An nurs
9-10	Fear a' bhainne
9-11	Am post (<i>fonn 1 & 2</i>)
9-12	Litrichean
9-13	Tha gnogadh aig an doras (<i>gun fhonn</i>)
9-14	Obair an rathaid
9-15	Saighdear (Bu chaomh leam bhith nam shaighdear)

9-16	An saighdear, an seòladair
9-17	An saor (Cluinn an saor a' sàbhadh)
9-18	Anndra saor (Brig is brag air feadh an taighe) (<i>gun fhonn</i>)
9-19	Òrd a' bualadh
9-20	Aodach obrach (Aodach geal air còcaire)
9-21	Bhan Ruairidh Bhàin
9-22	Nì, nò, nì, nò, einnsean dearg
9-23	Sgiobadh an smàlaidh
9-24	An digear buidhe
9-25	Làraidhean
9-26	Cò latha thig iad? (<i>gun fhonn</i>)
9-27	Einnsean, tractar agus bhan
9-28	Tractar (An tractar a th' agamsa)

10 A' dèanamh rudan / Gnìomh

Teip 2 / Taobh 1

10-1a	Seo mar a bhios sinn a' cluich
10-1b	Timcheall air an teine mhòr
10-1c	Seo mar a nigheas sinn ar làmhan
10-2	Nigh an t-aodach
10-3	Muigh 's a-staigh
10-4	Flùraichean is ròsan
10-5	Mu chuairt, mu chuairt a' bhaile
10-6	Cha dèanadh i danns
10-7a	Tha duine anns an fhaing
10-7b	Tha Dòmhnall mòr a-staigh
10-8	"Tha mi ruith," ars an rabaid
10-9	Is mise an trèan (<i>gun fhonn</i>)
10-10	Cò thig a-mach an-diugh?
10-11	Aon nighean bheag na suidhe air an làr (<i>faic 7-14</i>)
10-12	Tha Sara a' dannsadh
10-13	Tha rothan a' bhus a' dol mun cuairt
10-14	Anns a' phàirce (A-null 's a-nall)
10-15	Suas, sìos, sìos agus suas (<i>gun fhonn</i>)
10-16	Tha Mamaidh a' fighe (Gliog, gliog, gliog, gliog)
10-17	Chaidh mi dhan an sgoil an-dè (<i>fonn 1 & 2</i>)
10-18	Chaidh mise dhan bhùth an-dè (<i>fonn 1 & 2</i>)
10-19a	Seoc is Sìne
10-19b	Seoc is Sìne
10-20	Bùth MhicAmhlaidh (<i>fonn 1 & 2</i>)
10-21a	Peantaidh mise dealbh dhut
10-21b	Cluichidh mis' a-muigh
10-22a	'S urrainn dhòmhsa suidhe

- 10-22b Is toigh leam a bhith peantadh
 10-23 Òran Disathairne (*fonn 1 & 2*)
 10-24 Làithean-sgoile

11 Beathaichean

Teip 2 / Taobh 1

11-1 Beathaichean còmhla

- 11-1-1 Guthan nam beathaichean
 11-1-2 Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn (*air dà dhuilleig*)
 11-1-3 Tha bò aig mo nàbaidh (*gun fhonn*)
 11-1-4 Is mise an trèan *faic 10-9*
 11-1-5 Fuaimean (Mò, mò, mò, chunnaic mise bò)
 11-1-6 Na beathaichean (*gun fhonn*)
 11-1-7 “Tha mi ruith” ars an rabaid *faic 10-8*
 11-1-8 Luath is socair (Tha crùbag bheag a’ falbh cho socair)
 11-1-9 Tha sinn a’ dol dhan sù an-dràsta
 11-1-10 Seall air an tarbh

11-2 Cù

- 11-2-1 Cuilean beag (*gun fhonn*)
 11-2-2 Dìleas
 11-2-3 Mi fhìn is mo chuilean
 11-2-4 Fraochan
 11-2-5 An cuilean (*gun fhonn*)
 11-2-6a, b “Hòbhan, hòbhan” ars an cù beag / “Òbhan, òbhan” ars an cù bàn
 11-2-7 Dh’fhalbh an cuilean bàn
 11-2-8 Chuir iad an t-sùil à Pilot

11-3 Cat

- 11-3-1 Ding dong clag
 11-3-2 Cat ri taobh an teine (*gun fhonn*)
 11-3-3 Piseag a’ sealg (*gun fhonn*)
 11-3-4a, b Phiseag bheag / Phuiseachain
 11-3-5 A’ phiseag bhreac
 11-3-6 “Miaù” ars a’ phiseag (*fonn 1 & 2*)
 11-3-7 Na piseagan (*gun fhonn*)
 11-3-8 An cat ’s an luch
 11-3-9 Miaù! Miaù! (*gun fhonn*)

11-4 Luch

- 11-4-1 Congrinerò
- 11-4-2 Còig luchainn bheaga gheala (*fonn 1 & 2*)
- 11-4-3 Luch-fheòir

11-5 Crodh

- 11-5-1 Mò, mò, mò
- 11-5-2 Tarbh (*gun fhonn*)
- 11-5-3 Tha bò is agh agam
- 11-5-4 Crodh-laoigh nam bodach
- 11-5-5 Tha bò dhubh agam
- 11-5-6 Crodh Chailein
- 11-5-7 Till an crodh, laochain
- 11-5-8 A' bhanarach chaoin
- 11-5-9 Blàrag

11-6 Rabaid

- 11-6-1 Rabaid bheag bhòidheach le do chòta bian
- 11-6-2 Hòrò Calum Coineanach

11-7 Eun

- 11-7-1 Uiseag bheag dhearg na mòna duibh
- 11-7-2 Robin Brù-dhearg (*fonn 1 & 2*)
- 11-7-3 An Lon-dubh
- 11-7-4 Fhuair mi nead a' Ghurra-gùg
- 11-7-5 Cò a mharbh am brù-dhearg? (*gun fhonn*)
- 11-7-6 Aitiù! Aitiù! (Tha an cnatan air Penelope)

11-8 Cearc, coileach, tunnag

- 11-8-1 Gog, Gog, Gog
- 11-8-2 Rug, rug, rug a dhà (*gun fhonn*)
- 11-8-3 Is mise an coileach
- 11-8-4 A' bhothag chearc ùr

11-9 Fiolain

- 11-9-1 Ionsaidh Uoinsaidh
- 11-9-2 A ghobhachain luidich

12 Aotrom

Teip 2 / Taobh 1

- 12-1 Cairistiona Chaimbeul
- 12-2 Sùilean dubha
- 12-3 O luaidh
- 12-4 An cluinn thu, Iain
- 12-5 An tèid thu leam, a Mhàiri?
- 12-6 A ghaoil, saoil am faigh mi thu?
- 12-7 Ho rì, ho rò, mo nìonag
- 12-8 Chan eil mo leannan ann an seo
- 12-9 I bhì à-da
- 12-10 Far am bi mi fhìn
- 12-11 A-null thar nan eileanan
- 12-12 A' bhean a bh' aig an tàillear chaol
- 12-13 Ruidhleadh na coilich dhubha
- 12-14 Mòrag Bheag, nighean Mhurchaidh an t-saoir
- 12-15 Màiri Ruadh a' dannsadh
- 12-16 Hò o rò, 'ille bhig
- 12-17 Màiri Bheag Bhàn
- 12-18 Mhic Iarla nam Bratach Bàna
- 12-19 Cäl nam bodach Gallda
- 12-20 Nam biodh agam trusdar bodaich
- 12-21 Buain na rainich
- 12-22 Thèid mo luran
- 12-23 Chuir iad mise dh' eilean leam fhìn
- 12-24 'S ann an Ìle
- 12-25 Dh' fhalbh an triùir Mhòragan
- 12-26 Oidhche mhath leibh

13 Aimsir

Teip 2 / Taobh 2

13-1 Uisge

- 13-1-1 Latha fliuch (*fonn 1 & 2*)
- 13-1-2 Tha mo chòta bog fliuch (*fonn 1 & 2*)
- 13-1-3 Splis! Splais!
- 13-1-4 Rì plumadaich (Tha bòtannan is còt' orm)
- 13-1-5 Uisge fuar
- 13-1-6 Cò mi?
- 13-1-7 Uisg' air cùl m' amhaich
- 13-1-8 An cuala tu na craobhan a' gabhail deoch?
- 13-1-9 Cluinn an tàrnaich
- 13-1-10 Cò leis as toigh uisge?

- 13-1-11 Diteag! Diteag!
- 13-1-12 Uisge fuar no uisge blàth
- 13-1-13 Tha e a' sileadh
- 13-1-14 An Dotair Fostair
- 13-1-15 Thuit an t-uisg'
- 13-1-16 Tha 'n t-uisg a' dòrtadh
- 13-1-17 Boinneagan mòra, mòra
- 13-1-18 Tha srianagan de dh'uisge trom

13-2 Fuar

- 13-2-1 Obh, obh, obh, tha mi fuar (*fonn 1 & 2*)
- 13-2-2 Sìde fhuar (Fuachd)
- 13-2-3 Òran an t-sneachda
- 13-2-4 An deigh

13-3 Ràithean

- 13-3-1 Uisge fuar, sneachda bàn
- 13-3-2 Tha sìol beag san talamh (*fonn 1 & 2*)
- 13-3-3 Àm an earraich
- 13-3-4 Tha 'n geamhradh a' tighinn
- 13-3-5 Cha toigh leam an geamhradh
- 13-3-6 An geamhradh a' tighinn (*gun fhonn*)
- 13-3-7 Robin Brù-dhearg *faic 11-7-2*
- 13-3-8 Ràith a' gheamhraidh

13-4 Grian

- 13-4-1 A' ghrian mhòr bhuidhe
- 13-4-2 Shuas anns an adhar
- 13-4-3 Taobh a deas, taobh a tuath

13-5 Bodach-sneachda

- 13-5-1 Rinn sinn bodach-sneachd' an-diugh
- 13-5-2 Bodach-sneachda mòr geal (*gun fhonn*)
- 13-5-3 Bodach-sneachda le pìob na bheul
- 13-5-4 Bodach-sneachd' cho tiugh is geal (*gun fhonn*)
- 13-5-5 Bodach-sneachda bòidheach (*gun fhonn*)
- 13-5-6 Bha bodach-sneachd' am meadhan lot
- 13-5-7 Seall air a' bhodach-sneachda
- 13-5-8 Càit an deach am bodach-sneachd'?
- 13-5-9 Rinn sinn bodach-sneachd' Dimàirt
- 13-5-10 Bodach-sneachd le ad mu cheann

- 13-5-11 Bodach-sneachd', bodach-sneachd'
- 13-5-12 Bodach-sneachd' le dà shùil dhubh (*gun fhonn*)
- 13-5-13 Dh'fhalbh na bodaich-sneachd' (*gun fhonn*)
- 13-5-14 Rinn mi bodach-sneachd' snog
- 13-5-15 Mise bodach-sneachd'

14 Fàilte

Teip 2 / Taobh 2

- 14-1 Madainn mhath
- 14-2 Màiri bheag a' falbh dhan sgoil
- 14-3 Meal do naidheachd an-diugh
- 14-4 Càit an robh thu?
- 14-5 Seo mo bhaga
- 14-6 Caidil is dùisg
- 14-7 Beannachd leibh
- 14-8 Paisg do làmhan

15 Muir

Teip 2 / Taobh 2

15-1 Bàtaichean

- 15-1-1 Mo bhàta (Tha bàta beag agamsa) (*fonn 1 & 2*)
- 15-1-2 Seòlaidh sinn am bàt'
- 15-1-3 Tha bàta seòladh air a' chuan
- 15-1-4 Bàt' air a' mhuir (*gun fhonn*)
- 15-1-5 Bàta Sheumais
- 15-1-6 Bàtaichean beag' a-muigh air a' mhuir
- 15-1-7 Am bàta beag
- 15-1-8 Aon, dhà, trì, ceithir (dh'fhalbh Uilleam air an eathar) (*gun fhonn*)
- 15-1-9 Null thar an aiseig
- 15-1-10 An eathar
- 15-1-11 Bàtaichean beaga ('S ann agam tha na bàtaichean)
- 15-1-12 Am Bàta Rannach
- 15-1-13 A-mach sa bhàt' -aiseig (*gun fhonn*)
- 15-1-14 Is mise bàta (*gun fhonn*)
- 15-1-15 Iomramh
- 15-1-16 Birlinn Ghoraidh Chròbhain
- 15-1-17 Mhic Iarla nam Bratach Bàna *faic 12-18*
- 15-1-18 Leis an lurgainn
- 15-1-19 Tha toll air a' bhàta mhòr
- 15-1-20 Iomair thusa Choinnich chridhe
- 15-1-21 Ho ro Uilleim

15-2 Port

- 15-2-1 Taigh-solais (*gun fhonn*)
- 15-2-2 Aig a' chidhe

15-3 Iasg

- 15-3-1 Èisg bhig
- 15-3-2 Bha bradan beag is bradan mòr (*fonn 1 & 2*)
- 15-3-3 Iasgach (*gun fhonn*)
- 15-3-4 An rionnach beag 's an rionnach mòr
- 15-3-5 Sàth nan Iasg (*gun fhonn*)

15-4 Creutairean

- 15-4-1 An fheannag san tràigh (*gun fhonn*)
- 15-4-2 A' chlann bheaga 's na ròin
- 15-4-3 Òran na maighdinn-mara
- 15-4-4 An sgarbh

15-5 Cuan

- 15-5-1 Air a' chuan
- 15-5-2 Rann mu chuan (*gun fhonn*)
- 15-5-3 An stoirm

15-6 Tràigh

- 15-6-1 Anns a' mhuir (*gun fhonn*)
- 15-6-2 Bog an òrdag mhòr sa chuan
- 15-6-3 Hòroin o horo, 's neònach mar a chunna' mi
- 15-6-4 Aig a' chladach
- 15-6-5 Sgrìob, sgrìob, sgrìob

Clàr òrain 's rannan a rèir na h-aibidil, agus càit air na teipichean

Cuspairean 's fo-chuspairean

A' dèanamh rudan / gnìomh Earr. 10; T1/t2
Aimsir Earr. 13; T2 / t2
Àireamh Earr. 7; T1 / t2
An uair Earr. 8; T1 / t2
Aodach Earr. 4; T1 / t1
Bàtaichean Earr. 15-1; T2 / t2
Beathaichean Earr. 11; T2 / t1
Beathaichean còmhla Earr. 11-1; T2 / t1
Bodach-sneachda Earr. 13-5; T2 / t2
Cat Earr. 11-3; T2 / t1
Cearc, coileach, tunnag Earr. 11-8; T2 / t1
Creutairean Earr. 15-4; T2 / t2
Crodh Earr. 11-5; T2 / t1
Cù Earr. 11-2; T2 / t1
Cuan Earr. 15-5; T2 / t2
Dathan Earr. 3; T1 / t1
Eun Earr. 11-7; T2 / t1

Fàilte Earr. 14; T2 / t2
Fiolain Earr. 11-9; T2 / t1
Fuar Earr. 13-2; T2 / t2
Grian Earr. 13-4; T2 / t1
Iasg Earr. 15-3; T2 / t2
Làmh, làmhan, meuran is ceann Earr. 2; T1 / t1
Luch Earr. 11-4; T2 / t1
Muir Earr. 15; T2 / t2
Obraichean Earr. 9; T1 / t2
Port Earr. 15-2; T2 / t2
Rabaid Earr. 11-6 ; T2 / t1
Ràithean Earr. 13-3 ; T2 / t2
Rudan Earr. 5; T1 / t1
Taigh / gàrradh Earr. 6; T1 / t1
Tràigh Earr. 15-6; T2 / t2
Uisge Earr. 13-1; T2 / t2

Òrain 's rannan

A' bhean a bh' aig an tàillear chaol 12-12; T2 / t1
A bheil an cù aig an doras (fonn 1 & 2) 5-4d; T1 / t1
A bheil an làraidh anns a' bhogsa? (fonn 1 & 2) 5-4c;
T1 / t1
A bheil làraidh air an làr? (fonn 1 & 2) 5-4b; T1 / t1
A' chlann bheaga 's na ròin 15-4-2; T2 / t2
A chur nan gobhar às a' chreig 4-18; T1 / t1
A' dol dhan bhùth 5-8; T1 / t1
A ghaoil, saoil am faigh mi thu? 12-6; T2 / t1
A h-uile seòrsa aodaich 4-10; T1 / t1
A' bhanarach chaoin 11-5-8; T2 / t1
A' bhothag chearc ùr 11-8-4; T2 / t1
A' fuaigheal 4-9; T1 / t1
A' ghobhachain luidich 11-9-2; T2 / t1
A' ghrian mhòr bhuidhe 13-4-1; T2 / t2
A' phiseag bhreac 11-3-5; T2 / t1
Aig a' chidhe 15-2-2; T2 / t2
Aig a' chladach 15-6-4; T2 / t2
Air a' chuan 15-5-1; T2 / t2
Aitiù! Aitiù! (Tha an cnatan air Penelope) 11-7-6;
T2 / t1
Àm an earraich 13-3-3; T2 / t2
Am bàta beag 15-1-7; T2 / t2
Am Bàta Rannach 15-1-12; T2 / t2
Am bodach beag annasach 4-8; T1 / t1
Am poileasman 9-3; T1 / t2
Am post (fonn 1 & 2) 9-11; T1 / t2
A-mach sa bhàt'-aiseig (gun fhonn) 15-1-13
An cat 's an luch 11-3-8; T2 / t1

An cluinn thu, Iain 12-4; T2 / t1
An cuala tu na craobhan a' gabhail deoch? 13-1-8;
T2 / t2
An cuilean (gun fhonn) 11-2-5
An deigh 13-2-4; T2 / t2
An digear buidhe 9-24; T1 / t2
An Dotair Fostair 13-1-14; T2 / t2
An eathar 15-1-10; T2 / t2
An fheannag san traigh (gun fhonn) 15-4-1
An geamhradh a' tighinn (gun fhonn) 13-3-6
An Lon-dubh 11-7-3; T2 / t1
An nurs 9-9; T1 / t2
An òrdag, an eilbheag (gun fhonn) 2-12
An rionnach beag 's an rionnach mòr 15-3-4; T2 / t2
An saighdear, an seòladair 9-16; T1 / t2
An saor (Cluinn an saor a' sàbhadh) 9-17; T1 / t2
An sgarbh 15-4-4; T2 / t2
An stoirm 15-5-3; T2/t2
An tèid thu leam, a Mhàiri? 12-5; T2 / t1
An t-uaireadair (An tuig, an tuig, an tuig thu mi)
(gun fhonn) 8-3
An uair a dh'fhàsas mise mòr 9-1; T1 / t2
Anndra saor (Brig is brag air feadh an taighe)
(gun fhonn) 9-18
Anns a' mhuir (gun fhonn) 15-6-1
Anns a' phàirce (A-null 's a-nall) 10-14; T1 / t2
Anns a' chidsin 1-7; T1 / t1
Anns a' pholl 4-20; T1 / t1
A-null thar nan eileanan 12-11; T2 / t1

Aodach airson uisge (cuir ort a-nis do bhòtannan) 4-11; T1 / t1
Aodach obrach (Aodach geal air còcaire) 9-20; T1 / t2
Aodach ùr 4-5; T1 / t1
Aon 's a dhà (gun fhonn) 7-15
Aon bheul, aon sròn (gun fhonn) 2-28;
Aon bhuntàta, dà bhuntàta (gun fhonn) 7-7
Aon chorrach bheag 2-9; T1 / t1
Aon nighean bheag na suidhe air an làr 7-14; T1 / t2
Aon, aon, cunnt a h-aon (gun fhonn) 7-6;
Aon, dhà, mach am bàta 7-4; T1 / t2
Aon, dhà, seas air an làr (gun fhonn) 7-5;
Aon, dhà, trì, an cat, an cù 's mi fhìn (fonn 1 & 2) 7-2; T1 / t2
Aon, dhà, trì, ceithir (Dh'fhalbh Uilleam air an eathar) (gun fhonn) 15-1-8
Aon, dhà, trì, ceithir (Cunntaidh mi mo mheuran) 7-17; T1 / t2
Aon, dhà, trì, is toigh leam fhìn tì 7-1; T1 / t2
Aon, dhà, trì, tha cuilean agam fhìn 7-3; T1 / t2
Balach beag le còta gorm (fonn 1 & 2) 3-3; T1 / t1
Ball-coise (gun fhonn) 5-2
Bàt' air a' mhuir (gun fhonn) 15-1-4
Bàta Sheumais 15-1-5; T2 / t2
Bàtaichean beag' a-muigh air a' mhuir 15-1-6; T2 / t2
Bàtaichean beaga 15-1-11; T2 / t2
Bean a' chòtain ruaidh 4-22; T1 / t1
Beannachd leibh 14-7; T2 / t2
Bha bodach-sneachd' am meadhan lot 13-5-6; T2 / t2
Bha bradan beag is bradan mòr (fonn 1 & 2) 15-3-2; T2 / t2
Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn 11-1-2; T2 / t1
Bhan Ruairidh Bhàin 9-21; T1 / t2
Bheirinn siud do Mhàiri 4-14; T1 / t1
Bodach-sneachd', bodach-sneachd' 13-5-11; T2 / t2
Birlinn Ghoraidh Chròbhain 15-1-16; T2 / t2
Blàrag 11-5-9; T2 / t1
Bodach-sneachd le ad mu cheann 13-5-10; T2 / t2
Bodach-sneachd' cho tiugh is geal (gun fhonn) 13-5-4;
Bodach-sneachd' le dà shùil dhubh (gun fhonn) 13-5-12
Bodach-sneachda bòidheach (gun fhonn) 13-5-5;
Bodach-sneachda le pìob na bheul 13-5-3; T2 / t2
Bodach-sneachda mòr geal (gun fhonn) 13-5-2;
Bog an òrdag mhòr sa chuan 15-6-2; T2 / t2
Bogsaichean beaga, beaga 5-3; T1 / t1
Boinneagan mòra, mòra 13-1-17; T2 / t2
Bòtannan dearg 4-12; T1 / t1
Breacan Màiri Ùistein 4-24; T1 / t1
Brochan lom 1-1; T1 / t1
Buail do bhoisean 2-24; T1 / t1

Buain na rainich 12-21; T2 / t1
Bùth MhicAmhlaidh (fonn 1 & 2) 10-20; T1 / t2
Caidil is dùisg 14-6; T2 / t2
Cairistiona Chaimbeul 12-1; T2 / t1
Càit an robh thu? 14-4; T2 / t2
Càit an deach am bodach-sneachd'? 13-5-8; T2 / t2
Càit a bheil an luchag bheag? 5-7; T1 / t1
Càl nam bodach Gallda 12-19; T2 / t1
Cat ri taobh an teine (gun fhonn) 11-3-2;
Cha dèanadh i danns 10-6; T1 / t2
Cha toigh leam an geamhradh 13-3-5; T2 / t2
Chaidh Mamaidh Lach a-mach a' snàmh 7-13; T1 / t2
Chaidh mi dhan an sgoil an-dè (fonn 1 & 2) 10-17; T1 / t2
Chaidh mise dhan bhùth an-dè (fonn 1 & 2) 10-18; T1 / t2
Chan eil mo leannan ann an seo 12-8; T2 / t1
Cho geal ris a' bhainne (gun fhonn) 5-9
Chuir iad an t-sùil à Pilot 11- 2-8; T2 / t1
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn 12-23; T2 / t1
Cluasan, sùilean, sròn is beul 2-30; T1 / t1
Cluichidh mis' a-muigh 10-21b; T1 / t2
Cluinn an tàrnaich 13-1-9; T2 / t2
Cò a mharbh am brù-dhearg? (gun fhonn) 11-7-5
Cò latha thig iad? (gun fhonn) 9-26
Cò leis as toil uisge? 13-1-10; T2 / t2
Cò mi? (Tha mi anns a' mhuir) 13-1-6; T2 / t2
Cò thig a-mach an-diugh? 10-10; T1 / t2
Còig luchainn bheaga gheala (fonn 1 & 2) 11-4-2; T2 / t1
Còig ròin snàmh as an loch 7-18; T1 / t2
Còig ùbhlan air a' bhòrd 7-16; T1 / t2
Còig uighean ann am basgaid 7-12; T1 / t2
Còig uighean a-staigh san nead 7-20; T1 / t2
Còignear fhear a' togail taigh 7-21; T1 / t2
Coileach donn (gun fhonn) 3-8
Congrinerò 11-4-1; T2 / t1
Crathaidh mi mo làmhan 2-17; T1 / t1
Crodh Chailein 11-5-6; T2 / t1
Crodh-laoigh nam bodach 11-5-4; T2 / t1
Cuilean beag (gun fhonn) 11-2-1
Cuir do làmhan air do cheann 2-23; T1 / t1
Cuir ort an t-aodach (An cuir mi orm T-shirt?) 4-4; T1 / t1
Cuir ort do stocainnean mar seo 4-3; T1 / t1
Cunntas (gun fhonn) 7-22;
Cunntas bodhaig (gun fhonn) 2-27
Dà eun bheag (gun fhonn) 2-6
Dà làimh làidir 2-22; T1 / t1
Dathan (Ad chruinn ghorm) (gun fhonn) 3-4
Dathan (Dath geal air a' bhainne) 3-9; T1 / t1
Dè an dreas' as fheàrr leat? 4-19; T1 / t1
Dè chì mi le mo shùil (fonn 1 & 2) 6-4; T1 / t1
Dè nì mo bhalachan? 1-13; T1 / t1
Dè thèid air mo cheann? (fonn 1 & 2) 4-1; T1 / t1
Dh'fhalbh an cuilean bàn 11-2-7; T2 / t1


Dh'fhalbh na bodaich-sneachd' (gun fhonn) 13-5-13
Dh'fhalbh an triùir Mhòragan 12-25; T2 / t1
Dileas 11-2-2; T2 / t1
Ding dong clag 11-3-1; T2 / t1
Diog-deog, diog-deog 8-4; T1 / t2
Diteag! Diteag! 13-1-11; T2 / t2
Dreas ùr do Mhàiri 4-7; T1 / t1
Dubh agus geal 3-5; T1 / t1
Einnsean, tractar agus bhan 9-27; T1 / t2
Èisg bhig 15-3-1; T2 / t2
Eun beag ag itealaich (gun fhonn) 2-7;
Far am bi mi fhìn 12-10; T2 / t1
Fear a' bhainne 9-10; T1 / t2
Fear nam fiaclan 9-8; T1 / t2
Fhuair mi nead a' Ghurra-gùg 11-7-4; T2 / t1
Fìdeag a' phoilis (fonn 1 & 2) 9-5; T1 / t2
Flùraichean is ròsan 10-4; T1 / t2
Fraochan 11-2-4; T2 / t1
Fuaimean (Mò, mò, mò, chunnaic mise bò) 11-1-5;
T2 / t1
Gàrradh Iain Eàirdsidh 6-6; T1 / t1
Gàrradh MhicThòmair 6-7;
Gnog air an doras 2-5; T1 / t1
Gnog, gnog aig an doras 9-7; T1 / t2
Gog, Gog, Gog 11-8-1; T2 / t1
Guthan nam beathaichean 11-1-1; T2 / t1
Hò o rò, 'ille bhig 12-16; T2 / t1
Ho ro na ribeanan 4-23; T1 / t1
Ho ro Uilleim 15-1-21; T2 / t2
Hò, hò, hò, hò (Tha Dòmhnall na phoileasman) 9-2a;
T1 / t2
Ho rì, ho rò, mo nìonag 12-7; T2 / t1
"Hòbhan, hòbhan" ars an cù beag 11-2-6a; T2 / t1
Horo Calum Coineanach 11-6-2; T2 / t1
Hòroin o horo, 's neònach mar a chunna mi 15-6-3; T2
/ t2
I bhì a-da 12-9; T2 / t1
Iasgach (gun fhonn) 15-3-3
Iomair thusa Choinnich chridhe 15-1-20; T2 / t2
Iomramh 15-1-15; T2 / t2
Ionsaidh Uoinsaidh 11-9-1; T2 / t1
Is mis' am poileas mòr 9-4; T1 / t2
Is mise an coileach 11-8-3; T2 / t1
Is mise an trèan (gun fhonn) 10-9
Is mise bàta (gun fhonn) 15-1-14
Is toigh leam a bhith peantadh 10-22b; T1 / t2
Is toigh leam ugh 1-3; T1 / t1
Itean Penelope 3-7; T1 / t1
Làithean-sgoile 10-24; T1 / t2
Làmhann anns a' bhùrn 2-20; T1 / t1
Làraidhean 9-25; T1 / t2
Latha fliuch (fonn 1 & 2) 13-1-1; T2 / t2
Le do làmhann (Taigh beag le similear àrd)
(gun fhonn) 2-4
Leis an lurgainn 15-1-18; T2 / t2
Litrichean 9-12; T1 / t2

Luath is socair (Tha crùbag bheag a' falbh cho
socair) 11-1-8; T2 / t1
Luch-fheòir 11-4-3; T2 / t1
Ma tha thu toilichte an-diugh 2-16; T1 / t1
Madainn mhath 14-1; T2 / t2
Màiri bheag a' falbh dhan sgoil 14-2; T2 / t2
Màiri Bheag Bhàn 12-17; T2 / t1
Màiri Ruadh a' dannsadh 12-15; T2 / t1
Mar tha mise dèanamh 2-21; T1 / t1
Meal do bhrògan 4-17; T1 / t1
Meal do naidheachd an-diugh 14-3; T2 / t2
Mhic Iarla nam Bratach Bàna 12-18; T2 / t1
Mì fhìn is mo chuilean 11-2-3; T2 / t1
"Miaù" ars a' phiseag (fonn 1 & 2) 11-3-6; T2 / t1
Miaù! Miaù! (gun fhonn) 11-3-9
Mìre, mìre, miùg, miùg 1-6; T1 / t1
Mise bodach-sneachd' 13-5-15; T2 / t2
Mo bhàta (Tha bàta beag agamsa) (fonn 1 & 2)
15-1-1; T2 / t2
Mò, mò, mò 11-5-1; T2 / t1
Mòrag Bheag, nighean Mhurchaidh an t-saoir
12-14; T2 / t1
Mu chuairt, mu chuairt a' bhaile 10-5; T1 / t2
Mu thimcheall, mu thimcheall (gun fhonn) 2-3b;
Muigh 's a-staigh 10-3; T1 / t2
Na beathaichean (gun fhonn) 11-1-6
Na corragan (gun fhonn) 2-2
Na h-òrdagan 2-14; T1 / t1
Na maragan aig Ruairidh 1-10; T1 / t1
Na piseagan (gun fhonn) 11-3-7
Nach inns thu dhuinn, a Mhàiri (fonn 1 & 2) 6-5;
T1 / t1
Nam biodh agam trustar bodaich 12-20; T2 / t1
Nì, nò, nì, nò, einnsean dearg 9-22; T1 / t2
Nigh an t-aodach 10-2; T1 / t2
Noah 's a bhean, 's a mhic 7-24; T1 / t2
Null thar an aiseig 15-1-9; T2 / t2
O cò ghoid am bonnach 1-11; T1 / t1
O luaidh 12-3; T2 / t1
Obair an rathaid 9-14; T1 / t2
Obh, obh, obh, tha mi fuar (fonn 1 & 2) 13-2-1;
T2 / t2
"Òbhan, òbhan" ars an cù bàn 11-2-6b; T2 / t1
Oidhche mhath leibh 12-26; T2 / t1
Òran a' bhogha-fhrois (Dearg is orains ...) 3-6;
T1 / t1
Òran a' bhuntàta (Buntàta againn sa ghàrradh) 6-3;
T1 / t1
Òran an t-sneachda 13-2-3; T2 / t2
Òran Disathairne (fonn 1 & 2) 10-23; T1 / t2
Òran na maighdinn-mara 15-4-3; T2 / t2
Òrd a' bualadh 9-19; T1 / t2
Òrdag is corrag 2-19; T1 / t1
Pacaidean is pocannan 1-16; T1 / t1
Paisg do làmhann 14-8; T2 / t2
Peantaidh mise dealbh dhut 10-21a; T1 / t2

Phuiseachain 11-3-4b; T2 / t1
Phiseag bheag 11-3-4a; T2 / t1
Piseag a' sealg (gun fhonn) 11-3-3;
Poili cuir an coire air 1-15; T1 / t1
Rabaid bheag bhòidheach le do chòta bian 11-6-1;
T2 / t1
Rabhd mu dhathan (gun fhonn) 3-2
Ràith a' gheamhraidh 13-3-8; T2 / t2
Rann mu chuan (gun fhonn) 15-5-2
Ri plumadaich (Tha bòtannan is còt' orm) 13-1-4;
T2 / t2
Ribeinean rìomhach 4-16; T1 / t1
Rinn mi bodach-sneachd' snog 13-5-14; T2 / t2
Rinn sinn bodach-sneachd' an-diugh 13-5-1; T2 / t2
Rinn sinn bodach-sneachd' Dimàirt 13-5-9; T2 / t2
Rionnagan (gun fhonn) 5-1
Robin Brù-dhearg (fonn 1 & 2) 11-7-2; T2/t1
Ròlaidh pòlaidh (Suas agus sìos, a-mach 's a-steach)
2-15; T1 / t1
Rug, rug, rug a dhà (gun fhonn) 11-8-2
Ruidhleadh na coilich dhubha 12-13; T2 / t1
'S ann an Ìle 12-24; T2 / t1
'S toigh leam mo bhiadh 1-4; T1 / t1
'S urrainn dhòmhsa suidhe 10-22a; T1 / t2
Saighdear (Bu chaomh leam bhith nam shaighdear)
9-15; T1 / t2
Sàth nan Iasg (gun fhonn) 15-3-5
Seall air a' bhodach-sneachda 13-5-7; T2 / t2
Seall air an tarbh 11-1-10; T2 / t1
Seall còig maragan (gun fhonn) 7-9
Seatadh a' bhùird (Cuidich do mhàthair) 1-5;
T1 / t1
Seo an saor a bhuail an tarrag 2-8; T1 / t1
Seo an taigh bòidheach thogadh le Seoc (gun fhonn)
6-1
Seo an tè a leag an sabhal (gun fhonn) 2-1
Seo mar a bhios sinn a' cluich 10-1a; T1 / t2
Seo mar a nigheas sinn ar làmhnan 10-1c; T1 / t2
Seo mo bhaga 14-5; T2 / t2
Seo mo làmh dheas 2-18; T1 / t1
Seo mo làmhnan 's corragan a' danns' 2-11; T1 / t1
Seoc is Sìne 10-19a,b; T1 / t2
Seòlaidh sinn am bàt' 15-1-2; T2 / t2
Sgiobadh an smàlaidh 9-23; T1 / t2
Sgrìob, sgrìob, sgrìob 15-6-5; T2 / t2
Shuas anns an adhar 13-4-2; T2 / t2
Side fhuar (Fuachd) 13-2-2; T2 / t2
Splis! Splais! 13-1-3; T2 / t2
Spòrs le do chorrigan (Seo craobh) (gun fhonn) 2-10
Suas, sìos, sìos agus suas (gun fhonn) 10-15
Suath do bhoisean (fonn 1 & 2) 2-25; T1 / t1
Sùilean dubha 12-2; T2 / t1
Taigh-solais (gun fhonn) 15-2-1
Taobh a deas, taobh a tuath 13-4-3; T2 / t2
Tarbh (gun fhonn) 11-5-2

Tha 'n geamhradh a' tighinn 13-3-4; T2 / t2
Tha 'n t-uisg a' dòrtadh 13-1-16; T2 / t2
Tha an t-acras orm (fonn 1 & 2) 1-12; T1 / t1
Tha bàta seòladh air a' chuan 15-1-3; T2 / t2
Tha bean agam, tha taigh agam (Dè nì mi gun lèine
ghlan?) 4-15; T1 / t1
Tha bò aig mo nàbaidh (gun fhonn) 11-1-3
Tha bò dhubh agam 11-5-5; T2 / t1
Tha bò is agh agam 11-5-3; T2 / t1
Tha bonaid orm a-nis (fonn 1 & 2) 4-2; T1 / t1
Tha Dadaidh ag obair 9-6; T1 / t2
Tha Dòmhnall mòr a-staigh 10-7b; T1 / t2
Tha duine anns an fhaing 10-7a; T1 / t2
Tha e a' sileadh 13-1-13; T2 / t2
Tha Ealasaid na banrigh 9-2b; T1 / t2
Tha flùr agus im 1-8; T1 / t1
Tha gnogadh aig an doras (gun fhonn) 9-13
Tha làraidh aig Dòmhnall 5-5; T1 / t1
Tha làraidh air a' bhòrd 5-4a; T1 / t1
Tha Mamaidh a' fighe (Gliog gliog, gliog gliog)
10-16; T1 / t2
Tha Mamaidh aig a' chucair (fonn 1 & 2) 1-9;
T1 / t1
"Tha mi ruith," ars an rabaid 10-8; T1 / t2
Tha mise mòr, tha luchag beag (fonn 1 & 2) 5-6;
T1 / t1
Tha mo chòta bog fliuch (fonn 1 & 2) 13-1-2; T2 / t2
Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd (fonn 1 & 2)
7-23; T1 / t2
Tha poll air an ùrlar 6-2; T1 / t1
Tha rothan a' bhus a' dol mun cuairt 10-13; T1 / t2
Tha Sara a' dannsadh 10-12; T1 / t2
Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta 11-1-9; T2 / t1
Tha sìol beag san talamh (fonn 1 & 2) 13-3-2;
T2 / t2
Tha srianagan de dh'uisge trom 13-1-18; T2 / t2
Tha toll air a' bhàta mhòr 15-1-19; T2 / t2
Thèid mo luran 12-22; T2 / t1
Thuit an t-uisg' 13-1-15; T2 / t2
Till an crodh, laochain 11-5-7; T2 / t1
Timcheall a' ghàrraidh (gun fhonn) 2-3a
Timcheall air an teine mhòr 10-1b; T1 / t2
Tiog, tog, ars an gleoc 8-1; T1 / t2
Tractar (An tractar a th' agamsa) 9-28; T1 / t2
Tunnagan beaga 7-11; T1 / t2
Uaireadair (Is mis' an t-uaireadair beag) 8-2; T1 /
t2
Uilleam Òrdag 2-13; T1 / t1
Uiseag bheag dhearg na mòna duibh 11-7-1; T2 / t1
Uisg' air cùl m' amhaich 13-1-7; T2 / t2
Uisge a' tuiteam 4-13; T1 / t1
Uisge fuar 13-1-5; T2 / t2
Uisge fuar no uisge blàth 13-1-12; T2 / t2
Uisge fuar, sneachda bàn 13-3-1; T2 / t2

01. Biadh



1-1 Brochan Lom

Traidiseanta

1 Sèist

6

10 Rann

14

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*(O) Brochan lom, tana lom, brochan lom sùghain,
Brochan lom, tana lom, brochan lom sùghain,
Brochan lom, tana lom, brochan lom sùghain,
Brochan lom 's e tana lom, 's e brochan lom sùghain.*

Brochan tana, tana, tana, brochan lom sùghain,
Brochan tana, tana, tana, brochan lom sùghain,
Brochan tana, tana, tana, brochan lom sùghain,
Brochan lom 's e tana lom, 's e brochan lom sùghain.

Thugaibh aran do na balaich leis a' bhrochan shùghain,
Thugaibh aran do na balaich leis a' bhrochan shùghain,
Thugaibh aran do na balaich leis a' bhrochan shùghain,
Brochan lom 's e tana lom, 's e brochan lom sùghain.

1-2 Aon, dha, trì, is toigh leam fhìn tì

faic 7-1

1-3 Is toigh leam ugh

Penelope



Is toigh leam ugh; is toigh leam lit';
Is toigh leam bainne anns an tì;
Is toigh leam aran, geal is donn
Is briosaidean le càis' is ìm.

Is toigh leam lite anns a' mhadainn
'S cupa tì cho math 's a th' ann;
Is toigh leam feasgar truinnsear feòl'
Le currain is buntàta pronn.

1-4 'S toigh leam mo bhiadh

Dòtaman / Ceitidh Mhoireasdan

1 Sèist

5 Deireadh

9 Rann

13

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann.

*'S toigh leam fhìn, 's toigh leam fhìn, 's toigh leam mo bhiadh
'S toigh leam fhìn, 's toigh leam fhìn, 's toigh leam mo bhiadh
'S toigh leam fhìn, 's toigh leam fhìn, 's toigh leam mo bhiadh
'S toigh leam fhìn maragan math agus iasg.*

'S toigh leam ugh sa mhadainn le aran is ìm,
Brochan agus bainne agus balgam tì;
'S toigh leam fhìn, 's toigh leam fhìn, 's toigh leam an tì -
Brochan agus bainne agus balgam tì.

'S toigh leam bìdeag chàise no spàin bheag jam
Sosaid air a bruich no slis bheag ham,
'S toigh leam fhìn, 's toigh leam fhìn, 's toigh leam a' ham -
Sosaid air a bruich, no slis bheag ham.

'S toigh leam fhìn buntàta le càl is feòil,
Curran às a' ghàrradh 's 'tomato sabhs';
'S toigh leam fhìn, 's toigh leam fhìn, 's toigh leam an sabhs -
Curran às a' ghàrradh 's 'tomato sabhs'.

'S toigh leam cèicean seòclaid is 'cofaidh buns',
Suiteis ann am bogs' agus 'popsi gums';
'S toigh leam fhìn, 's toigh leam fhìn, 's toigh leam na 'gums' -
Suiteis ann am bogs' agus 'popsi gums'.

1-5 Seatadh a' bhùird (cuidich do mhàthair)

Penelope, fonn Ceana Chaimbeul

The musical score is written on four staves in treble clef, with a key signature of three sharps (F#, C#, G#) and a 3/4 time signature. The first staff begins with a measure rest and a first ending bracket. The second staff begins with a measure rest and a second ending bracket. The third staff begins with a measure rest. The fourth staff begins with a measure rest and ends with a double bar line and repeat dots. The melody consists of eighth and quarter notes.

Cuidich do mhàthair,
A Mhàiri bheag sgiobalta;
Cuidich do mhàthair,
A' seatadh a' bhùird.
Faigh cupannan, sàsairean,
Truinnsearan, spàinean,
Ìm agus marmalade
'S càise na bùth.

1-6 Mìre, m̀ire, miùg, miùg

Traidiseanta

1 Sèist



5 Rann



7



*Mìre, m̀ire, miùg, miùg,
Mìre, m̀ire, miùg, miùg,
Mìre, m̀ire, miùg, miùg,
Aran is ìm is càise.*

Aran is ìm is miùg is m̀ire.
Aran is ìm is miùg is m̀ire.
Aran is ìm is miùg is m̀ire.
Aran is ìm is càise.

1-7 Anns a' chidsin

Dòtaman / Catrìona NicDhòmhnail

Rann

Sèist

10

Sèist às dèidh gach rann

Bidh sinn 'g obair anns a' chidsin
Gu trang a h-uile latha,
A' cuideachadh ar Mamaidh
'S gu tric dol anns an rathad.

*Teth, teth, teth, thoir an aire dhan a' chucair!
Teth, teth, teth, thoir an aire dhan a' stòbh!
Teth, teth, teth, thoir an aire dhan a' chucair!
Ma loisgeas tu do chrògan, cha chluinn sinn ach, "Obh! Obh!"*

Nì sinn cèicichean is briosaidean,
Sgonaichean le ìm,
Aran-coirce 's càise -
Rudan math airson ar tì.

Glanaidh sinn na soithichean
'S na panaichean gu lèir,
Is canaidh Mamaidh 'n uair sin,
"Nach math a rinn sibh fhèin!"

Bidh sinn 'g obair anns a' chidsin
Gu trang a h-uile latha,
A' cuideachadh ar Mamaidh
'S gu tric dol anns an rathad.

1-8 Tha flùr agus ìm

Bun gun fhios, fonn **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona

Rann 1



Rann 2 - 4



The image shows two staves of musical notation in treble clef with a common time signature (C). The first staff is labeled 'Rann 1' and contains measures 1 through 4. The second staff is labeled 'Rann 2 - 4' and contains measures 5 through 8. The melody consists of eighth and sixteenth notes, with some rests and slurs.

A' lùbadh ruith an fhuinn a rèir nam faclan

Tha flùr agus ìm
Agus bainne agus salann
Agam air an cruinneachadh,
'S mi dol a dhèanamh aran.

Measgaidh iad le chèile
Anns a' bhobhla mhòr bhuidhe -
Cha mhòr nach do dhìochuimhnich mi
Gu feumamaid ugh ann.

Tha e nise deasaicht'
'Son a bhruich air a' ghreideil -
Mionaid air an taobh seo
'S chan fhad' gum bi e deiseil.

Ithidh sinn am bonnach
Le ìm is gruth is bàrr,
Copan mòr tì leis -
Cha b' urrainn na b' fheàrr!

1-9 Tha Mamaidh aig a' chucair (1)

Penelope, fonn Ceana Chaimbeul

The musical score consists of four staves of music in treble clef, 3/4 time, with a key signature of three sharps (F#, C#, G#). The first staff starts at measure 1. The second staff starts at measure 4 and ends with a fermata and the word 'Deireadh'. The third staff starts at measure 6. The fourth staff starts at measure 9 and ends with the instruction 'Air ais dhan toiseach'.

*Tha Mamaidh aig a' chucair
Is rud aice ri dhèanamh,
Dol a dhèanamh fuine dhuinn
A chumas deagh bhiadh rinn.*

Bidh bonnaich bheaga mhilis againn
Sliosan buidhe 's 'jam' orra,
Aran-coirce is aran-cridhe,
Sgonaichean is pancakes.

*Tha Mamaidh aig a' chucair
Is rud aice ri dhèanamh,
Dol a dhèanamh fuine dhuinn
A chumas deagh bhiadh rinn.*

1-9 Tha Mamaidh aig a' chucair (2)

Faclan **Penelope**, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** stèidhte air an fhonn thraidiseanta
"M' eudail air do shùilean donna"

1

4 Deireadh

6

9 Air ais dhan toiseach

A' lùbadh ruith an fhuinn a rèir nam faclan

*Tha Mamaidh aig a' chucair
Is rud aice ri dhèanamh,
Dol a dhèanamh fuine dhuinn
A chumas deagh bhiadh rinn.*

Bidh bonnaich bheaga mhillis againn
Sliosan buidhe 's 'jam' orra,
Aran-coirce is aran-cridhe,
Sgonaichean is pancakes.

*Tha Mamaidh aig a' chucair
Is rud aice ri dhèanamh,
Dol a dhèanamh fuine dhuinn
A chumas deagh bhiadh rinn.*

1-10 Na maragan aig Ruairidh

Traidiseanta

The image shows a musical score for a traditional Scottish tune. It consists of four staves of music in a single system, all in a 6/8 time signature. The first staff is labeled '1' and 'Sèist'. The second staff is labeled '6' and 'Deireadh'. The third staff is labeled '10' and 'Rann'. The fourth staff is labeled '14'. The music is written in a treble clef with a key signature of one flat (B-flat).

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

(dà thuras)

*O dh'ith na coin na maragan
'S na lùba dubh air Ruairidh,
O dh'ith na coin na maragan
'S na lùba dubh air Ruairidh.*

(dà thuras)

*'S e Seònaid rinn na maragan,
Na maragan, na maragan;
'S e Seònaid rinn na maragan,
'S na lùba dubh aig Ruairidh.*

(dà thuras)

*Nuair dh'èirich mi sa mhadainne,
Sa mhadainne, sa mhadainne;
Nuair dh'èirich mi sa mhadainne
Chan fhaighinn grèim air Ruairidh.*

1-11 O cò ghoid am bonnach?

Trobhadaibh a-Steach

The image shows two staves of musical notation. The first staff is labeled 'Sèist' and starts with a '1'. The second staff is labeled 'Rann' and starts with a '5'. Both staves are in a common time signature (C) and a key signature of one flat (B-flat). The melody consists of eighth and sixteenth notes. Above the first staff, the text '(An loidhn' seo a-rithist ma thograr)' is written. Above the second staff, the same text is written.

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

Gabhaidh gach rann agus sèist a sheinn aon no dà thuras mar a thogras.

*O cò ghoid am bonnach,
Ghoid am bonnach, ghoid am bonnach?
O cò ghoid am bonnach,
Am bonnach a rinn Màiri?*

*Chuir i am bonnach air a' bhòrd,
Air an truinnsear mar bu chòir,
'S nuair a chaidh i air a thòir,
Cha robh mìr air fhàgail.*

*Nuair a chunnaic i mar bha,
Leig i èigh aist' a bha garbh,
'S i ri maoidhean pian is cràidh
Dhan mhèirleach dhubh a dh'fhalbh leis.*

1-12 Tha an t-acras orm (1)

Penelope, fonn Ceana Chaimbeul



Seinnibh an t-òran air fad dà thuras

Tha 'n t-acras orm, tha 'n t-acras orm,
Tha 'n t-acras orms' an-còmhnaidh.
Gu dè th' aig Mamaidh anns a' phoit?
Buntàt' is brochan-feòla.

“Ith sin suas” bidh Mamaidh ràdh,
“Ith e suas gu dòigheil.”
Is beag a leigeas ise leas;
Tha 'n t-acras orms' an-còmhnaidh!

1-12 Tha an t-acras orm (2)

Faclan **Penelope**, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona

The musical score consists of four staves of music in G minor, 4/4 time. The first staff starts at measure 1 and ends at measure 5. The second staff starts at measure 6 and ends at measure 10. The third staff starts at measure 10 and ends at measure 14. The fourth staff starts at measure 14 and ends at measure 18. The melody is written in a single treble clef.

Seinnibh an t-òran air fad dà thuras

Tha 'n t-acras orm, tha 'n t-acras orm,
Tha 'n t-acras orms' an-còmhnaidh.
Gu dè th' aig Mamaidh anns a' phoit?
Buntàt' is brochan-feòla.

“Ith sin suas” bidh Mamaidh ràdh,
“Ith e suas gu dòigheil.”
Is beag a leigeas ise leas;
Tha 'n t-acras orms' an-còmhnaidh!

1-13 Dè nì mo bhalachan?

Penelope

Rann 1



Rann 2



Rann 3



(Air an teip: a' chiad rann a-mhàin)

Dè nì mo bhalachan,
Dè nì mo nìghneag,
Falbh dhan a' sgoil,
Gun bhonnach, gun phìos aca?

Siuthad, a bhalachain,
Siuthad, a nìghneag,
Stob na do bhag' e;
Siud agad do dhinnear.

Bonnach is briosgaid
Siud rud as fheàrr leibh
Paisgt' ann an 'cling-wrap',
Cuimhnich air Eàirdsidh.

1-14 Fear a' bhainne

faic 9-10

1-15 Poili cuir an coire air

Seinneamaid Còmhla, stèidhte air “Polly Put the Kettle On”,
air eadar-theangachadh leis an Urr. Iain MacLeòid nach maireann



Poili, cuir an coire air,
Poili, cuir an coire air,
Poili, cuir an coire air,
'S gheibh sinn tì.

Sugi, cuir e dheth a-nis,
Sugi, cuir e dheth a-nis
Sugi, cuir e dheth a-nis
Theich iad uile rithist.

1-16 Pacaidean is pocannan

Penelope



Pacaiden is pocannan,
Botail dhe gach seòrsa,
Chan fhaca duine leithid riamh,
Ann am bùth' còmhlà.
Crogain bheaga pheasair,
Deiseachan is brògan,
Min a' bhrochain,
Feòil nan crogan,
Briosgaidean is 'cornflakes'.

02. Lámh, lámhan, meuran is ceann ...



2-1 Seo an tè a leag an sabhal

Seinneamaid Còmhlà / Aithris is Oideas

Rann gnìomha airson òrdagan 's chorragan

Seo an tè a leag an sabhal;
Seo an tè a dh'ith an sìol;
Seo an tè a ruith air falbh;
Seo an tè a dh'inns an sgeul;
Is seo an tè a sheas ag amharc
'S a b' fheudar dhi pàigheadh airson a h-uile nì.

2-2 Na corragan

Bun gun fhios

Rann gnìomha airson òrdagan 's chorragan

Siud an tè a tholl an sabhal;
Siud an tè a dh' òl am bàrr;
Siud an tè a dh' inns e;
Siud an tè a dhìoghail air;
Siud an tè a ruith air falbh.

2-3a Timcheall a' ghàrraidh

Stèidhte air "Round and Round the Garden"

Dèanaibh cearcall le bhur corrag air bas a' phàiste, thoiribh air ur corragan leum suas a ghàirdean 's an uair sin a dhiogladh

Timcheall a' ghàrraidh
Dh'fhalbh am mathan mòr -
Aon cheum, dà cheum,
Diogladh gu leòr.

2-3b Mu thimcheall, mu thimcheall

Seinneamaid Còmhla, stèidhte air "Round and Round the Garden"

Dèanaibh cearcall le bhur corrag air bas a' phàiste, thoiribh air ur corragan leum suas a ghàirdean 's an uair sin a dhiogladh

Mu thimcheall, mu thimcheall
Teadaidh dol air iomrall.
Aon cheum, dà cheum,
Teadaidh dol gad dhiogladh.

2-4 Le do làmhan (Taigh beag le similear àrd)

Lisa Storey, stèidhte air "Here's the Church and Here's the Steeple".

Làmhan paisgte leis na corragan eadar a chèile, ach na sgealbagan dìreach, còmhla. Fosglaibh na làmhan an uair sin, na corragan fhathast a-measg a chèile, agus tionndaidhibh iad gus am bi na basan suas.

Taigh beag
Le similear àrd.
Fosgail an doras
Is chì thu an làr.

2-5 Gnog air an doras

Faclan **Seinneamaid Còmhla** / Anna Latharna NicIllÌosa,
fonn **Dè Thuirt Thu?** stèidhte air "Gabhaidh Sinn an Rathad Mòr".



*'Gnog' gu socair air bathais a' phàiste, 'buail' gu socair air an t-sròin,
'gìog' tro uinneag nan sùl le bhith a' togail nan rosg gu socair, 'fosgail' am
beul le bhith a' putadh an smiogaid, agus a-steach le corrag no suiteis*

Gnog air an doras;
Buail an clag;
Gìog tron uinneig;
Tadhail a-steach.

Cùm do theanga;
Tog do chas;
Ciamar a tha sibh?
Feasgar math.

2-6 Dà eun bheag

Seinneamaid Còmhla, air eadar-theangachadh le Anna Latharna
NicIllÌosa bho "Two Little Dickybirds"

*Tha gach làmh mar eun. Cuiribh am falach iad, làmh às dèidh làimh,
air do chùlaibh, agus an uair sin tillibh iad*

Dà eun bheag
Nan suidhe air cruach-mòna,
Fear air ainm Peadar
Agus fear air ainm Pòl.

Mach à seo a Pheadair
Agus mach a seo, a Phòil
Thig air ais, a Pheadair
Agus thig air ais, a Phòil.

2-7 Eun beag ag itealaich


Lisa Storey

A' dèanamh ghnìomhan mar a bhith ag itealaich

Eun beag ag itealaich,
Eun beag ag itealaich,
Eun beag ag itealaich,
Ag itealaich mun cuairt.

2-8 Seo an saor a bhuail an tarrag

Seinneamaid Còmhla, air eadar-theangachadh bhon Bheurla le Anna Latharna NicIllÌosa,
air fonn "Càl nam Bodach Gallda", no air aithris



Rann gnìomha airson òrdagan 's chorragan

Seo an saor a bhuail an tarrag;
Seo am fear a ghlac an t-iasg;
Seo fear mòr a' dol gu banais;
Seo bean na bainnse.

'S seo am fear beag bìodach biorach;
Seo am fear beag bìodach brèagh';
Seo am fear beag bìodach biorach;
Danns' le bean na bainnse.

2-9 Aon chorràg bheag

Is Toigh Leinn Òrain / Ciorstan Ghreumach, stèidhte air "One Little Finger"

Rann 1 & 2



Rann 3 - 5 3 3



Rann 3 - 5 3 3



Rann 3 - 5 3 3



*Le gnìomhan a rèir nam faclan,
a' bualadh gu socair air an dàrna làimh aig 'brig brig brag'*

Aon chorràg bheag, aon chorràg bheag,
Aon chorràg bheag a' dol brig, brig, brag.
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir
Is cuir(ìbh) sìos air do ghlùn i.

Dà chorràig bhig, dà chorràig bhig,*
Dà chorràig bhig a' dol brig, brig, brag.
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir
Is cuir(ìbh) sìos air do ghlùn iad.

Trì corragan beaga, trì corragan beaga,

agus mar sin air adhart

2-10 Spòrs le do chorragan (Seo craobh)

Bun gun fhios

Le gnìomhan a rèir nam faclan

Seo craobh le duilleagan uaine;
Seo na h-ùbhlan a tha fàs;
Sèididh a' ghaoth;
Tuitidh na h-ùbhlan;
Sìos dhan a' bhasgaid
Is sìos air an làr.

2-11 Seo mo làmhan 's corragan a' danns'

Gàidhlig Dachaigh



Le gnìomhan a rèir nam faclan'

Seo mo làmhan 's corragan a' danns',
Seo mo làmhan 's corragan a' danns',
Seo mo làmhan 's corragan a' danns',
Casan coiseachd dhan a' sgoil.

2-12 An òrdag, an eilbheag

Traidiseanta

Rann airson ainmeachadh nan corragan

An òrdag, an eilbheag,
An gunna fada,
Mac-an-Aba
Is lùdag bheag an airgid.

2-13 Uilleam Òrdag

Seo Sinn, stèidhte air "Tommy Thumb"



Rann airson ainmeachadh nan corragan

Uilleam Òrdag, Uilleam Òrdag
Cà bheil thu?
Tha mi seo; tha mi seo;
Ciamar a tha thu?

Calum Corrag, Calum Corrag
Cà bheil thu?
Tha mi seo; tha mi seo;
Ciamar a tha thu?

Màiri Fhada, Màiri Fhada 's *msaa*

Mac an Aba, Mac an Aba

Lùdag Bheag, Lùdag Bheag,

Corragan air fad, corragan air fad
Cà bheil sibh?
Tha sinn seo, tha sinn seo;
Ciamar a tha thu?

2-14 Na h-òrdagan

Gàidhlig Dachaigh



Le gnìomhan a rèir nam faclan

Na h-òrdagan, na h-òrdagan,
Deich dhiubh anns na stocainnean;
Na h-òrdagan, na h-òrdagan,
Deich dhiubh anns na brògan.

Na h-òrdagan, na h-òrdagan,
A' dannsa' air na h-òrdagan;
Na h-òrdagan, na h-òrdagan
A' dannsadh air an làr.

Na h-òrdagan, na h-òrdagan,
A' breabadh leis na h-òrdagan;
Na h-òrdagan, na h-òrdagan,
Cho cruaidh a' breabadh ball.

2-15 Ròlaidh, pòlaidh (suas agus suas, a-mach 's a-steach)

Faclan Lisa Storey (bho rann Eireannach), fonn J Booth / Cànan

The image shows four staves of musical notation in G major (one sharp) and 6/8 time. The first staff starts with a treble clef, a key signature of one sharp (F#), and a 6/8 time signature. The melody consists of eighth and quarter notes. The second staff starts with a measure rest of 4 measures, then continues the melody. The third staff starts with a measure rest of 4 measures, then continues the melody. The fourth staff starts with a measure rest of 4 measures, then continues the melody and ends with a double bar line.

*A' cur nan làmhan mun cuairt a chèile 's gan gluasad suas,
an uair sin sìos, an uair sin a-mach bhod chorp,
agus an uair sin air ais a-steach gud mheadhan.*

Ròlaidh, pòlaidh, ròlaidh, pòlaidh,
Suas, suas, suas, suas.
Ròlaidh, pòlaidh, ròlaidh, pòlaidh,
Sìos, sìos, sìos, sìos.
Ròlaidh, pòlaidh, ròlaidh, pòlaidh,
A-mach, a-mach, a-mach, a-mach
Ròlaidh, pòlaidh, ròlaidh, pòlaidh,
A-steach, a-steach, a-steach, a-steach.

2-16 Ma tha thu toilichte an-diugh

Stèidhte air “If You’re Happy and You Know It”

The image shows two staves of musical notation in a single system. The top staff begins with a treble clef, a key signature of one flat (B-flat), and a common time signature (C). It contains a melody with notes and rests. There are two instances of the words 'brag brag' written below the notes. The bottom staff begins with a treble clef and a common time signature (C). It contains a bass line with notes and rests. There is one instance of the words 'brag brag' written below the notes. The system concludes with a double bar line.

*A' bualadh nam bas dà thuras anns na beàrnan
aig deireadh a' chiad 's an dàrna loidhn'.*

Ma tha thu toilichte an-diugh, buail do làmh,
Ma tha thu toilichte an-diugh, buail do làmh,
Ma tha thu toilichte an-diugh feumaidh tusa innse dhomh
Ma tha thu toilichte an-diugh, buail do làmh.

Ma tha thu toilichte an-diugh, breab do chas

Ma tha thu toilichte an-diugh, priob do shùil

2-17 Crathaidh mi mo làmhan

Òrain a' Chròileagain, fonn stèidhte air "The Farmer's in his Den"



Le gnìomhan a rèir nam faclan

Crathaidh mi mo làmhan,
Crathaidh mi mo làmhan,
Crathaidh mi, is crathaidh mi,
Is crathaidh mi mo làmhan.

Breabaidh mi mo chasan ...

Buailidh mi mo bhois ...

Slaodaidh mi mo shròn ...

Dioglaidh mi do mhionach ...

2-18 Seo mo làmh dheas

Seinneamaid Còmhla / Anna Latharna NicIllÌosa



Le gnìomhan a rèir nam faclan

Seo mo làmh dheas a' smèideadh 's a' smèideadh;
Seo mo làmh dheas a' smèideadh gu h-àrd.
Seo mo làmh dheas a' smèideadh 's a' smèideadh;
Tà-tà ri Dadaidh 's e dol air a' bhàt'.

Seo mo làmh cheàrr a' smèideadh 's a' smèideadh
Seo mo làmh cheàrr a' smèideadh gu h-àrd
Seo mo làmh cheàrr a' smèideadh 's a' smèideadh,
Cur fàilte air Mamaidh 's i tilleadh sa chàr.

Seo mo chas dheas a' breabadh 's a' breabadh;
Seo mo chas dheas a' breabadh gu h-àrd.
Seo mo chas dheas a' breabadh 's a' breabadh,
Cluiche ball-coise lem bhràthair sa phàirc.

Seo mo chas cheàrr a' breabadh 's a' breabadh;
Seo mo chas cheàrr a' breabadh gu h-àrd.
Seo mo chas cheàrr a' breabadh 's a' breabadh,
Troed ri mo phiuthair corr' uair san là.

Seo mo dhà làimh a' smèideadh le chèile;
Seo mo dhà chois dol mu seach air an làr.
Seo mi nam lèine dhearg is siosacot,
Danns aig an diosgo ri fuaim nan 'guitars'.

Seo mo dhà làimh a' tuiteam nan cadal
Seo mo dhà chois aig fois air an làr.
Sìos air mo ghlùinean dèanamaid ùrnaigh;
Seo mi nam leabaidh a' dèanamh bà-bà.

2-19 Òrdag is corrag

Is Toigh Leinn Òrain / Ciorstan Ghreumach,
stèidhte air an òran “One Finger One Thumb Keep Moving”

The musical score is written on a single treble clef staff in 3/8 time. It consists of six lines of music. The first line is labeled '1 Rann 1' and contains 8 measures. The second line starts at measure 9 and contains 8 measures. The third line is labeled '17 Rann 2' and contains 8 measures. The fourth line starts at measure 27 and contains 8 measures. The fifth line is labeled '36 Rann 3' and contains 8 measures. The sixth line starts at measure 48 and contains 8 measures. The key signature has one flat (B-flat).

agus mar sin air adhart, a' cur ris an fhonn le gach rann a rèir nam faclan

(Air an teip: Rannan 1 & 2 a-mhàin gus cumadh an òrain a shealltainn)

Òrdag is corrag, cùm a' gluasad,
Òrdag is corrag, cùm a' gluasad,
Òrdag is corrag, cùm a' gluasad,
Tha sinne toilichte an-diugh.

Òrdag is corrag is làmh, cùm a' gluasad

Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, cùm a' gluasad

Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, gnog do cheann, cùm a' gluasad

Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, gnog do cheann,
seas suas, dèan suidhe, cùm a' gluasad

Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, gnog do cheann,
seas suas, dèan suidhe, cuir car, cùm a' gluasad

2-20 Làmhann anns a' bhùrn

Òrain a' Chròileagain, fonn stèidhte air "The Farmer's in his Den"



Làmhann anns a' bhùrn,
Làmhann anns a' bhùrn,
Splisidh, sploisidh, splaisidh,
Tha mo làmhann anns a' bhùrn.

Siabann air mo shròin,
Siabann air mo shròin,
Splisidh, sploisidh, splaisidh,
Tha siabann air mo shròin.

Frasaidh mi am bùrn ort,
Frasaidh mi am bùrn ort,
Splisidh, sploisidh, splaisidh,
Frasaidh mi am bùrn ort.

2-21 Mar tha mise dèanamh

Caoran ann an Cliabh, fonn “Here We Go Round the Mulberry Bush”



Le gnìomhan a rèir nam faclan

Cuir do làmhnan air do cheann,
Air do cheann, air do cheann;
Cuir do làmhnan air do cheann,
Mar tha mise dèanamh.

Cuir do làmhnan gu do chùlaibh

Air do chasan seas an-àird

Siuthadaibh a-nise, cuiribh car

Suidh a-nise 's dùin do shùilean

2-22 Dà làimh làidir

Seinneamaid Còmhla, air fonn "Duncan Gray"

1
5
9
13

Le gnìomhan a rèir nam faclan

Dà làimh làidir bhios a' bualadh,
Aon làmh dheas is aon làmh chli.

Dà chois àlainn bhios a' gluasad
Is beul mòr gu ithe bìdh.

Cluasan beag a chluinneas fuaim,
Sùilean dhùineas ann an suain.

Bathais, smeagaid, sròn is gruaidh;
Siuthadaibh, siud agaibh mi.

2-23 Cuir do làmhan air do cheann

Bun gun fhios, fonn **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona & Marion Mackay



Le gnìomhan a rèir nam faclan

Cuir do làmhan air do cheann;
Cuir iad air do shròin;
Crath do làmhan null 's a-nall
'S cuir iad os do chionn.

Cuir do làmhan air do bheul;
Cuir iad air do mhaoil;
Crath do làmhan null 's a-nall
'S cuir iad ri do thaobh.

Cuir do làmhan air do shùilean;
Cuir iad air do ghruaidhean;
Crath do làmhan null 's a-nall
'S an uair sin - buail iad!

Cuir do làmhan air do smeagaid;
Cuir iad air do chluasan;
Crath do làmhan null 's a-nall
Is tionndaidh fhèin an uair sin.

Cumadh eile, no rannan a bharrachd:

Cuir do làmhan air do ghualainn;
Cuir iad air do ghlùinean;
Crath do làmhan null 's a-nall
Is cuir iad air do chùlaibh

Cuir do làmhan air do chasan;
Cuir iad air do stamaig;
Crath do làmhan null 's a-nall
'S tog iad suas gud amhaich.

2-24 Buail do bhoisean

Faclan **Gàidhlig Dachaigh**, fonn Diog MacGillFhinnein / Cànan



Le gnìomhan a rèir nam faclan

Buail do bhoisean, buail do bhoisean,
Boisean beaga mìne;
Buail do bhoisean, buail do bhoisean
Is gheibh thu pàigheadh Dihaoine.

Buail do ghlùinean, buail do ghlùinean,
Glùinean beaga mìne;
Buail do ghlùinean, buail do ghlùinean
Is gheibh thu pàigheadh Dihaoine.


Buail do chasan, buail do chasan,
Casan beaga mìne;
Buail do chasan, buail do chasan
Is gheibh thu pàigheadh Dihaoine.

2-25 Suath do bhoisean (1)

Gàidhlig Dachaigh, fonn stèidhte air "Three Blind Mice"



Dàrna fonn airson an rainn mu dheireadh.
Gabhaidh seo a chleachdadh mar rann fa leth cuideachd:



Le gnìomhan a rèir nam faclan

Suath do bhoisean, suath do bhoisean,
Suas is sìos, suas is sìos.
Dùin do làmhan, dùin do làmhan
Dùin is fosgail a-rithist.

Dòrn air dhòrn, dòrn air dhòrn,
Suas, suas, suas; suas, suas, suas.
Is buail do bhoisean, buail do bhoisean,
Suas, suas, suas.

Sìn do làmhan suas thar do cheann;
Tionndaidh timcheall uair a-mhàin;
Dèan luasgan beag a-null is a-nall
Is sìn do làmhan sìos gu mall.

2-25 Suath do bhoisean (2)

Faclan Gàidhlig Dachaigh, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Le gnìomhan a rèir nam faclan

Suath do bhoisean, suath do bhoisean,
Suas is sìos, suas is sìos.
Dùin do làmhan, dùin do làmhan
Dùin is fosgail a-rithist.

Dòrn air dhòrn, dòrn air dhòrn,
Suas, suas, suas; suas, suas, suas.
Is buail do bhoisean, buail do bhoisean,
Suas, suas, suas, suas.

Sìn do làmhan suas thar do cheann;
Tionndaidh timcheall uair a-mhàin;
Dèan luasgan beag a-null is a-nall
Is sìn do làmhan sìos gu mall.

2-26 Seo mar a nigheas sinn ar làmhan

faic 10-1c

2-27 Cunntas bodhaig

Lisa Storey (bho rann Èireannach)

Le gnìomhan a rèir nam faclan

Sùil, sùil eile, a h-aon, a dhà;
Cluas, cluas eile, a h-aon, a dhà;
Ceann, sròn, beul, smeagaid,
Fiaclan geala leis an ith thu.

2-28 Aon bheul, aon sròn

Lisa Storey

Le gnìomhan a rèir nam faclan

Aon bheul, aon sròn,
Dà làimh, tha sin gu leòr.

Dà shùil, dà chluais,
Dà chois - ruith gu luath.


Deich òrdagan air ar casan;
Deich corragan air ar làmhan.

2-29 Sùilean dubha

faic 12-2

2-30 Cluasan, sùilean, sròn is beul

Caoran ann an Cliabh, air fonn "London Bridge is Falling Down"




Le gnìomhan a rèir nam faclan

Cluasan, sùilean, sròn is beul,
Sròn is beul, sròn is beul,
Cluasan, sùilean, sròn is beul
An ceann a h-uile creutair.

Corrag bheag is òrdag mhòr,
Òrdag mhòr, òrdag mhòr,
Corrag bheag is òrdag mhòr
Air làmh a h-uile creutair.

03. Dathan



3-1 Aodach obrach
(Aodach geal air còcaire)

faic 9-20

3-2 Rabhd mu dhathan

Rabhdan is Rudan

Uaine airson talamh,
Dubh airson bròg,
Donn airson duilleagan,
Glas airson ròn.

Buidhe airson gealach,
Dearg airson fèil,
Orains airson orainsear
'S aodach geal airson seòl.

3-3 Balach beag le còta gorm (1)

Penelope, air fonn "London Bridge is Falling Down"



Balach beag le còta gorm,
Còta gorm, còta gorm,
Balach beag le còta gorm,
A' falbh dhan sgoil a sgrìobhadh.

Nighean bheag le còta buidhe ...

3-3 Balach beag le còta gorm (2)

Faclan **Penelope**, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Balach beag le còta gorm,
Còta gorm, còta gorm,
Balach beag le còta gorm,
Falbh dhan sgoil a sgrìobhadh.

Nighean bheag le còta buidhe ...

3-4 Dathan (Ad chruinn ghorm)

Bun gun fhios

Ad chruinn ghorm,
Chuir mi dhìom is orm;
Bean chòir dhonn,
Thug i dhòmhsa bonn;
Gille beag bàn
Shuidh e air an làr.
Ròs bhrèagha dhearg,
Dh'fhàs i agus shearg.
Buidhe mar an t-òr,
Tha falt dualach Mòir.
Nighean mhòr dhubh,
Bha i 'g ith' a' ghruth.

3-5 Dubh agus geal (Tha am pàipear geal)

Sùilean Dubha, stèidhte air "The Ink is Black" le David Arkin agus Alan Robertson

1 Rann 1
8 Rann 2
14 Rann 3
20 Rann 4
26 Rann 5
32 Rann 6

*Tha 'm pàipear geal; tha 'm peansail dubh;
Nì mi dealbh bòidheach dhut, bòidheach dhut.*

*Tha m' charaid dubh; tha m' charaid bàn;
Air an taobh a-muigh a-mhàin, a-muigh a-mhàin.*

Tha cridhe aig a h-uile fear
Ge be dè an dath a th' air, dath a th' air.

*Tha 'n saoghal dubh, tha 'n saoghal geal;
Às dèidh na h-oidhche thig lath' gun smal, lath' gun smal.*

Is chì thu nis air feadh an t-saoghail -
Cha sheas gràin an aghaidh gaoil, an aghaidh gaoil.

*Tha 'm pàipear geal; tha 'm peansail dubh;
Nì mi dealbh bòidheach dhut, bòidheach dhut.*

3-6 Òran a' bhogha-fhrois (Dearg is orains is buidhe is uain')

Am Bodach Beag Annasach, air eadar-theangachadh le Peigi NicNeacail
agus Mairead Màiri Mhoireach bhon òran "Sing a Rainbow" le Arthur Hamilton*

The musical score is written on four staves in G major (one sharp) and 3/4 time. The first staff (measures 1-4) is labeled 'Sèist'. The second staff (measures 5-8) is labeled 'Deireadh'. The third staff (measures 9-12) is labeled 'Rann'. The fourth staff (measures 13-16) is labeled 'Air ais dhan t-sèist'. The melody consists of eighth and quarter notes, with rests in the second and fourth staves.

*Dearg is orains is buidhe is uain',
Gorm is purpar is liath,
Seinnidh sinne bogha-fhrois,
Seinnidh bogha-fhrois,
Seinnidh bogha-fhrois brèagh'.*

*Èistibh agus seallaibh,
Èistibh agus seallaibh
Is seinnidh gach nì a chì
Seinnidh sinne bogha-fhrois;
Seinnidh bogha-fhrois,
Seinnidh bogha-fhrois brèagh'.*

*Dearg is orains is buidhe is uain',
Gorm is purpar is liath,
Seinnidh sinne bogha-fhrois;
Seinnidh bogha-fhrois,
Seinnidh bogha-fhrois brèagh'.*

3-7 Itean Penelope

Penelope, faclan Pòl MacAonghais, fonn Ceana Chaimbeul

The musical score consists of four staves of music in treble clef, with a key signature of one sharp (F#) and a common time signature (C). The first staff begins with a measure rest labeled '1'. The second staff begins with a measure rest labeled '4'. The third staff begins with a measure rest labeled '6'. The fourth staff begins with a measure rest labeled '8'. The music is written in a simple, rhythmic style with eighth and sixteenth notes.

Penelope le itean dearg,
Itean dearg, itean dearg,
Penelope le itean dearg,
Is dathan de gach seòrsa.

Itean buidhe 's itean gorm,
Itean buidhe 's itean gorm,
Itean buidhe 's itean gorm
Is earball fada bòidheach.

3-8 Coileach donn

Gàidhlig Dachaigh

Coileach donn, coileach donn, coileach donn aig Sìle,
Coileach donn, coileach donn, chaidh e dhan an òig oirr'.

Coinean glas, coinean glas, coinean glas aig Anndra
Coinean glas, coinean glas, siud e measg nan deanntag.

Cuilean dubh, cuilean dubh, cuilean dubh aig Sìne,
Cuilean dubh, cuilean dubh, chan eil e a' bìdeadh.

Damh breac, damh breac, damh breac aig Iain
Damh breac, damh breac, 's e reamhar mun a' mheadhan.

Eireag thinn, eireag thinn, eireag thinn aig Anna
Eireag thinn, eireag thinn, dh'fhàs i lag is tana.

Gèadh liath, gèadh liath, gèadh liath aig Seonaig,
Gèadh liath, gèadh liath, chaidh e measg nan tunnag.

Lothag bhàn, lothag bhàn, lothag bhàn aig Ruairidh
Lothag bhàn, lothag bhàn, ruith e sìos is suas leath'.

Luchag bheag, luchag bheag, luchag bheag aig Maireid.
Luchag bheag, luchag bheag, siud i as a' "larder".

Piseag gheal, piseag gheal, piseag gheal aig Seumas,
Piseag gheal, piseag gheal, chaidh e leath' a chèilidh.

Reithe mòr, reithe mòr, reithe mòr aig Ìomhar,
Reithe mòr, reithe mòr, cha do chuir e fiamh air.

Serrach luath, serrach luath, serrach luath aig Seòras
Serrach luath, serrach luath, chaidh e dhan dròbh leis.

Uircean buidh', uircean buidh', uircean buidh' aig Pàdraig,
Uircean buidh', uircean buidh', leathan agus làidir.

3-9 Dathan (Dath geal air a' bhainne)

Faclan **Penelope**, fonn **Dè Thuirt Thu?** / Ellen Jack



Dath geal air a' bhainne,
Dath ruadh air an tì,
Dath donn air a' bhriosgaid,
Dath buidh' air an ìm.

04. Aodach



4-1 Dè thèid air mo cheann? (1)

Penelope, fonn Ceana Chaimbeul



Dè thèid air mo cheann,
Dè thèid air mo cheann,
Dè thèid air mo cheann,
Mus fhalbh mi sa mhadainn?

Bonaid air mo cheann,
Brògan air mo chasan,
Seacaid agus còt',
Mus fhalbh mi sa mhadainn.

Rann a bharrachd:

Bonaid air mo cheann,
Brògan air mo chasan,
Còta mòr mum chom,
Mus fhalbh mi sa mhadainn.

4-1 Dè thèid air mo cheann? (2)

Faclan **Penelope**, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Dè thèid air mo cheann,
Dè thèid air mo cheann,
Dè thèid air mo cheann,
Mus fhalbh mi sa mhadainn?

Bonaid air mo cheann,
Brògan air mo chasan,
Seacaid agus còt',
Mus fhalbh mi sa mhadainn.

Rann a bharrachd:

Bonaid air mo cheann,
Brògan air mo chasan,
Còta mòr mum chom,
Mus fhalbh mi sa mhadainn.

4-2 Tha bonaid orm a-nis (1)

Penelope, fonn Ceana Chaimbeul

The image shows a musical score for a single melodic line in treble clef. The key signature is one sharp (F#), and the time signature is common time (C). The score consists of four staves, each starting with a measure number: 1, 4, 6, and 8. The melody is written in a simple, folk-like style with eighth and quarter notes, and rests. The piece concludes with a double bar line at the end of the fourth staff.

Tha bonaid orm a-nis;
Tha bonaid orm a-nis;
Tha bonaid agus còta orm;
Tha bonaid orm a-nis.

Tha brògan orm a-nis;
Tha brògan orm a-nis,
Brògan agus stocainnean;
Tha brògan orm a-nis.

4-2 Tha bonaid orm a-nis (2)

Faclan **Penelope**, am fonn seo "The Farmer's in his Den"



Tha bonaid orm a-nis;
Tha bonaid orm a-nis;
Tha bonaid agus còta orm;
Tha bonaid orm a-nis.

Tha brògan orm a-nis;
Tha brògan orm a-nis;
Brògan agus stocainnean;
Tha brògan orm a-nis.

4-3 Cuir ort do stocainnean mar seo

Faclan **Penelope**, fonn **Dè Thuirt Thu?** stèidhte air "Caddam Woods"



Cuir ort do stocainnean mar seo;
Cuir ort do stocainnean mar seo;
Cuir ort do stocainnean mar seo;
Mus cuir thu ort do bhrògan.

Cuir ort do bhrògan ùr' a-nis;
Cuir ort do bhrògan ùr' a-nis;
Cuir ort do bhrògan ùr' a-nis;
Cuir ort do bhrògan 's dùin iad.

4-4 Cuir ort an t-aodach (An cuir mi orm T-shirt?)

Seo Sinn

1
6
10
14

An cuir mi orm 'T-shirt'
Ma bhios an t-sìde blàth?
An cuir mi orm lèine
On dh'èirich mi cho tràth?
No 'n cuir mi orm bòtannan
Airson an t-sìde fhliuch?
'S an toir mi leam mo sgàilean
Nuair thèid mi mach a chluich?

4-5 Aodach ùr

Seinneamaid Còmhla / Anna Latharna NicIllÌosa,
air fonn "I Have a Bonnet Trimmed With Blue"



Seall mi 's mi nam aodach ùr,
Ad le itean agus flùr
Brògan àrda 's còta bian,
Dol dhan danns' le m' bhalach fhìn.

Seall mi 's mi nam aodach ùr,
Deise cheannaich mi sa bhùth,
Lèine gheal is brògan grinn
'S mi cho snasail ris an Rìgh.

4-6 Balach beag le còta gorm

faic 3-3

4-7 Dreas ùr do Mhàiri


Penelope 2



Dreas' ùr do Mhàiri,
Dreas' ùr do Mhàiri,
Màiri bheag a' fàs mòr,
Còig bliadhn' a-màireach.

4-8 Am bodach beag annasach

Òrain a' Chròileagain, air fonn "Down in Demerara"



Chunnaic mise bodach beag annasach,
Bodach beag annasach, bodach beag annasach,
Chunnaic mise bodach beag annasach,
Shuas air cnoc na sìdhe.

Bha bonaid uaine, fad' agus gobach air,
Fad agus gobach air, fad' agus gobach air,
Bha bonaid uaine, fad' agus gobach air,
Shuas air cnoc na sìdhe.

Bha seacaid dhearg le putanan buidhe air,
Putanan buidhe air, putanan buidhe air,
Bha seacaid dhearg le putanan buidhe air,
Shuas air cnoc na sìdhe.

Bha briogais ghorm le rionnagan geala air,
Rionnagan geala air, rionnagan geala air,
Bha briogais ghorm le rionnagan geala air,
Shuas air cnoc na sìdhe.

*Tha tuilleadh rannan rim faighinn air an teip
Am Bodach Beag Annasach le Cròileagan Inbhir Pheofharain.*

4-9 A' fuaigheal

Bun gun fhios, fonn J Booth / Cànan



Mise seo a' fuaigheal,
A' fuaigheal, a' fuaigheal,
Mise seo a' fuaigheal
Gun sgur, sgur, sgur.

Briogais ghiobach uaine,
Briogais ghiobach uaine,
Briogais ghiobach uaine
'S i tiugh, tiugh, tiugh.

4-10 A h-uile seòrsa aodaich

Bun gun fhios, fonn Susan Walker / Cànan

1 Rann

5

9 Sèist

13

Sèist às dèidh gach rainn

Aodach cluiche, aodach cadail,
Aodach donn is aodach dubh,
Aodach geal is aodach gorm,
Aodach tana, aodach tiugh,

*Tha a h-uile seòrsa aodaich,
A chunna tu fon ghrèin,
Ann an seo san rùm aig Seònaid,
Anns a' phreasa aice fhèin.*

Aodach snog is aodach sgoile,
Aodach buidhe, aodach brèagh',
Aodach dathte, aodach dearg,
Aodach leapa, aodach liath.

4-11 Aodach airson uisge (Cuir ort a-nis do bhòtannan)

Bun gun fhios, fonn Cànan mar aig 4-3, stèidhte air "Caddam Woods"



Cuir ort a-nis do bhòtannan, do bhòtannan, do bhòtannan;
Cuir ort a-nis do bhòtannan, 's an t-uisge mòr cho trom ann.
Cuir ort a-nis an t-oilisgin, an t-oilisgin, an t-oilisgin,
Cuir ort a-nis an t-oilisgin 's an t-uisge mòr cho trom ann.

4-12 Bòtannan dearg

Bun gun fhios, fonn **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Tha bòtannan agamsa,
Bòtannan dearg.
Cumaidh iad tioram mi;
Cumaidh iad blàth mi.
Nuair a thig an t-uisge
Cuiridh mi orm iad.
Mo bhòtannan gleansach,
Mo bhòtannan brèagha.

4-13 Uisge a' tuiteam

Bun gun fhios, fonn Cànana stèidhte air 4-12 "Bòtannan Dearg" le Alasdair Codona



Uisge a' tuiteam,
Uisge a' dòrtadh,
Faigh do bhrògan;
Faigh do chòta.
Faigh do mhiotagan
Agus do bhonaid;
Sìos do cheann,
A-mach gun gabh thu.

4-14 Bheirinn siud do Mhàiri

Traidiseanta

The musical score is written in treble clef with a key signature of one sharp (F#) and a common time signature (C). It consists of four staves of music. The first staff is labeled '1' and 'Sèist'. The second staff is labeled '5'. The third staff is labeled '9' and 'Rann'. The fourth staff is labeled '13'. The music features a mix of eighth and sixteenth notes, with some rests and a final double bar line at the end of the fourth staff.

*Bheirinn siud do Mhàiri, bheirinn siud do Mhàiri;
Bheirinn siud do Mhàiri gu càradh a gùin.
Bheirinn siud do Mhàiri, bheirinn siud do Mhàiri -
Siosar agus snàthad gu càradh a gùin.*

Bheirinn fhìn do mo ghaol siosar agus snàthad
Bheirinn fhìn do mo ghaol fàinne thig à bùth
'S bheirinn fhìn do mo ghaol ribean agus fàinne;
Bheirinn siud do Mhàiri gu càradh a gùin.

4-15 Tha bean agam, tha taigh agam
(Dè nì mi gun lèine ghlan?)

Traidiseanta

The musical score is written in treble clef with a key signature of one flat (Bb) and a common time signature (C). It consists of four staves of music. The first staff begins with a measure number '1' and the instruction 'Rann'. The second staff begins with a measure number '6'. The third staff begins with a measure number '10' and the instruction 'Sèist'. The fourth staff begins with a measure number '14'. The music is a single melodic line with various rhythmic values including eighth and sixteenth notes, and rests.

Tha bean agam; tha taigh agam;
Tha allt aig ceann an taigh agam,
Tha punnd de shiabann geal agam
'S mo lèine salach grànda.

*Dè nì mi gun lèine ghlan,
Gun lèine gheal, gun lèine ghlan?
Dè nì mi gun lèine ghlan,
'S mi falbh on taigh a-màireach?*

4-16 Ribeinean rìomhach

Traidiseanta

1 Sèist

5 Deireadh

9 Rann

13 Air ais dhan t-sèist

(Air an teip: tha gach leth dhen fhonn air a chluich aon turas a-mhàin.)

(dà thuras)

Ribeinean rìomhach, nighean an fhìdhleir,
Còta dimitidh, peatagan caileago,
Ribeinean rìomhach, nighean an fhìdhleir,
Còta sìod' air Màiri.

(dà thuras)

Brògan àrda, còta sgàrlaid,
Còta dimitidh, peatagan caileago,
Brògan àrda, còta sgàrlaid,
Ribeinean rìomhach Màiri.

(dà thuras)

Ribeinean rìomhach, nighean an fhìdhleir,
Còta dimitidh, peatagan caileago,
Ribeinean rìomhach, nighean an fhìdhleir,
Còta sìod' air Màiri.

4-17 Meal do bhrògan

Traidiseanta

Sèist

5

Rann

9

13

17

*Meal do bhrògan; caith do bhrògan; meal do bhrògan dubha, Nèill,
Meal do bhrògan; caith do bhrògan; meal do bhrògan dubha, Nèill,
Meal do bhrògan; caith do bhrògan; meal do bhrògan dubha, Nèill,
Nuair a rachadh i na siubhal, meal do bhrògan dubha, Nèill.*

Tha aon sùil, tha dà shùil air màthair Nèill duibh, dà shùil air màthair Nèill.
Tha aon sùil, tha dà shùil air màthair Nèill duibh, dà shùil air màthair Nèill.
Tha aon sùil, tha dà shùil air màthair Nèill duibh, dà shùil air màthair Nèill.
Nuair a rachadh i na siubhal, meal do bhrògan dubha, Nèill.

4-18 A chur nan gobhar às a' chreig

Traidiseanta

The musical score is written on four staves in treble clef with a key signature of three sharps (F#, C#, G#) and a common time signature (C). The first staff begins with a treble clef, a key signature of three sharps, and a common time signature. It is marked with the number '1' and the word 'Rann'. The second staff begins with a treble clef, a key signature of three sharps, and is marked with the number '6'. The third staff begins with a treble clef, a key signature of three sharps, and is marked with the number '10' and the word 'Sèist'. The fourth staff begins with a treble clef, a key signature of three sharps, and is marked with the number '14'. The music consists of a series of eighth and sixteenth notes, with some rests and a final double bar line with repeat dots.

A chur nan gobhar às a' chreig 's e 'n t-èileadh beag bu docha leam
A chur nan gobhar às a' chreig 's e 'n t-èileadh beag a b' fheàrr leam
A chur nan gobhar às a' chreig 's e 'n t-èileadh beag bu docha leam
A chur nan gobhar às a' chreig 's e 'n t-èileadh beag a b' fheàrr leam

*'S e 'n t-èileadh, 's e 'n t-èileadh, 's e 'n t-èileadh beag bu docha leam;
'S e 'n t-èileadh, 's e 'n t-èileadh, 's e 'n t-èileadh beag a b' fheàrr leam;
'S e 'n t-èileadh 's e 'n t-èileadh, 's e 'n t-èileadh beag bu docha leam;
A chur nan gobhar às a' chreig 's e 'n t-èileadh beag a b' fheàrr leam.*

4-19 Dè an dreas' as fheàrr leat?

Bun gun fhios, fonn **Dè Thuirt Thu?** / Marion Mackay



Dh'fhaodar na faclan atharrachadh a rèir an t-suidheachaidh

Dè 'n dreas' as fheàrr leat, buidhe no gorm?
Dearg no purpaidh, no 'm fear geal a th' orm?
Tha 'n sgiort seo ro ghoirid, tha 'n tè seo ro fhad';
Cha toigh leam an còta seo, dhìom e anns a' bhad!

4-20 Anns a' pholl (Poll bog air mo mheatagan)

Bun gun fhios, fonn **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Poll bog air mo mheatagan,
Poll bog air mo chòta,
Poll bog air mo stocainnean,
Poll bog air mo bhrògan.

Nìghidh mi mo mheatagan;
Nìghidh mi mo chòta;
Nìghidh mi mo stocainnean
Is glanaidh mi mo bhrògan.

4-21 Ri plumadaich
(Tha bòtannan is còta orm)

faic 13-1-4

4-22 Bean a' chòtain ruaidh

Is Toigh Leinn Òrain / Dòmhnall MacEachairn

The musical score is written on four staves in G major (one sharp) and 6/8 time. The first staff starts with a treble clef, a key signature of one sharp (F#), and a 6/8 time signature. The melody consists of eighth and quarter notes, with some slurs. The second staff continues the melody from measure 5. The third staff continues from measure 9. The fourth staff continues from measure 13 and ends with a double bar line and repeat dots.

1.

Càit an robh mo leannan bhòidheach,
Bean a' chòtain ruaidh?
An robh i casruisgt' air an lòn
Is driùchd an fheòir cho fuar?
No 'n robh i ruith le casan beaga
Feadh nam preas 's nam bruach,
Gun ghùn, gun chlàoc, gun bhrèid, gun bhròig,
Ach na còtan ruadh?

2.

Cuailean bòidheach 's fiamh an òir dheth
'S dath an ròis ad ghruaidh;
Suidh leam còmhlà 's nì mi òran
Air do chòtan ruadh;
Tha 'n còtan goirid mar is dùth dha,
Tighinn gud ghlùin a-nuas -
Ach troigh as bòidhche cha do chòmhdach
Còta dubh no ruadh.

3.

Socair ort 's an dèan mi 'n t-òran
Air a' chòtan ruadh.
Cùm do chasan às a' bheòlaich
'S cùm an còt' on luaith;
'S beag am feum dhomh bhith cur sèist air
'S thusa leum mun cuairt;
O, càit a-nis a bheil thu rèiseadh
Ann ad èileadh ruadh?

4.

Rìgh, beannaich is glèidh mo leannan
'S cùm i fada buan,
A dà shùil mheallach orm a' fanaid
'S a' cur car am dhuan;
Nuair bhios airgead ann am phòca
Gheibh thu sròl thar chuan -
Ach cha bhi sròl no sìoda dhòmhsa
Mar bha 'n còtan ruadh.

4-23 Ho ro na ribeanan

Traidiseanta

1 Sèist

5 Deireadh

9 Rann

13 Air ais dhan t-sèist

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Hò rò na ribeanan, na ribeanan, na ribeanan,
Hò rò na ribeanan a thug an gille ruadh dhomh.*

H-uile tè is currac oirre 's ribean air a' mhullach aige;
'S ann a tha am mulad air an tè nach urrainn fhuasgladh.

Chuirinn crùn amaideach an ribeanan nan caileagan,
Gum b' fheàrr dhomh chur san drama na bhith teannachadh nan cuailean.

4-24 Breacan Màiri Ùistein

Màiri Mhòr nan Òran




Am breacan bòidheach fasanta
Nach fhaighear anns na bùthan;
Tha geal is gorm is sgàrlaid
Ann am breacan Màiri Ùistein.

Ged tha mo ghuth air fàilneachadh
'S cho fad on dh'fhàg mi 'n dùthaich,
Gun cuir mi rann sa Ghàidhlig dhuibh
Air breacan Màiri Ùistein.

Nuair bha mi ris a' bhuachailleachd
Air lòn is cluain mo dhùthcha,
Bhiodh brat a' cumail blàiths orm
De bhreacan Màiri Ùistein.

Cuiribh onair air na h-àrmainn
Anns na blàir a choisinn cliù dhuibh,
'S biodh fèile 's osain gheàrr agaibh
De bhreacan Màiri Ùistein.

05. Rudan



5-1 Rionnagan

Lisa Storey

Rionnagan, rionnagan,
beag agus mòr,
fada air falbh,
shuas anns an adhar.

5-2 Ball-coise

Lisa Storey (bho rann Èireannach)

Ball-coise, ball-coise, ball-coise bog,
Ball-coise, ball-coise, ball-coise snog;
Breab e, breab e air an làr;
Tilg e, tilg e suas dhan adhar.

5-3 Bogsaichean beaga, beaga

Dòtaman / Ceitidh Mhoireasdan

Sèist

Deireadh

Rann

13

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Bogsaichean beaga, beaga, bogsaichean mòr,
Bogsaichean beaga, beaga, bogsaichean mòr,
Bogsaichean beaga, beaga, bogsaichean mòr,
Bogsaichean brèagha dhen a h-uile seòrs'.*

Saoil dè bhios am broinn bogsaichean beaga, beaga?
Saoil dè bhios am broinn bogsaichean mòr?
'S dòch' gum bi cat no piseag anns an fhear bheag ud,
'S dòch' gum bi cearc no isean anns a' bhogsa mhòr!

Saoil dè bhios am broinn bogsaichean beaga, beaga?
Saoil dè bhios am broinn bogsaichean mòr?
'S dòch' gum bi sgon no briosgaid anns an fhear bheag ud,
'S dòch' gum bi 'coco crispies' anns a' bhogsa mhòr!

Saoil dè bhios am broinn bogsaichean beaga, beaga?
Saoil dè bhios am broinn bogsaichean mòr?
'S dòch' gum bi clasp no ribean anns an fhear bheag ud,
'S dòch' gum bi preusant 'birthday' anns a' bhogsa mhòr!

5-4a Tha làraidh air a' bhòrd

Seo Sinn, air fonn "The Farmer's in his Den". Faic cuideachd 5-4b agus 5-5.



Tha làraidh air a' bhòrd,
Tha làraidh air a' bhòrd,
Hì rò hò rò
Tha làraidh air a' bhòrd.

5-4b,c,d, A bheil làraidh air an làr?

Seo Sinn / Dè Thuirt Thu? Faic cuideachd 5-4a agus 5-5.

Tha na trì òrain seo uile gu math coltach ri chèile agus gabhaidh an seinn air fear seach fear den dà fhonn seo.

(1) Air fonn "Here We Go Round the Mulberry Bush"



(2) Air fonn "I am the Music Man"



5-4b A bheil làraidh air an làr?

A bheil làraidh air an làr, air an làr, air an làr?
A bheil làraidh air an làr?
O, tha gu dearbh.

A bheil an càr anns a' bhogsa,
anns a' bhogsa, anns a' bhogsa?
A bheil an càr anns a' bhogsa?
O, tha gu dearbh.

A bheil an cat aig an doras,

5-4c A bheil an làraidh anns a' bhogsa?


A bheil an làraidh anns a' bhogsa,
Anns a' bhogsa, anns a' bhogsa?
A bheil an làraidh anns a' bhogsa?
Tha, tha gu dearbh.

5-4d A bheil an cù aig an doras

A bheil an cù aig an doras,
Aig an doras, aig an doras?
A bheil an cù aig an doras?
Tha, tha, gu dearbh.

5-5 Tha làraidh aig Dòmhnall

Seo Sinn, fonn stèidhte air an fhonn thraidiseanta Ghearmailteach "Augustine".
Faic cuideachd 5-4a agus 5-4b, c & d.



Tha làraidh aig Dòmhnall, aig Dòmhnall aig Dòmhnall.
Tha làraidh aig Dòmhnall, aig Dòmhnall air a' bhòrd.

Tha doile aig Màiri, aig Màiri, aig Màiri, etc.

Tha peansail aig Iain, aig Iain, aig Iain,

5-6 Tha mise mòr, tha luchag beag (1)

Lisa Storey



Tha mise mòr; tha luchag beag;
Tha mise mòr; tha luchag beag;
Tha mise mòr; tha luchag beag;
Tha mise mòr, mòr.

Tha Màiri mòr; tha luchag beag;
Tha Màiri mòr; tha luchag beag;
Tha Màiri mòr; tha luchag beag;
Tha Màiri mòr, mòr.

5-6 Tha mise mòr, tha luchag beag (2)

Faclan Lisa Storey, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Tha mise mòr; tha luchag beag;
Tha mise mòr; tha luchag beag;
Tha mise mòr; tha luchag beag;
Tha mise mòr, mòr.

Tha Màiri mòr; tha luchag beag;
Tha Màiri mòr; tha luchag beag;
Tha Màiri mòr; tha luchag beag;
Tha Màiri mòr, mòr.

5-7 Càit a bheil an luchag bheag?

Lisa Storey, fonn stèidhte air "Gabhaidh Sinn an Rathad Mòr"



Càit a bheil an luchag bheag?
Càit a bheil an luchag bheag?
Càit a bheil an luchag bheag?
Tha i anns a' bhogsa.

Càit a bheil an luchag bheag?
Càit a bheil an luchag bheag?
Càit a bheil an luchag bheag?
Tha i anns a' bhasgaid.

5-8 A' dol dhan bhùth

Penelope, faclan Dòmhnall Iain MacLeòid, fonn Ceana Chaimbeul

The image shows four staves of musical notation in G minor (one flat) and 6/8 time. The first staff starts with a treble clef, a key signature of one flat, and a 6/8 time signature. The melody begins with a quarter note G4, followed by eighth notes A4-B4-C5, a quarter note D5, and a quarter note E5. The second staff continues with eighth notes F5-G5, quarter notes A5-B5, eighth notes C6-D6, quarter notes E6-F6, and a quarter note G6. The third staff continues with eighth notes A6-B6, quarter notes C7-D7, eighth notes E7-F7, quarter notes G7-A7, and a quarter note B7. The fourth staff continues with eighth notes C8-D8, quarter notes E8-F8, eighth notes G8-A8, quarter notes B8-C9, and a quarter note D9. The piece ends with a double bar line.

Tha Mamaidh ag iarraidh càise,
Uighean is aran is ìm;
Tha seanair ag iarraidh tombaca
Airson a bhith aige sa phìob.

Tha Dadaidh ag iarraidh pàipear;
Chan eil Granaidh ag iarraidh nì
Tha caogad sgillinn air fhàgail -
'S gheibh mi reòiteag dhomh fhìn.

5-9 Cho geal ris a' bhainne

Bun gun fhios

Cho geal ris a' bhainne,
Cho glan ris an òr,
Cho cruinn ri fàinne,
Cho sean ris a' cheò.

Cho dubh ris an t-sùith,
Cho reamhar ri ròn,
Cho fliuch ris a' chù,
Cho sona ri bròg.

06. Taigh/Gàrradh



6-1 Seo an taigh bòidheach thogadh le Seoc

Seinneamaid Còmhla, stèidhte air "The House that Jack Built"

Seo an taigh bòidheach thogadh le Seoc
Seo an taigh bòidheach, bòidheach, bòidheach
Seo an taigh bòidheach thogadh le Seoc

Seo am poca leis a' choirce
Bha san taigh bhòidheach thogadh le Seoc
Bha san taigh bhòidheach, bhòidheach, bhòidheach
Bha san taigh bhòidheach thogadh le Seoc

Seo a' radan cho gobach is grod
A tholl am poca leis a' choirce
Bha san taigh bhòidheach thogadh le Seoc
Bha san taigh bhòidheach, bhòidheach, bhòidheach
Bha san taigh bhòidheach thogadh le Seoc

Seo a' phiseag cho sgiobalta, snog
Thug grèim as a' radan cho gobach is grod
A tholl am poca leis a' choirce
Bha san taigh bhòidheach thogadh le Seoc
Bha san taigh bhòidheach, bhòidheach, bhòidheach
Bha san taigh bhòidheach thogadh le Seoc

Seo an cuilean bha fuireach sa chnoc
A throd ris a' phiseig cho sgiobalta, snog
Thug grèim as a' radan cho gobach is grod
A tholl am poca leis a' choirce
Bha san taigh bhòidheach thogadh le Seoc
Bha san taigh bhòidheach, bhòidheach, bhòidheach
Bha san taigh bhòidheach thogadh le Seoc.

A' crìochnachadh air an ath dhuilleig

6-1 Seo an taigh bhòidheach thogadh le Seoc (an còrr)

Seo a' bhò-bhainne cho reamhar ri muc
Thug breab dhan a' chuilean bha fuireach sa chnoc
A throd ris a' phiseig cho sgiobalta, snog
Thug grèim as a' radan cho gobach is grod
A tholl am poca leis a' choirce
Bha san taigh bhòidheach thogadh le Seoc
Bha san taigh bhòidheach, bhòidheach, bhòidheach
Bha san taigh bhòidheach thogadh le Seoc

Seo bean an taighe na cabhaig 's na ruith
Thoirt biadh don bhò-bhainne cho reamhar ri muc
Thug breab dhan a' chuilean bha fuireach sa chnoc
A throd ris a' phiseig cho sgiobalta, snog
Thug grèim as a' radan cho gobach is grod
A tholl am poca leis a' choirce
Bha san taigh bhòidheach thogadh le Seoc
Bha san taigh bhòidheach, bhòidheach, bhòidheach
Bha san taigh bhòidheach thogadh le Seoc

6-2 Tha poll air an ùrlar

Penelope

1

7

13

Tha poll air an ùrlar,
Tha poll air, tha stùr air.
Tha poll air an ùrlar,
Is stùr dubh nam bròg.

Bruis-sgùraidh, bruis-sgùraidh,
Crom air do ghlùinean,
Crom air do ghlùinean,
'S bruis-sgùraidh nad dhòrn.

6-3 Òran a' bhuntàta (Buntàta againn sa ghàrradh)

Penelope 2, fonn le Ceana Chaimbeul

1 Sèist

6

10 Rann

14

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Buntàt' againn sa ghàrradh
Buntàt' againn sa phàirc
A' cadal fò na sgrìoban
Gus an tig am blàths.*

Fàsaidh e as t-samhradh
Gus an nochd am bàr
Thig dìthean air an uair sin
An dìthean buidhe, bàn.

Togaidh sinn as t-fhoghar e
Le corran no le gràp
Is lìonaidh sinn na bucaidean
Gus am bi iad làn.

6-4 Dè chì mi le mo shùil (1)

Penelope

1 Rann 1



5 Rann 2



9 Rann 3



The image shows three staves of musical notation in G major, 6/4 time. Each staff begins with a treble clef, a key signature of one flat (F major), and a common time signature (C). The first staff is labeled 'Rann 1' and contains measures 1-4. The second staff is labeled 'Rann 2' and contains measures 5-8. The third staff is labeled 'Rann 3' and contains measures 9-12. The notation consists of eighth and sixteenth notes, with some dotted rhythms.

Dè chì mi le mo shùil
Ann an cùl a' ghàrraidh?
Chì mi iomadh rud lem shùil
Ann an cùl a' ghàrraidh.

Flùran beaga, buidhe 's gorm
'S lusan le cinn àrda
Feur is duilleagan is poll
Ann an cùl a' ghàrraidh.

Dè chì mi le mo shùil
Ann an cùl a' ghàrraidh?
Chì mi iomadh rud lem shùil
Ann an cùl a' ghàrraidh.

6-4 Dè chì mi le mo shùil (2)

Faclan **Penelope**, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona

Sèist



Rann



(dà thuras)
Dè chì mi le mo shùil
Ann an cùl a' ghàrraidh?
Chì mi iomadh rud lem shùil
Ann an cùl a' ghàrraidh.

(dà thuras)
Flùran beaga, buidhe 's gorm
'S lusan le cinn àrda
Feur is duilleagan is poll
Ann an cùl a' ghàrraidh.

6-5 Nach inns thu dhuinn, a Mhàiri? (1)

Penelope



Nach inns thu dhuinn, a Mhàiri
Dè na th' ann sa ghàrradh
Nach inns thu dhuinn gun dàil
Na tha fàs staigh na bhroinn.

Tha currain ann 's buntàta
Tha tuirneap agus càl ann
'S tha flùran brèagha fàs
Anns a' ghàrradh agam fhìn.

Tha ròsan ann tha àlainn
Dè gach dath is àileadh
'S chan fhac thu riamh nas fheàrr
Na an gàrradh agam fhìn.

6-5 Nach inns thu dhuinn, a Mhàiri? (2)

Faclan **Penelope**, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Nach inns thu dhuinn, a Mhàiri
Dè na th' ann sa ghàrradh
Nach inns thu dhuinn gun dàil
Na tha fàs staigh na bhroinn.

Tha currain ann 's buntàta
Tha tuirneap agus càl ann
'S tha flùran brèagha fàs
Anns a' ghàrradh agam fhìn.

Tha ròsan ann tha àlainn
Dè gach dath is àileadh
'S chan fhac thu riamh nas fheàrr
Na an gàrradh agam fhìn.

6-6 Gàrradh Iain Eàirdsidh

Dòtaman / Ceitidh Mhoireasdan

1 Sèist

7

12 Deireadh

18 Rannan

24

29

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Tha gàrradh aig Iain Eàirdsidh is tha 'n gàrradh loma-làn
Dhen a h-uile seòrs' lusan agus flùran
Tha currain ann, tha tuirneap ann, tha uinneanan 's buntàta,
'S tha iomadh stocan càil ann is rùbarb.*

An uair a thig an t-earrach bidh Iain Eàirdsidh garbh trang
A' cladhach is a' cur a-muigh sa ghàrradh;
Iain Eàirdsidh leis an t-sìol, Iain Eàirdsidh ga chur sìos -
An uair sin thig a' ghrian is chì thu fàs e.

Tha flùran mòra dearg ann is flùran beaga meanbh -
Flùran purpaidh, pinc, is geal sa ghàrradh;
Flùran de gach seòrs', flùran beag is mòr,
Tuileaban is ròsan aig Iain Eàirdsidh.

6-7 Gàrradh MhicThòmais

Seinneamaid Còmhla / Anna Latharna NicIllÌosa

1 Rann 1

5

9 mè mè

15 Rann 2-4

19

23 Rann 3: an dà char seo x 2
Rann 4: an dà char seo x 3

27 mè mè Rann 3: an car seo x 2
Rann 4: an car seo x 3

The musical score is written on seven staves of music. It begins with a treble clef, a key signature of one flat (B-flat), and a common time signature (C). The first staff is labeled '1 Rann 1'. The second staff is labeled '5'. The third staff is labeled '9' and contains the lyrics 'mè mè'. The fourth staff is labeled '15 Rann 2-4'. The fifth staff is labeled '19'. The sixth staff is labeled '23' and contains the lyrics 'Rann 3: an dà char seo x 2' and 'Rann 4: an dà char seo x 3'. The seventh staff is labeled '27' and contains the lyrics 'mè mè', 'Rann 3: an car seo x 2', and 'Rann 4: an car seo x 3'. The score includes various musical notations such as notes, rests, and repeat signs.

(Air an teip: tha pongan air an cluich (dà 'F') an àite 'mè mè'
ach bu chòir fuaim mèilich a dhèanamh an seo, mar a tha sgrìobhte.)

Na faclan air an ath dhuilleig

6-7 Gàrradh MhicThòmais (ceòl air an duilleig roimhe)

Cò dh'fhàg an geata gàrraidh aig MacThòmais fosgailte an-diugh?
Cò leig a' chaora dhubh dhan ghàrradh?
Dh'ith i sòbhrag, buntàta agus ugh.

Sòbhrag, buntàta agus ugh,
"Mè, mè", ars a' chaora dhubh,

A' chaora anns a' ghàrradh aig MacThòmais.

Cò dh'fhàg doras a' bhothain aig MacThòmais fosgailte an-diugh?
Cò leig a' chaora dhubh dhan bhothan?
Dh'ith i fòn, truinnsear, sgàthan 's plaide thiugh.

Fòn, truinnsear, sgàthan 's plaide thiugh,
Sòbhrag, buntàta agus ugh,
"Mè, mè", ars a' chaora dhubh,

A' chaora anns a' bhothan,
Am bothan anns a' ghàrradh aig MacThòmais.

Cò dh'fhàg doras a' phreasa aig MacThòmais fosgailte an-diugh?
Cò leig a' chaora dhubh dhan phreasa?
Dh'ith i tomàto, banana agus gruth.

Tomàto, banana agus gruth,
Fòn, truinnsear, sgàthan 's plaide thiugh,
Sòbhrag, buntàta agus ugh,
"Mè, mè", ars a' chaora dhubh,

A' chaora anns a' phreasa,
Am preasa anns a' bhothan,
Am bothan anns a' ghàrradh aig MacThòmais.

Cò dh'fhàg a' chiste bha sa phreasa aig MacThòmais fosgailte an-diugh?
Cò leig a' chaora dhubh dhan chiste?
Dh'ith i còig stocainnean, lèine 's бага dubh.

Còig stocainnean, lèine 's бага dubh,
Tomàto, banana agus gruth,
Fòn, truinnsear, sgàthan 's plaide thiugh
Sòbhrag, buntàta agus ugh.
"Mè, mè", ars a' chaora dhubh

A' chaora anns a' chiste,
A' chaora anns a' phreasa,
Am preasa anns a' bhothan,
Am bothan anns a' ghàrradh aig MacThòmais.

07. Àireamh

1 2 3 4 5 6 7 8 9 0

7-1 Aon, dhà, trì, is toigh leam fhìn tì.

Bun gun fhios, fonn **Dè Thuirt Thu?** / Ellen Jack



Aon, dhà, trì,
Is toigh leam fhìn tì;
Is toigh leam i, is toigh leam i,
Briosgaid agus tì.

Ceithir, còig, sia,
Sia anns a' chidsin
Ag òl cupa tì,
Tì agus briosgaid.

7-2 Aon, dhà, trì, an cat, an cù 's mi fhìn (1)

Rannan Èibhinn Cloinne / Aimsir Phrìseil



Aon, dhà, trì,
An cat, an cù 's mi fhìn,
Ruith 's a' leum air feadh a' ghàrraidh
Gus am fàs sinn sgith.

Ceithir, còig, sia,
Uisg', no gaoth, no fèath,
Togaidh sinne bothan beag
Le clachan agus crèadh.

Seachd, ochd, naoi,
Gheibh mi slat is sreang,
'S thèid mi dh'iasgach anns an abhainn
Gus an tig an oidhch'.

Deich 's a h-aon-deug,
Chan e facal brèig',
Gun do chunnt mi fichead starrag
'S iad nan suidh' air geug.

7-2 Aon, dhà, trì, an cat, an cù 's mi fhìn (2)

Rannan Èibhinn Cloinne,
am fonn seo **Seinneamaid Còmhla** stèidhte air "Castles in the Air"



Aon, dhà, trì,
An cat, an cù 's mi fhìn,
Ruith 's a' leum air feadh a' ghàrraidh
Gus am fàs sinn sgìth.

Ceithir, còig, sia,
Uisg', no gaoth, no fèath,
Togaidh sinne bothan beag
Le clachan agus crèadh.

Seachd, ochd, naoi,
Gheibh mi slat is sreang,
'S thèid mi dh'iasgach anns an abhainn
Gus an tig an oidhch'.

Deich 's a h-aon-deug,
Chan e facal brèig',
Gun do chunnt mi fichead starrag
'S iad nan suidh' air geug.

7-3 Aon, dhà, trì, tha cuilean agam fhìn

Seo Sinn / Gàidhlig Dachaigh



Aon, dhà, trì,
Tha cuilean agam fhìn.
Tha e math air cluiche (Air neo "Tha e math air
Aon, dhà, trì. ruith nan caorach")

Ceithir, còig, sia,
Chunnaic mise iasg
A' snàmh anns an abhainn,
Ceithir, còig, sia.

Seachd, ochd, naoi,
Dubhan agus sreang.
Glacaidh sinn an t-iasg leis,
Seachd, ochd, naoi.

Tha sinn aig a deich -
'S tha an t-iasg air teich'
Chuala e a' tighinn sinn
Is thug e chasan leis.

7-4 Aon, dhà, mach am bàta

Rannan Èibhinn Cloinne / Aimsir Phrìseil. Air a sheinn no air aithris.



Aon, dhà, mach am bàt',
Trì, ceithir, brògan leathair,
Còig, sia, uisg' is fèath,
Seachd, ochd, 's mi tha bochd,
Naoi, deich, faic na h-eich.

7-5 Aon, dhà, seas air an làr

Gàidhlig Dachaigh

Aon, dhà, seas air an làr;
Trì, ceithir, ruith is beir air;
Còig, sia, suidh air an fheur;
Seachd, ochd, cuir tì sa phoit;
Naoi, deich, coisich gun taigh.

7-6 Aon, aon, cunnt a h-aon

Lisa Storey

Aon, aon, cunnt a h-aon
Aon! (*Buail na basan aon turas*)

Dhà, dhà, cunnt a dhà
Aon, dhà!

Agus mar sin air adhart suas gu deich.

7-7 Aon bhuntàta, dà bhuntàta

Penelope

A' cur an dà dhòrn suas air mullach a chèile

Aon bhuntàta, dà bhuntàta
Trì buntàta corrach,
Ceithir buntàta, còig buntàta
Sia buntàta bharrachd.

7-8 Aon bheul, aon sròn

faic 2-28

7-9 Seall còig maragan

Seinneamaid Còmhla / Anna Lathama NicIllÌosa

Seall còig maragan
nan suidhe ann am poit.
"Psss!" thuir a' mharag
'S dh'fhalbh i na toit.

Seall ceithir maragan

Seall trì maragan

Seall dà mharaig*

Seall aon mharag
Na suidhe ann am poit
"Psss!" thuir a' mharag
'S dh'fhalbh i na toit

**an-diugh*, dà mharag

7-10 Còig luchainn bheaga gheala

faic 11-4-2

7-11 Tunnagan beaga

Caoran ann an Cliabh / Eòin is Ainmhidhean




Tunnagan beaga -Aon,
dhà, trì;
Casan beaga, buidhe -
Ceithir, còig, sia;

Tunnagan beaga -Spàg,
spàg, spàg,
Sìos chun an lochain -
GUAG, GUAG, GUAG!

7-12 Còig uighean ann am basgaid

Faclan Gàidhlig Dachaigh, fonn Dè Thuirt Thu? / Alasdair Codona

Rannan 1 - 4



(a' cunntas na tha air fhàgail de dh'ùbhlán)

Rann 5



(Air an teip: tha beàrn fad dà char air fhàgail far am bi sibh a' cunntadh nan ùbhlán)

Còig uighean ann am basgaid,
Uighean donn', uighean donn'.
Thàinig Màiri air a socair;
Agus thug i leatha aon.
Cia mheud ugh a tha ann a-nis?
A ceithir!

Ceithir uighean ann am basgaid (agus mar sin air adhart)
A trì!

Trì uighean ann am basgaid
A dhà!

Dà ugh ann am basgaid
Aon!

7-13 Chaidh Mamaidh Lach a-mach a' snàmh

Seinneamaid Còmhla / Anna Latharna NicIllÌosa,
air fonn "Over The Hills and Far Away"



Chaidh Mamaidh Lach a-mach a' snàmh
Le còig isein air a sàil
Thuirt Mamaidh lach, "Grà, grà, grà, grà"
'S bha ceithir isein air am fàgail.

Chaidh Mamaidh Lach a-mach a' snàmh
Le ceithir isein air a sàil
Thuirt Mamaidh Lach, "Grà, grà, grà, grà,"
'S bha trì isein bheag' air fhàgail.

Chaidh Mamaidh Lach a-mach a' snàmh
Le trì isein air a sàil
Thuirt Mamaidh Lach, "Grà, grà, grà, grà,"
'S bha dà isean bheag air fhàgail.

Chaidh Mamaidh Lach a-mach a' snàmh
Le dà isean air a sàil
Thuirt Mamaidh Lach, "Grà, grà, grà, grà,"
'S bha aon isean beag air fhàgail.

Chaidh Mamaidh Lach a-mach a' snàmh
Le aon isean air a sàil.
Thuirt Mamaidh Lach, "Grà, grà, grà, grà"
'S cha robh gin air fhàgail.

Chaidh Mamaidh Lach a-mach a' snàmh
Gun aon isean air a sàil.
Thuirt Mamaidh Lach, "Grà, grà, grà, grà"
'S thill aon, dhà, trì, ceithir, còig dhen àl.

7-14 Aon nighean bheag na suidhe air an làr

Lisa Storey (bho rann Èireannach), fonn Cànán, stèidhte air fonn "Castles in the Air"



Bidh a' chlann a' dèanamh nan rudan san rann. Uaireannan, ma tha iad caran sochaireach, 's fheàrr tòiseachadh le dà nighinn/bhalach. Cùm a' dol gus am bi a' chlann gu lèir "nan cadal" - nan sìneadh air an làr 's an sùilean dùinte.

Aon nighean bheag na suidhe air an làr;
Aon nighean bheag a' sìneadh suas gu h-àrd;
Aon nighean bheag a' tionndadh mun cuairt;
Aon nighean bheag na cadal suain.

Dà nighinn bhig nan suidhe air an làr*
Dà nighinn bhig, 's msaa.

(Neo "aon bhalach beag, dà bhalach bheag... " agus mar sin air adhart.)

**an-diugh*, dà nighean bheag

7-15 Aon 's a dhà

Ceiteag NicGriogair

Aon sròn, dà chluais, 1...2
Dà shùil, aon bheul,
Aon smig, dà ghruaidh,
Aon teanga 'g èigheach cruaidh.

7-16 Còig ùbhlan air a' bhòrd

Ceiteag NicGriogair, fonn Diog MacGillFhinnein / Cànan



Le gnìomhan a rèir nam faclan

Còig ùbhlan air a' bhòrd;
Còig ùbhlan air a' bhòrd;
Dh'ith Eilidh* aon ubhal;
'S e ceithir ùbhlan a dh'fhàg i.

Ceithir ùbhlan air a' bhòrd,
Ceithir ùbhlan air a' bhòrd,
Dh'ith Eòghann* aon ubhal;
'S e trì ùbhlan a dh'fhàg e.

Trì ùbhlan air a' bhòrd,
Trì ùbhlan air a' bhòrd,
Dh'ith Deirdre* aon ubhal;
'S e dà ubhal a dh'fhàg i.

Dà ubhal air a' bhòrd,
Dà ubhal air a' bhòrd;
Dh'ith Cailean* aon ubhal
'S e aon ubhal a dh'fhàg e.

Aon ubhal air a' bhòrd,
Aon ubhal air a' bhòrd,
Dh'ith Seònaid* aon ubhal
'S cha robh gin air fhàgail.

** No ainmean na cloinne fhèin.*

7-18 Còig ròn snàmh anns an loch

Bun gun fhios, air fonn "Three Crows Sat Upon a Wa" air no
"Over The Hills and Far Away" (faic 7-13)



Còig ròn suidhe air cloich,
Suidhe air cloich, suidhe air cloich,
Còig ròn suidhe air cloich,
Splais! chaidh aon agus leum e steach.

Ceithir ròn suidhe air cloich,
Suidhe air cloich, suidhe air cloich,
Ceithir ròn suidhe air cloich,
Splais! chaidh aon agus leum e steach.

Trì ròn suidhe air cloich,
Suidhe air cloich, suidhe air cloich,
Trì ròn suidhe air cloich,
Splais! chaidh aon agus leum e steach.

Dà ròn suidhe air cloich,
Suidhe air cloich, suidhe air cloich,
Dà ròn suidhe air cloich,
Splais! chaidh aon agus leum e steach.

Ròn mòr glas suidhe air cloich,
Suidhe air cloich, suidhe air cloich,
Ròn mòr glas suidhe air cloich,
Splais! chaidh e fhèin agus leum e steach.

Còig ròn snàmh anns an loch,
Snàmh as an loch, snàmh anns an loch,
Còig ròn snàmh anns an loch,
Splais! chaidh na còig timcheall air a' chloich.

7-19 Dà eun bheag

faic 2-6

7-20 Còig uighean a-staigh san nead

Seo Sinn, air fonn "Here We Go Round the Mulberry Bush"



Còig uighean a-staigh san nead,
Cearc air ghur, glug, glug, glug;
Sgàin am plaosg; sgàin e rithist;
Thàinig an t-isean a-mach.

Ceithir uighean *agus mar sin air adhart*

Trì uighean

Dà ugh

Aon ugh

7-21 Còignear fhear a' togail taigh

Seo Sinn, air fonn "Here We Go Round the Mulberry Bush"



Còignear fhear a' togail taigh,
A' togail taigh, a' togail taigh,
Còignear fhear a' togail taigh,
Shuidh fear sìos is e cho sgìth.

Ceathrar fhear a' togail taigh

Triùir fhear a' togail taigh

Dithis fhear a' togail taigh

Fear leis fhèin a' togail taigh,
A' togail taigh, a' togail taigh,
Fear leis fhèin a' togail taigh,
Shuidh fear sìos is e cho sgìth.

7-22 Cunntas

Bun gun fhios

Aon, dhà, trì,
Sin trì uighean,
Ceithir, còig, sia,
Sin agad iad uile.

Aon ugh, dà ugh,
Trì uighean donna,
Ceithir, còig, sia uighean -
Bidh iad math le hama.

7-23 Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd (1)

Gàidhlig Dachaigh, air fonn "Merrily We Roll Along"



Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd, aon òrd, aon òrd;
Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd
A h-uile latha gun sgur.

Tha Pàdraig a' bualadh le dà òrd

Tha Pàdraig a' bualadh le trì ùird

Tha Pàdraig a' bualadh le ceithir ùird

Tha Pàdraig a' bualadh le còig ùird

7-23 Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd (2)

Gàidhlig Dachaigh, am fonn seo "Here We Go Round the Mulberry Bush"



Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd, aon òrd, aon òrd;
Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd
A h-uile latha gun sgur.

Tha Pàdraig a' bualadh le dà òrd


Tha Pàdraig a' bualadh le trì ùird

Tha Pàdraig a' bualadh le ceithir ùird

Tha Pàdraig a' bualadh le còig ùird

7-24 Noah 's a bhean 's a mhic

Seinneamaid Còmhla, air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicIllÌosa bho
"The Animals Went into the Ark", air fonn "The Runaway Train"



1.
Chaidh Noah 's a bhean, 's a mhic dhan àirc,
Hurra, hurra;
Chaidh Noah 's a bhean, 's a mhic dhan àirc
Hurra, hurra;
Chaidh Noah 's a bhean, 's a mhic dhan àirc,
Noah 's a chàirdean air a shàil
Dhan bhàta mhòr le rùm gu leòr
Oir 's nach fhàsadh iad fliuch.

2.
Chaidh na beathaichean ann, fear mu seach,
Hurra, hurra;
Chaidh na beathaichean ann, fear mu seach,
Hurra, hurra;
Chaidh na beathaichean ann, fear mu seach,
Leòmhann is tìgear, is bò, is each,
Dhan bhàta mhòr le rùm gu leòr
Oir 's nach fhàsadh iad fliuch.

3.
Chaidh na h-eòin a-steach, a dhà 's a dhà,
Hurra, hurra;
Chaidh na h-eòin a-steach, a dhà 's a dhà,
Hurra, hurra;
Chaidh na h-eòin a-steach, a dhà 's a dhà;
A' chuthag, an tunnag, 's an tàrmachan,
Dhan bhàta mhòr le rùm gu leòr
Oir 's nach fhàsadh iad fliuch.

4.
Chaidh na beathaichean ann, a trì 's a trì,
Hurra, hurra;
Chaidh na beathaichean ann, a trì 's a trì,
Hurra, hurra;
Chaidh na beathaichean ann, a trì 's a trì -
Sheinn an sionnach air a' phìob -
Dhan bhàta mhòr le rùm gu leòr
Oir 's nach fhàsadh iad fliuch.

5.
Chaidh na beathaichean ann, a ceithir 's a ceithir,
Hurra, hurra;
Chaidh na beathaichean ann, a ceithir 's a ceithir
Hurra, hurra;
Chaidh na beathaichean ann, a ceithir 's a ceithir,
Hippopotamus gòrach le chòta leathair,
Dhan bhàta mhòr le rùm gu leòr
Oir 's nach fhàsadh iad fliuch.

08. An uair



8-1 Tiog, tog, ars an cloc

Stèidhte air **Caoran ann an Cliabh**, fonn Diog MacGillFhinnein / Cànan, no air aithris

1 Sèist

5 Deireadh

9 Rann

13 Air ais dhan t-sèist

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

Sèist:

*Tiog, tog, ars an cloc,
Tiog, tiog, tog -
Tha thid' agad èirigh
'S tu dol dhan an sgoil.
Tig, tog, ars an cloc,
Tiog, tiog, tog;
Tha 'n uair a' dol seachad,
Tiog, tiog, tiog, tiog, tog.*

1.
Siuthad, dèan cabhag -
Cluinn fuaim a' chlaig;
Tha tòrr againn ri dhèanamh
Mus faigh sinn a-mach.
Leughadh an toiseach,
Feuch cò as fheàrr;
Cunntadh a-rithist,
Is chan fhaod e bhith ceàrr.

2.
Nì sinn beagan sgrìobhaidh,
Stòiridh no dhà,
'S a-rithist nì sinn dealbh
Le iomadh seòrsa dath.
O mo chreach-sa thàinig -
An uair sin mu thràth;
Tha thid' againn dhol dhachaigh
Is cha mhòr gun d' rinn mi càil!

8-2 Uaireadair (Is mise an t-uaireadair beag)

Penelope, faclan Catriona NicDhòmhnaill, fonn Ceana Chaimbeul

1 Sèist

6 Deireadh

10 Rann 1

15 Air ais dhan t-sèist

19 Rann 2

24 Air ais dhan t-sèist

*Sèist an toiseach agus
às dèidh gach rann*

*'S mis' an t-uaireadair beag,
Tiog-a-tiog, tiog-a-tiog;
Tha mi sgiobalta is snog agus cruinn;
Bidh mi dol fad an latha,
Tiog-a-tiog, tiog-a-tiog,
'S cumail orm fad na h-oidhche gu grinn.*

Innsidh mis' an uair
Tiog-a-tiog, tiog-a-tiog,
Biodh e meadhan-oidhch' no cairteal gu dhà;
Biodh e seachd anns a' mhadainn,
Tiog-a-tiog, tiog-a-tiog,
Tha mi cheart cho trang a dh'oidhche 's a latha.

Ma rothaigean tu mi,
Tiog-a-tiog, tiog-a-tiog,
Cha bhi mi uair sam bith a' fàs sgìth.
Biodh e cairteal gu h-ochd,
Tiog-a-tiog, tiog-a-tiog,
Dà uair dheug, no fichead mionaid gu trì.

8-3 An t-uairadair (An tuig, an tuig, an tuig thu mi?)

Penelope

An tuig, an tuig, an tuig thu mi?
An tuig, an tuig, an tuig thu mi?
An tuig, an tuig, an tuig, thu mi?
An tuig thu nis mo chànan?

'Ille bhig an tuig thu mi?
An tuig thu a-nis idir mi?
'Ille bhig an tuig thu mi?
'S mi labhairt anns a' Ghàidhlig.

Tha fios gu math gun tuiginn-s' thu,
Gun tuig, gun tuig, gun tuiginn-s' thu,
Tha fios gu math gun tuiginn-s' thu,
'S tu labhairt anns a' Ghàidhlig.

8-4 Diog deog diog deog

Rabhdan / Òrain Bogha Frois, stèidhte air "Hickory Dickory Dock"



Diog-deog, diog-deog, diog-deog,
Ruith an luchag bheag suas an cloc
Nuair a bhuail an cloc uair,
Leum an luchag a-nuas,
Diog-deog, diog-deog, diog-deog.

09. Odraichean



9-1 Nuair a dh'fhàsas mise mòr

Caoran ann an Cliabh, fonn Susan Walker / Cànan

Rann 1 & 2

1
6
10
14

Rann 3

18
22


1.
Nuair a dh'fhàsas mise mòr
Saoil dè a nì mi?
Am bi mi na mo dhotair
Nò an tèid mi chun an iasgaich?
Am bi mi falbh le làraidh mhòr
A chruinneachadh nan clòitean,
No na mo shaor le sàbh is òrd
Cur thaighean ann an òrdugh?

2.
Am bi mi na mo bhreabadair
Ag obair air a' bheairt?
Feumaidh mi bhith faiceallach
Gun tagh mi 'n obair cheart.
Bhiodh e glè mhath bhith nam phost
Air latha brèagha samhraidh,
Ach cha bu chaomh leam bhith na àit'
Air latha fliuch sa gheamhradh!

3.
Tha mi ro òg son taghadh dreuchd
Ged 's ann a' fàs a tha mi -
Fuirichidh mise greiseag fhathast
Còmhla ri mo mhàthair.

9-2 Hò, hò, hò, hò (Tha Dòmhnall na phoileasman)

Faclan Lisa Storey (bho rann Èireannach), fonn **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona,
air neo air fonn "Weel May the Keel Row"



9-2a Tha Dòmhnall na phoileasman

Tha Dòmhnall na phoileasman
Na phoileasman, na phoileasman,
Tha Dòmhnall na phoileasman,
'S e poileasman a th' ann.

*Hò, hò, hò, hò,
Bidh mise nam phoileasman.
Hò, hò, hò, hò,
Bidh mi air an t-sràid.*

Tha Seumas na shaighdear,
Na shaighdear, na shaighdear,
Tha Seumas na shaighdear,
'S e saighdear a th' ann.

*Hò, hò, hò, hò,
Bidh mise nam shaighdear.
Hò, hò, hò, hò,
Bidh mise anns an Arm.*

Tha Seònaid na tidsear,
Na tidsear, na tidsear.
Tha Seònaid na tidsear,
'S e tidsear a th' innt'.

*Hò, hò, hò, hò.
Bidh mise nam thidsear.
Hò, hò, hò, hò,
Teagaisgidh mi sibh.*

9-2b Tha Ealasaid na banrigh

Tha Ealasaid na banrigh,
Na bànrigh, na banrigh,
Tha Ealasaid na banrigh,
'S e banrigh a th' innt'.

*Hò, hò, hò, hò,
Bidh mise nam bhanrigh,
Hò, hò, hò, hò,
Riaghlaidh mi sibh.*

Tha Ruairidh na speuradair,
Na speuradair, na speuradair,
Tha Ruairidh na speuradair
'S e speuradair a th' ann.

*Hò, hò, hò, hò,
Bidh mise nam speuradair,
Hò, hò, hò, hò,
Bidh mi shuas sna speuran.*

Tha Màiri na banaltram,
Na banaltram, na banaltram,
Tha Màiri na banaltram,
'S e banaltram a th' innt'.

*Hò, hò, hò, hò,
Bidh mise nam bhanaltram,
Hò, hò, hò, hò,
Leighisidh mi sibh.*

Faodar ainmean is obraichean eile a chleachdadh mar a fhreagras.

9-3 Am poileasman

Bun gun fhios, fonn J Booth / Cànan

1 Rann 1 Rann 2

6 Rann 3

10

Am poileasman, am poileasman,
Duine mòr, àrd,
Ag obair ann an oifis,
'S a' coiseachd air an t-sràid.

Am poileasman, am poileasman,
Duine mòr trang,
Gar cuideachadh 's gar cronachadh,
Gar toirt a-mach à staing!

Am poileasman, am poileasman,
Duine mòr treun
A' glacadh bhlaigearan
Thoir an aire ort fhèin!

9-4 Is mis' am poileas mòr

Bun gun fhios, fonn J Booth / Cànan

1 Sèist Deireadh

6 Rann 1 Air ais dhan t-sèist

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Is mis' am poileas mòr,
Is thig mi air do thòir,
Mura bi thu modhail,
No mura bi thu stòld'.*

Cuiridh mi na 'handcuffs' ort
Cha leig thu leas a bhith le bus!
Cuiridh mi sa chàr thu
Is falbhaidh sinn le fruis!

Bidh an solas gorm air,
Agus nì-nò nì-nò leis,
Sios gun an stèisean,
Bidh thu sin airson greis!

9-5 Fìdeag a' phoilis (1)

Faclan Dòmhnall Iain MacLeòid, fonn Diog MacGillFhinnein / Cànan

1 Sèist

5 Deireadh

9 Rann

13 Air ais dhan t-sèist

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*"Bìob, bìob, bìob", chaidh fìdeag a' phoilis.
"Bìob, bìob, bìob", chaidh i rithist gu h-àrd.
"Bìob, bìob, bìob", chaidh fìdeag a' phoilis.
"Bìob, bìob, bìob", saoil dè tha ceàrr?*

Saoil an e càr a chaidh far an rathaid,
"Bìob, bìob, bìob", saoil de tha ceàrr?
Cò aig tha fios nach e daoine a tha sabaid,
"Bìob, bìob, bìob", saoil dè tha ceàrr?

Nuair sheinneas an fhìdeag ruithidh na poilis.
"Bìob, bìob, bìob", thig iad gun dàil;
"Bìob, bìob, bìob", seo iad a' tighinn.
'S cuiridh iad ceart gach nì a tha ceàrr.

9-5 Fìdeag a' phoilis (2)

Faclan Dòmhnall Iain MacLeòid, fonn J Booth / Cànan

The musical score is written on a single treble clef staff in common time (C). It consists of six lines of music, each starting with a measure number and a label. The first line (measures 1-4) is labeled 'Sèist'. The second line (measures 5-8) is labeled 'Air adhart gu Rann 2 as dèidh Sèist 2'. The third line (measures 9-12) is labeled 'Rann 1'. The fourth line (measures 13-16) is labeled 'Air ais dhan t-sèist'. The fifth line (measures 17-20) is labeled 'Rann 2'. The sixth line (measures 21-24) is labeled 'Deireadh'. The melody is simple and rhythmic, typical of a fiddle tune.

Sèist a-rithist eadar an dà rann ach a' crìochnachadh leis an dàrna rann

*"Bìob, bìob, bìob", chaidh fìdeag a' phoilis.
"Bìob, bìob, bìob", chaidh i rithist gu h-àrd.
"Bìob, bìob, bìob", chaidh fìdeag a' phoilis.
"Bìob, bìob, bìob", saoil dè tha ceàrr?*

Saoil an e càr a chaidh far an rathaid,
"Bìob, bìob, bìob", saoil de tha ceàrr?
Cò aig tha fios nach e daoin' a tha sabaid,
"Bìob, bìob, bìob", saoil dè tha ceàrr?

Nuair sheinneas an fhìdeag ruithidh na poilis.
"Bìob, bìob, bìob", thig iad gun dàil;
"Bìob, bìob, bìob", seo iad a' tighinn.
'S cuiridh iad ceart gach nì a tha ceàrr.

9-6 Tha Dadaidh ag obair

Trobhadaibh A-steach, fonn Cànan
stèidhte air an fhonn thraidiseanta Ghearmailteach "Augustine"

The musical score is written on four staves in treble clef, with a key signature of two sharps (F# and C#) and a 3/4 time signature. The first staff starts with a measure number '1'. The second staff starts with a measure number '6'. The third staff starts with a measure number '10'. The fourth staff starts with a measure number '14' and ends with a double bar line and repeat dots. The melody consists of quarter and eighth notes, with some rests.

*Faodar ainmean agus gnìomhan sam bith a chleachdadh a tha freagarrach.
'S dòcha gun còrdadh e ris a' chloinn na faclan aca fhèin a chur ris.*

Tha Dadaidh ag obair, ag obair, ag obair,
Tha Dadaidh ag obair bho mhadainn gu oidhch'.

Tha Mamaidh a' nighe, a' nighe, a' nighe,
Tha Mamaidh a' nighe bho mhadainn gu oidhch'.

Tha Granaidh a' fighe

Tha Seanair a' leughadh

Tha 'm bèibidh a' rànaid

9-7 Gnog, gnog aig an doras

Dòtaman / Catrìona Mhoireach

1 Sèist



5



9 Rann



13



17 Rann mu dheireadh a-mhàin



*Sèist an toiseach agus as dèidh gach
rainn ach an rann mu dheireadh*

*Gnog, gnog aig an doras - saoil cò tha siud?
Gnog, gnog aig an doras - saoil cò tha siud?
Gnog, gnog aig an doras - saoil cò tha siud?
Fosgail an doras ach am faic sinn cò th' ann.*

*Tha 'm post aig an doras le litir bheag dhòmhs', x3
Is parsail do Chalum - eil fhios dè th' ann?*

*Fear a' bhainne aig an doras le bainne geal, x 3
'S fàgaidh e botal bhios againn ri òl.*

*Fear an èisg aig an doras leis an sgadan ùr, x 3
'S bidh sgadan againn a-nochd gu ar tì.*

*Tha 'n nurs aig an doras le бага beag dubh, x 3
Thalla 's leig a-steach i - chan eil mi gu math.*

Gnog, gnog - saoil cò tha siud?

9-8 Fear nam fiacian

Seinn Seo / Dòmhnall Iain MacLeòid

Rann

Sèist

ah!

Sèist às dèidh gach rann

Is mise fear nam fiacian 's cha toigh le duine beò mi
Ged chuireas mi an teich' air an dèideadh a leòn iad.

*"Ochan, ochan, ochan," bidh a' chlann ag èigheach.
"Ochan, ochan, aaah!" mar tha sinn leis an dèideadh".*

Ach nuair a chì iad mise a' tighinn anns a' charbad,
Bidh iad uil' a' caoineadh 's a' dol air falach ormsa.

Carson a-rèist nach toigh leibh mi? Carson bhios sibh a' rànaid?
Tha mise gu math laghach - faighnich dha mo mhàthair.

Nuair a thig sibh thugam cuiridh mi dhan t-sèithir sibh
Is nuair a thèid sibh dhachaigh cha bhi sibh leis an dèideadh.

9-9 An nurs

Seinn Seo, faclan Dòmhnall Iain MacLeòid, fonn Ceana Chaimbeul

Rann

Sèist

13

Sèist às dèidh gach rann

Sìos is suas an rathad
na mini-bhan bheag,
Baga cruinn dubh aic',
sin agad an nurs.

*O tha i laghach!
O tha i snog!
Sìos is suas an rathad
na mini-bhan bheag.*

Ma bhios duine tinn ann,
thig i anns a' spot
Na bhan luath bhuidhe
's le baga cruinn dubh.

Bidh i tighinn a choimhead
a' chlann anns an sgoil
'S bidh i tighinn a thomhas
nam bèibidhs bheag.

An-dè bha mi san leabaidh
le ceann is amhaich ghoirt
Ach thug an nurs dhomh pile
is tha mi alright.

9-10 Fear a' bhainne

Seinn Seo, faclan Dòmhnall Iain MacLeòid, fonn Ceana Chaimbeul

1 Sèist

5

9 Rann

13

Sèist às dèidh gach rann ach an rann mu dheireadh

*Mise fear a' bhainne
agus seo agaibh m' òran.
Aon phinnt, dà phinnt,
Òlaibh gu leòr dheth.*

Aon phinnt, dà phinnt,
Gheibh sibh gruth is bàrr às
Aon phinnt, dà phinnt,
Ìm agus càise.

Aon phinnt, dà phinnt,
Tha e math dha d' fhiaclan
Aon phinnt, dà phinnt,
Òl le do bhiadh e.

Aon phinnt, dà phinnt,
Cuir e air do *chornflakes*
Aon phinnt, dà phinnt
Lit agus pròs.

9-11 Am post (1)

Penelope 2



Am post an seo le litrichean,
Le litrichean, le litrichean,
Am post an seo le litrichean,
Is bogsa mòr, trom.

9-11 Am post (2)

Faclan **Penelope 2 / Dè Thuirt Thu?**, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona

1 Rann

6 Sèist

10

14

Sèist às dèidh gach rann

Am post an seo le litrichean,
Le litrichean, le litrichean,
Am post an seo le litrichean,
Is bogsa mòr, trom.

*Bogsa mòr, mòr, trom,
Bogsa mòr, mòr, trom,
Bogsa mòr, mòr, trom,
Saoil dè th' ann, saoil dè th' ann?*

Tha mi a' smaoinichadh gu bheil suiteas ann
Tha mi a' smaoinichadh gu bheil suiteas ann
Tha mi a' smaoinichadh gu bheil suiteas ann
'S e mo cho-là-breith a th' ann.

9-12 Litrichean

Seinn Seo / Dòmhnall Iain MacLeòid



Litrichean beag agus litrichean mòr
Litrichean 'Pools' is litrichean 'dole'
Litrichean geal is litrichean glas
Litrichean sgueathar is litrichean fad'.
Litir à Canada, is tè à Madrid
Stampaichean buidhe is stampaichean pinc.
A' sortadh nan litrichean, sinn a tha sgèth
Ach nuair a bhios sinn deiseil, gheibh sinn ar tì.

Litir a Steòrnabhagh, tè a Phort Rìgh
Litir a dh'Eirisgeigh cà 'il Leacan Lì?
Litir a Bharraigh, Ceann a' Bhàigh, Dail bho Dheas,
Siud litir le ainm 's gun sgeul air 'address'.
Dè 'n t-àite tha siud, cha dèan mi a-mach,
Tha sgrìobhadh mar chearc a' coiseachd san t-sneachd
Litir le pògan mòr air a bàrr
Seo cairt le dealbh de - Costa del Mar.

Litir a Scalpaigh, litir a Thung'
Litir a Ghèirinis, litir a dh'Ùig.
Na Lochan, Na Ceallan, Na Hearadh, Na Bàigh,
An Tairbeart, An t-Ìochdar, An Dìg is An Àird.
Càirinis, Stocanais, Calanais, Ì,
Griomasaidh, Bhatarsaidh, Tarasaidh, Grìob,
Aon litir eile - tè thugam fhìn,
Siud agad uil' iad - nis tiugainn gu 'r tì.

9-13 Tha gnogadh aig an doras

Lisa Storey

Tha gnogadh aig an doras
Cò tha siud?
Saoil an e 'm post a th' ann,
Saoil cò thig?
Fosgail an doras,
Sìn a-mach do làmh,
Is gheibh thu litir,
Neo 's dòcha a dhà!

9-14 Obair an rathaid

Seinn Seo, faclan Anna NicDhòmhnaill, fonn Ceana Chaimbeul

The musical score is written in treble clef with a key signature of one sharp (F#) and a common time signature (C). It consists of four distinct rhythmic patterns, each labeled 'Rann' (Rann 1, Rann 2, Rann 3, Rann 4). Each pattern is presented on two staves: the top staff shows the melody and the bottom staff shows the accompaniment. The piece is divided into measures, with measure numbers 1, 5, 9, 13, 17, 21, 25, and 29 marked at the beginning of their respective staves.

Sgrìobhadh a-mach am fonn air fad gus sealltainn ciamar a chuirear na faclan ris.

- | | |
|--|--|
| 1.
B' fheàrr leam gun robh mi air an rathad mhòr
Ghabhainn cuairt san làraidh a h-uile latha
Agus dh'fhalbhainn leis an teàrr
Cha rachainn-s' idir an taobh ceàrr | 3.
Thig an teàrr is ceò às, deàrrsach, dubh,
Copar às an làraidh e mar uisge as an t-sruth.
Sgaoilear a-mach e bho thaobh gu taobh
Ach is mise th' air an rolair mhòr an-diugh. |
| 2.
Chòrdadh an rolair rium cheart cho math
Stiùirinn air ais 's air adhart,
'S bhiodh e dol gun stad.
Agus nuair a bhiodh iad aig an tì
Chanainn-s' nach robh mi ag iarraidh dad. | 4.
O 's ann a b' fheàrr leinn uil' am Barber Green
Tha e doirbh a stiùireadh,
'S chan fhalbh mi air leam fhìn
Gu socair bidh e snàgail loma-làn teàrr
Coltach ri seilcheag a ghabh an rathad ceàrr. |

9-15 Saighdear (Bu chaomh leam bhith nam shaighdear)

Faclan **Rabhdan is Rudan**, fonn **Aimsir Phrìseil**

The image shows four staves of musical notation in G minor, 2/4 time. The first staff starts with a treble clef, a key signature of one flat (Bb), and a 2/4 time signature. The melody consists of eighth and quarter notes. The second staff begins at measure 6, the third at measure 10, and the fourth at measure 14. The piece concludes with a double bar line at the end of the fourth staff.

Bu chaomh leam bhith nam shaighdear
'S mi coiseachd air 'parade'
'S na drumaichean a' bualadh
'S na pìoban mòr' air ghleus.

'S mo bhrògan dubh' cho faileasach
Ri sgàthan air an t-sràid
'S mo chrios ùr uaine deàlradh
'S it' uaine shuas gu h-àrd.

9-16 An saighdear, an seòladair

Bun gun fhios, fonn Cànan, stèidhte air 'Weel May the Keel Row'

The image shows a musical score for a piece titled '9-16 An saighdear, an seòladair'. The score is written in treble clef with a key signature of three sharps (F#, C#, G#) and a common time signature (C). It consists of four staves of music. The first staff starts with a measure number '1' and contains eight measures. The second staff starts with a measure number '6' and contains eight measures. The third staff starts with a measure number '10' and contains eight measures. The fourth staff starts with a measure number '14' and contains eight measures, ending with a double bar line. The melody is simple and rhythmic, with a mix of quarter and eighth notes.

Is toigh leam fhìn an saighdear,
An saighdear, an saighdear.
Is toigh leam fhìn an saighdear,
Na sheasamh suas dìreach.

Is toigh leam fhìn an seòladair,
An seòladair, an seòladair,
Is toigh leam fhìn an seòladair,
Na sheasamh aig a' chuibhle.

9-17 An saor (Cluinn an saor a' sàbhadh)

Penelope, faclan Pòl MacAonghais, fonn Ceana Chaimbeul



Cluinn an saor a' sàbhadh,
A' sàbhadh, a' sàbhadh,
Cluinn an saor a' sàbhadh,
A' sàbhadh nam bòrd.

Cluinn an saor a' bualadh,
A' bualadh, a' bualadh,
Cluinn an saor a' bualadh,
A' bualadh le òrd.

9-18 Anndra Saor
(Brig is brag air feadh an taighe)

Penelope

Brig is brag air feadh an taighe,
Drann, drann, dranndan,
Buail an tarraig, geàrr am maide,
Sàbh is òrdaig Anndra.

9-19 Òrd a' bualadh

Penelope

Deireadh



Air ais dhan toiseach



Òrd a' bualadh,
Sàbh a' reubadh,
Chuireadh am fuaim
Cha mhòr às do rian thu.

An taigh Dhòmh'll Uilleim,
Nan uinneagan ùra.
Òbh, òbh, òbh!
Ach an dust th' air an ùrlar.

Òrd a' bualadh,
Sàbh a' reubadh,
Chuireadh am fuaim
Cha mhòr às do rian thu.

9-20 Aodach obrach (Aodach geal air còcaire)

Bun gun fhios, fonn J Booth / Cànan



Aodach geal air còcaire,
Aodach dubh air poileasman,
Aodach brèagha air banrigh
Is aodach fliuch air Calum Bàn.

Aodach gorm air seòladair,
Aodach blàth air granaidh,
Aodach fad' air sagart,
Is aodach salach air meacanaig!

9-21 Bhan Ruairidh Bhàin

Penelope 2, fonn Ceana Chaimbeul



Bhan ghlas aig a' bhancair
Bhan dhearg aig a' phosta
Bhan an telecom buidhe agus gorm
Ach 's i bhan Ruairidh Bhàin tha liath.

Gheibh sinn airgead on Bhanca
Gheibh sinn litir on phosta
Thig fear an telecom chàradh a' fòn
Ach thig Ruairidh Bàn le biadh.

Aran is ìm is càise
Tì is salann is siùcar
'Pandrops' agus deilidh no dhà
Is "Ciamar tha daoine san t-Sliabh?"

9-22 Nì, nò, nì, nò, einnsean dearg

Seinneamaid Còmhla / Anna Latharna NicIllÌosa



Nì, nò, nì, nò, einnsean dearg
Ruith, ruith, ruith, luchd-smàlaidh.
Diongail, iongail, taigh na theine.
Huis pìob-uisg' is fàradh.

9-23 Sgiobadh an smàlaidh

Penelope 2, fonn Ceana Chaimbeul



Nì, nò, nì, nò,
Sgiobadh an smàlaidh.
Nì, nò, nì, nò,
Luath, luath, luath.
Nì, nò, nì, nò,
Fàg aca an rathad.
Gus am faigh iad ann an cabhaig
An teine chur às.

9-24 An digear buidhe

Penelope

1 Rann

5

10

15 Sèist

23

A' dèanamh fuaim mar einnsean digeir air 'brm brm'

Sèist às dèidh gach rann

1.
"Brm, brm, brm", aig an digear bhuidhe,
Tha mi làidir, cruaidh is treun,
Ma tha thu togail taigh no bùth,
Ospadal no rathad ùr,
'S ann ormsa gu dearbh a bhios feum.

Sèist
Brm, brm, frm, frm, frm,
Brm, brm, null 's a-nall,
Brm, brm, agus drn, drn,
'S mi 'g obair anns an t-salchar ud thall.

2.
"Brm, brm, brm", aig an digear bhuidhe,
Togaidh mise a' ghainmheach bhàn.
Togaidh mise an ùir is am mol,
'S ge be cà 'l an làraidh dol,
Lìonaidh mis' i gus am bi i làn.

3.
"Brm, brm, brm", aig an digear bhuidhe.
Togaidh mi na leacan trom'.
Togaidh mi 's leagaidh mi
Na clachan cruaidh creagach,
Agus fad na h-ùine togaidh mise fonn.

9-26 Cò latha thig Iad?

Bun gun fhios

Diluain bhan a' bhùidseir
Dimàirt bhan an èisg
Diciadain bhan nan leabhraichean
Diardaoin cha tig tè,
Dihaoine am banca
'S am bùidsear le chèil'
Disathairne am posta
Le pàipear an-dè.

9-27 Einnsean, tractar agus bhan

Dòtaman / Ceitidh Mhoireasdan

The musical score is written in treble clef with a key signature of three flats (B-flat, E-flat, A-flat) and a common time signature (C). It consists of four staves of music. The first staff is labeled 'Sèist' and begins with a measure number '1'. The second staff is labeled 'Deireadh' and begins with a measure number '5'. The third staff is labeled 'Rann' and begins with a measure number '9', featuring a triplet of eighth notes indicated by a bracket and the number '3'. The fourth staff begins with a measure number '13' and ends with a double bar line. The melody is simple and folk-like, with a mix of quarter, eighth, and dotted notes.

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Einnsean, tractar agus bhan,
Einnsean, tractar, tha iad trang;
Sìos an rathad, suas an rathad, fad an latha trang -
Einnsean, tractar agus bhan.*

"Nì-nò! Nì-nò!" ars an einnsean-smàlaidh,
"Nì-nò! Nì-nò!" ars an einnsean dhearg.
"Cabhadh an seo an-diugh, cabhadh an seo an-diugh,
Cabhadh an seo," ars an einnsean dhearg.

"Och, och, och!" ars an tractar aig Seonaidh,
"Och, och, och!" ars an tractar dearg.
"Tha mi sgìth ag obair dhut, tha mi sgìth ag obair dhut,
Tha mi sgìth ag obair," ars an tractar dearg.

"Bhrum! Bhrum! Bhrum!" arsa bhan a' Phost-Oifis.
"Bhrum! Bhrum! Bhrum!" ars a' bhan bheag dhearg.
"Litir agam dhut an seo, litir agam dhut an seo,
Litir agam dhut," ars a' bhan bheag dhearg.

9-28 Tractar (An tractar a th' agamsa)

Seinn Seo, faclan Anna NicDhòmhnail, fonn Ceana Chaimbeul

1 Sèist Deireadh

7 Rann Air ais dhan t-sèist

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*An tractar a th' agamsa
Is esan a tha trang;
Trr ud tud tud aige
Is glumagan de cheò às.*

Tha tràilear is tìpear air
a chopas luchdan mònach;
Rothan mòra dubha a nì
lorgan anns a' bhòchar.

Thèid e dhan chladach
airson mol agus gainmheach;
An tràilear a' glagadaich
air na clachan garbha.

Falbhaidh e le crann
a nì arbhar is buntàta;
Slaodaidh e cliabh
Is cuiridh e todhar gallda.

Trr ud tud tud aige
mach 's a h-uile sìde;
An tractar a th' agamsa,
Chan eil e fàs sgìth dheth.

10. A' dèanamh rudan



10-1a Seo mar a bhios sinn a' cluich

Seo Sinn, stèidhte air "Here We Go Round the Mulberry Bush"



Seo mar a bhios sinn a' cluich mun chraoibh
A' cluich mun chraoibh, a' cluich mun chraoibh
Seo mar a bhios sinn a' cluich mun chraoibh
Air madainn reòite gheamhraidh

Seo mar a bhios sinn a' cìreadh ar cinn

Seo mar a bhios sinn ag ithe ar bìdh


Seo mar a bhios sinn a' glanadh ar fiaclan

Seo mar a bhios sinn a' glanadh ar brògan

Seo mar a bhios sinn a' coiseachd dhan sgoil

10-1b Timcheall air an teine mhòr

Seinneamaid Còmhla / Anna Latharna NicIllÌosa,
stèidhte air "Here We Go Round the Mulberry Bush"



Sèist eadar gach rann, no aig an toiseach agus an deireadh a-mhàin

*Timcheall air an teine mhòr
An teine mhòr, an teine mhòr
Timcheall air an teine mhòr
Air latha buidhe Bealltainn*

Seo mar a dhùisgeas sinn gu tràth
Sinn gu tràth, sinn gu tràth,
Seo mar a dhùisgeas sinn gu tràth
Air latha buidhe Bealltainn.

Seo mar a ghlanas sinn sinn fhìn

Seo mar a chìreas sinn ar gruag

Seo mar a ghlanas sinn ar brògan

Seo mar a ghabhas sinn ar biadh

Seo mar a ghlanas sinn ar fiaclan

Seo sinn air an rathad dhan sgoil

Seo mar a leig iad sinn ma sgaoil

Seo a' bhana-mhaighstir chòir
Seo i a' sgrìobhadh air a' bhòrd
Seo mar a chùm i sinn an òrdugh
Agus seo mar a nì i dannsa.

10-1c Seo mar a nigheas sinn ar làmhan

Bun gun fhios, stèidhte air "Here We Go Round the Mulberry Bush".



Seo mar a nigheas sinn ar làmhan,
Seo mar a nigheas sinn ar làmhan,
Seo mar a nigheas sinn ar làmhan,
Air Latha Buidhe Bealltainn.

Seo mar a nigheas sinn ar n-aodann

Seo mar a ghlanas sinn ar fiaclan

Seo mar a ghlanas sinn ar brògan

Seo mar a chìreas sinn ar falt

Seo mar a choisicheas sinn dhan sgoil

10-2 Nigh an t-aodach

Seo Sinn



Nigh an t-aodach, nigh an t-aodach
Suath agus suath
Agus nigh an t-aodach.

Fàisg an t-aodach, fàisg an t-aodach
Fàisg agus fàisg
Agus fàisg an t-aodach.

Croch a-mach an t-aodach, croch a-mach an t-aodach
Croch agus croch
Agus croch a-mach an t-aodach.

Thoir a-staigh an t-aodach, thoir a-staigh an t-aodach
Thoir agus thoir
Agus thoir a-staigh an t-aodach.

Ruith a-staigh dhan taigh, ruith a-staigh dhan taigh
Ruith agus ruith
Agus ruith a-staigh dhan taigh.

10-3 Muigh 's a-staigh

Bun gun fhios, fonn Susan Walker / Cànan



Muigh 's a-staigh, mach 's a-steach
Cluichidh sinne anns gach àit'
Sìde fhliuch no sìde bhlàth
Bidh spòrs againn a-muigh no staigh.

Nuair a bhios an t-sìde blàth
'S a' ghrian cho àrd 's i a' deàrrsadh
Cluichidh sinne mach à dorsan
'S bidh spòrs againn air feadh an àite.

Nuair a bhios an t-sìde fliuch
'S an t-uisge tuiteam sìos cho làidir
Fuirichidh sinne 'm broinn an taigh'
Le cairtean, jig-saw, 's bogsa 'lego'.

Nuair a thig an t-àm 'son sneachd
'S e 'n t-àm a chòrdas rinn air fad
Togail bodach-sneachd' a-muigh
No spòrs gu leòr am broinn an taigh'.

10-4 Flùraichean is ròsan

Òrain "Bogha Frois" / stèidhte air "Ring a Ring a Roses", air a sheinn no air aithris



Flùraichean is ròsan,
A h-uile duine còmhla,
Huisia huisia,
A h-uile duine sìos.

Tha sinne air an ùrlar (x 3)

Ach leumaidh sinne suas

Ag ràdh "Leum suas, leum suas, leum suas."

10-5 Mu chuairt, mu chuairt a' bhaile

Òrain "Bogha Frois", stèidhte air "Round and Round the Village"



Mu chuairt, mu chuairt a' bhaile
Mu chuairt, mu chuairt a' bhaile
Mu chuairt, mu chuairt a' bhaile
Mar a bha sinn riamh.

Mach 's a-steach air an uinneig (x 3)
Mar a bha sinn riamh.

Dannsaidh mi le Cailean* (x 3)
Mar a bha sinn riamh.

* *A' cur a-steach ainm sam bith a tha freagarrach*

10-6 Cha dèanadh i danns

Seinneamaid Còmhla, air eadar-theangachadh
le Anna Latharna NicIllÌosa bho "She Wouldn't Dance"

Gu sgiobalta

1 Sèist

6 Rann

10

14

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann ach an rann mu dheireadh

*Cha dèanadh i danns, danns, danns
Cha dèanadh i danns an-diugh no 'n-dè
Cha dèanadh i danns, danns, danns
Dèan danns leat fhèin.*

Tog i suas, is suas, is suas, is suas
Is tog an leanabh an-àird
Tog i suas, is suas, is suas, is suas,
Is leag i chun an làir.

Cha dèanadh i danns, danns, danns
Cha dèanadh i danns an-diugh no 'n-dè
Cha dèanadh i danns, danns, danns
Dèan danns leat fhèin.

Tog i suas, is suas, is suas, is suas
Is tog an leanabh an-àird
Tog i suas, is suas, is suas
Is leag i chun an làir.

10-7a Tha duine anns an fhaing

Seo Sinn, stèidhte air "The Farmer's in his Den"



Tha duine anns an fhaing
Tha duine anns an fhaing
I-ò-m-dhadaidh o
Tha duine anns an fhaing

Tha 'n duine ag iarraidh bean

Tha a' bhean ag iarraidh clann

Tha a' chlann ag iarraidh nurs

Tha 'n nurs ag iarraidh cù

Tha 'n cù ag iarraidh cnàimh

Cha bhris sinn an cnàimh

Tha 'n cnàimh ro chruaidh

10-7b Tha Dòmhnall Mòr a-staigh

Am Bodach Beag Annasach, stèidhte air "The Farmer's in his Den"



Tha Dòmhnall Mòr a-staigh
Tha Dòmhnall Mòr a-staigh
Hì ò is hoireann o
Tha Dòmhnall Mòr a-staigh

Tha Dòmhnall ag iarraidh bean

Tha a' bhean ag iarraidh pàist'

Tha 'm pàist' ag iarraidh cù

Tha 'n cù ag iarraidh cnàimh

Cha bhris sinn an cnàimh

Tha 'n cnàimh ro chruaidh

10-8 "Tha mi ruith," ars an rabaid

Am Bodach Beag Annasach, air fonn "She'll Be Coming Round the Mountain",
faclan le Peigi Màiri NicNeacail & Mairead Anna Mhoireach



"Tha mi ruith," ars an rabaid, "tha mi ruith,"
"Tha mi ruith," ars an rabaid, "tha mi ruith,"
"Tha mi ruith," ars an rabaid, "a' ruith," ars an rabaid,
"Tha mi ruith," ars an rabaid, "tha mi ruith."

"Tha mi leum," ars an losgann, "tha mi leum"

"Tha mi streap," ars an fheòrag, "tha mi streap,"

"Tha mi snàmh," ars an t-iasg, "tha mi snàmh,"

"Tha mi sgèith," ars an t-isean, "tha mi sgèith,"

10-9 Is mise an trèan

Lisa Storey (bho rann Èireannach)

Is mise an trèan, puf.... puf.... puf....

Is mise an cù, u-uf.... u-uf.... u-uf....

Is mise an t-eun, tib.... tib.... tib....

Is mise an luchag, bìg.... bìg.... bìg....

10-10 Cò thig a-mach an-diugh?

Seo Sinn. Faodar a sheinn cuideachd air fonn "Here We Go Round the Mulberry Bush"



Cò thig a-mach an-diugh?
A-mach an-diugh, a-mach an-diugh?
Cò thig a-mach an-diugh?
A chluich air an tràigh.

Thig Màiri a-mach an-diugh
A-mach an-diugh, a-mach an-diugh
Thig Màiri a-mach an-diugh
A chluich air an tràigh.

10-11 Aon nighean bheag na suidhe air an làr

faic 7-14

10-12 Tha Sara a' dannsadh

Faclan **Gàidhlig Dachaigh**, (air fonn "Augustine" - faic 9-6 "Tha Dadaidh ag obair");
am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Tha Sara* a' dannsadh, a' dannsadh, a' dannsadh
Tha Sara a' dannsadh, a' dannsadh fhathast

Tha Sìm ag ithe, ag ithe, ag ithe
Tha Sìm ag ithe, ag ithe fhathast

Tha Màiri a' ruith

Tha Iain a' snàmh

Tha Dòmhnall a' bruidhinn

Tha Eilidh a' leughadh

Tha Fionnlagh a' leum

** No a' cur ris ainmean no gnìomhan sam bith a fhreagras dhan t-suidheachadh*

10-13 Tha rothan a' bhus a' dol mun cuairt

Gàidhlig Dachaigh, stèidhte air "The Wheels on the Bus";
fonn stèidhte air "Here We Go Round the Mulberry Bush"



Tha rothan a' bhus a' dol mun cuairt
A' dol mun cuairt, a' dol mun cuairt
Tha rothan a' bhus a' dol mun cuairt
Luath, luath, luath.

Tha rothan a' chàir a' dol mun cuairt

Tha rothan na trèan a' dol mun cuairt

Tha mise mi fhèin a' dol mun cuairt

*(Tha caochladh chumaidhean eile ann dhen òran seo, mar eisimpleir
"Tha cuibhlichean a' bhus dol car car car" (Am Bodach Beag Annasach),
no "... car is car". Tha diofar rannan ann cuideachd.)*

10-14 Anns a' phàirce (A-null 's a-nall)

Faclan Lisa Storey, fonn **Dè Thuirt Thu?** (Ellen Jack)

Gu mall

1

7

12

A-null 's a-nall
A-null 's a-nall
A-null 's a-nall
Air an dreallaig

Sìos is suas
Sìos is suas
Sìos is suas
Air làir-mhaide

Sìos mar an dealanach
Sìos mar an dealanach
Sìos mar an dealanach
Air sleamhnag

10-15 Suas, sìos, sìos agus suas

Bun gun fhios

Suas, sìos, sìos agus suas
Suas, sìos, gus am bi thu sgìth
Suas, sìos, sìos agus suas
Suas agus sìos, a h-aon, a dhà 's a trì

Suas, suas, suas chun a' mhullaich
Suas, suas, sreapaidh sinn cho àrd
Suas, suas, feuch a-nis nach tuit thu
Ruigidh sinn am mullach, agus tillidh sinn gu làr.

Sìos, sìos, sìos air do shocair
Sìos, sìos, sàbhailte dhan bhonn
Sìos, sìos, feuch a-nis nach tuit thu
'S nuair a gheibh sinn sìos ann, togaidh sinne fonn.

10-16 Tha Mamaidh a' fighe (Gliog gliog gliog gliog)

Bun gun fhios, fonn Diog MacGillFhinnein / Cànan

The image shows a musical score for a song. It consists of five staves of music, each starting with a measure number: 1, 4, 7, 10, and 14. The music is written in a single treble clef with a key signature of one flat (B-flat) and a common time signature (C). The melody is simple and repetitive, featuring eighth and quarter notes. The first staff starts with a treble clef, a B-flat key signature, and a common time signature. The subsequent staves continue the melody from the previous one. The music ends with a double bar line and repeat dots.

Gliog, gliog, gliog, gliog,
Tha Mamaidh a' fighe
Gliog, gliog, gliog, gliog
Le bioran is snàth
Gliog, gliog, gliog, gliog,
Tha Mamaidh a' fighe
A' fighe a' pheitein
A chumas mi blàth.

Brr..... rr..... rr.....
Mamaidh a' fuaigheal
Brr..... rr..... rr.....
Le fuaim cho àrd
Brr..... rr..... rr.....
Aodach blàth ùr dhomh
Dreasa no briogais
Is lèine no dhà.

10-17 Chaidh mi dhan an sgoil an-dè (1)

Lisa Storey, fonn stèidhte air 'Skip to my Loo'



Chaidh mi dhan an sgoil an-dè
Chaidh mi dhan an sgoil an-dè
Chaidh mi dhan an sgoil an-dè
Is thèid mi innte a-màireach.

Chunnaic mi Iain san sgoil an-dè
Chunnaic mi Iain san sgoil an-dè
Chunnaic mi Iain san sgoil an-dè
Is chì mi Anna a-màireach.

Ghabh mi biadh san sgoil an-dè
Ghabh mi biadh san sgoil an-dè
Ghabh mi biadh san sgoil an-dè
'S gabhaidh mi biadh a-màireach.

Rinn mi dealbh san sgoil an-dè
Rinn mi dealbh san sgoil an-dè
Rinn mi dealbh san sgoil an-dè
Is nì mi dealbh a-màireach.

10-17 Chaidh mi dhan an sgoil an-dè (2)

Faclan Lisa Storey, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Chaidh mi dhan an sgoil an-dè
Chaidh mi dhan an sgoil an-dè
Chaidh mi dhan an sgoil an-dè
Is thèid mi innte a-màireach.

Chunnaic mi Iain san sgoil an-dè
Chunnaic mi Iain san sgoil an-dè
Chunnaic mi Iain san sgoil an-dè
Is chì mi Anna a-màireach.

Ghabh mi biadh san sgoil an-dè
Ghabh mi biadh san sgoil an-dè
Ghabh mi biadh san sgoil an-dè
Is gabhaidh mi biadh a-màireach.

Rinn mi dealbh san sgoil an-dè
Rinn mi dealbh san sgoil an-dè
Rinn mi dealbh san sgoil an-dè
Is nì mi dealbh a-màireach.

10-18 Chaidh mise dhan bhùth an-dè (1)

Lisa Storey



Chaidh mise dhan bhùth an-dè
Fhuair mi biadh gu leòr
Dè fhuair thusa? Dè fhuair thusa?
Dè fhuair thusa an-dè?

Chaidh mise dhan phàirc an-dè
Chunnaic mi daoine gu leòr
Cò chunnaic thusa? Cò chunnaic thusa?
Cò chunnaic thusa an-dè?

Chaidh mise dhan sgoil an-dè
Rinn mi obair gu leòr
Dè rinn thusa? Dè rinn thusa?
Dè rinn thusa an-dè?

10-18 Chaidh mise dhan bhùth an-dè (2)

Faclan Lisa Storey, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Chaidh mise dhan bhùth an-dè
Fhuair mi biadh gu leòr
Dè fhuair thusa? Dè fhuair thusa?
Dè fhuair thusa an-dè?

Chaidh mise dhan phàirc an-dè
Chunnaic mi daoine gu leòr
Cò chunnaic thusa? Cò chunnaic thusa?
Cò chunnaic thusa an-dè?

Chaidh mise dhan sgoil an-dè
Rinn mi obair gu leòr
Dè rinn thusa? Dè rinn thusa?
Dè rinn thusa an-dè?

10-19a Seoc is Sìne

Spòrs agus Seinn / Seinneamaid Còmhla, stèidhte air "Jack and Jill",
air eadar-theangachadh leis an Urr. Iain MacLeòid nach maireann.



Chaidh Seoc is Sìne suas an cnoc
A dh'iarraidh cuinneag uisge
Thuit Seoc le creig is sgoilt e cheann
'S chuir Sìne car a' mhuiltein.

10-19b Seoc is Sìne

Gàidhlig Dachaigh

1
6
10
14

Chaidh Seoc is Sìne suas an cnoc
Suas an cnoc, suas an cnoc
Chaidh Seoc is Sìne suas an cnoc
A dh'iarraidh cuinneag uisge.

Thuit Seoc is bhuail e cheann
Bhuail e cheann, bhuail e cheann
Thuit Seoc is bhuail e cheann
'S chuir Sìne car a' mhuiltein.

10-20 Bùth MhicAmhlaigh (1)

Penelope, faclan Dòmhnall Iain MacLeòid, fonn Ceana Chaimbeul



Falbhaidh mi le ceuman beaga
Falbhaidh mi le ceuman beaga
Falbhaidh mi le ceuman beaga
A-null gu bùth MhicAmhlaigh.

Falbhaidh mi le ceuman mòra

Leumaidh mi le leuman àrda

Ruithidh mi le ceuman luath

10-20 Bùth MhicAmhlaigh (2)

Penelope, faclan Dòmhnall Iain MacLeòid,
am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** stèidhte air "The Braes of Mar"



Falbhaidh mi le ceuman beaga
Falbhaidh mi le ceuman beaga
Falbhaidh mi le ceuman beaga
A-null gu bùth MhicAmhlaigh.

Falbhaidh mi le ceuman mòra

Leumaidh mi le leuman àrda

Ruithidh mi le ceuman luath

10-21a Peantaidh mise dealbh dhut

Lisa Storey



Peantaidh mise dealbh dhut
Peantaidh mise dealbh dhut
Peantaidh mise dealbh dhut
Anns an sgoil.

Suidhidh mise sìos

Leughaidh mise leabhar

Sgrìobhaidh mise faclan

Seinnidh mise òran

Cluichidh mis' a-muigh

Falbhaidh mise dhachaigh
Falbhaidh mise dhachaigh
Falbhaidh mise dhachaigh
An dèidh na sgoil'.

10-21b Cluichidh mise a-muigh

Lisa Storey (air fonn "Polly Put The Kettle On" - faic 1-15);
am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Cluichidh mis' a-muigh
Cluichidh mis' a-muigh
Cluichidh mis' a-muigh
Aig an sgoil.

Bidh mise modhail

Falbhaidh mise dhachaigh
Falbhaidh mise dhachaigh
Falbhaidh mise dhachaigh
An dèidh na sgoil'.

10-22a 'S urrainn dhòmhsa suidhe

Lisa Storey (bho rann Èireannach), fonn stèidhte air "Polly Put the Kettle On"



'S urrainn dhòmhsa suidhe
'S urrainn dhòmhsa laighe
'S urrainn dhòmhsa cluich
'S urrainn dhòmhsa ruith
'S urrainn dhòmhsa ithe
'S urrainn dhòmhsa òl
'S urrainn dhòmhsa suidhe
An seo air an stòl.

10-22b Is toigh leam a bhith peantadh

Faclan Lisa Storey, fonn **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Is toigh leam a bhith peantadh
Is toigh leam a bhith ruith
Is toigh leam a bhith cadal
Is toigh leam a bhith cluich
Is toigh leam a bhith 'n seo
Is toigh leam a bhith 'n siud
Ach 's fheàrr leam gu lèir
A bhith muigh, muigh, muigh!

10-23 Òran Disathairne (1)

Penelope, fonn Ceana Chaimbeul

The image shows a musical score for a song. It consists of four staves of music, each starting with a measure number (1, 5, 9, 13). The key signature is two sharps (F# and C#), and the time signature is 6/8. The melody is written in a treble clef. The first staff starts with a treble clef, a key signature of two sharps, and a 6/8 time signature. The second staff starts with a treble clef, a key signature of two sharps, and a 6/8 time signature. The third staff starts with a treble clef, a key signature of two sharps, and a 6/8 time signature. The fourth staff starts with a treble clef, a key signature of two sharps, and a 6/8 time signature. The melody is written in a treble clef. The first staff starts with a treble clef, a key signature of two sharps, and a 6/8 time signature. The second staff starts with a treble clef, a key signature of two sharps, and a 6/8 time signature. The third staff starts with a treble clef, a key signature of two sharps, and a 6/8 time signature. The fourth staff starts with a treble clef, a key signature of two sharps, and a 6/8 time signature.

Dè nì sinn Disathairne
Mhamaidh 's latha dheth agam?
Dè nì sinn Disathairne
'S gun dad agam a nì mi?

Disathairne, Disathairne,
Dè nì sinn Disathairne
Dè nì sinn Disathairne
'S gun dad agam a nì mi?

10-23 Òran Disathairne (2)

Faclan **Penelope / Dè Thuirt Thu?**, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona

1
5
9
13

Dè nì sinn Disathairne
Mhamaidh 's latha dheth agam?
Dè nì sinn Disathairne
'S gun dad agam a nì mi?

*Disathairne, Disathairne,
Dè nì sinn Disathairne
Disathairne, Disathairne,
'S gun dad agam a nì mi?*

Thèid sinn dhan a' phàirce,
Disathairne, Disathairne
Thèid sinn dhan a' phàirce,
Is cluichidh sinne còmhla.

*Disathairne, Disathairne,
Dè nì sinn Disathairne
Disathairne, Disathairne,
Is cluichidh sinne còmhla.*

10-24 Làithean-sgoile

Aimsir Phrìseil

Gu fuasgailte

The musical score is written on four staves in treble clef, with a key signature of three sharps (F#, C#, G#) and a 2/4 time signature. The first staff begins with a measure number '1'. The second staff begins with a measure number '8'. The third staff begins with a measure number '14'. The fourth staff begins with a measure number '19'. The melody consists of eighth and quarter notes, with some notes beamed together and some held over as half notes. The piece concludes with a double bar line and repeat dots.

Tha mise 'n-diugh a' dol don sgoil
Mo mhàileid air mo dhruim
Gur beag tha dh'fhios 'am air an rud
Bheir bana-sgoilear dhuinn

Bidh leasain agus sgrìobhadh ann
Is pìobaireachd Diardaoin,
Ach 's fheàrr leam fhìn na nì sam bith
Bhith cluich a-muigh san raon!

11. Beathaichean

11-1 Beathaichean còmhla

11-2 Cù

11-3 Cat

11-4 Luch


11-5 Crodh

11-6 Rabaid

11-7 Eun

11-8 Cearc, coileach, tunnag

11-9 Fiolan



11-1-1 Guthan nam beathaichean

Òrain a' Chròileagain, air fonn "Little Brown Jug"



Bidh cù ag ràdh, "huth, huth, huth;"
Bidh cù ag ràdh, "huth, huth, huth;"
Bidh cù ag ràdh, "huth, huth, huth;"
Dè bhios cat ag ràdh?

Bidh cat ag ràdh, "mi-a-ù;" x3
Dè bhios luch ag ràdh?

Bidh luch ag ràdh, "bìog, bìog, bìog;" x3
Dè bhios cearc ag ràdh?

Bidh cearc ag ràdh, "gog-gog-gàg;" x3
Dè bhios coileach ag ràdh?

Bidh coileach ag ràdh, "gu-gil-ugil-ù;" x3
Dè bhios tunnag ag ràdh?

Bidh tunnag ag ràdh, "uag, uag, uag;" x3
Dè bhios gèadh ag ràdh?

Bidh gèadh ag ràdh, "gonc, gonc, gonc;" x3
Dè bhios bò ag ràdh?

Bidh bò ag ràdh, "mù-ù-ù;" x3
Dè bhios caora ag ràdh?

Bidh caora 'g ràdh, "mè-è-è, x3
Dè bhios asal ag ràdh?

Bidh asal ag ràdh, "hì-ò;" x3
Siud a bhios iad uil' ag ràdh!

Agus mar sin air adhart


11-1-2 Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn

Òrain a' Chròileagain, stèidhte air "Old MacDonald had a Farm".

Gheibhear cuideachd "Bha Croit Mhath Mhòr aig Dòmhnall Bàn" (*Am Bodach Beag Annasach*) agus "Air an Tac aig Dòmhnall MacDhòmhnail" (*Eòin is Ainmhidhean*)



Ma tha sibh a' cur ris na faclan (faic gu h-ìseal), gabhaibh an loidhn' seo turas a bharrachd leis gach rann



Na faclan air an ath dhuilleig

(*Air an teip: Tha am fonn air fad air a chluich dà thuras, an dàrna turas air a' chumadh a tha air mìneachadh gu h-ìseal:)*

Tha dà dhòigh ann airson an òran seo a ghabhail. 'S e an dòigh as fhasa a bhith a' cumail gach rann dhan aon fhaid, leis na faclan mar a tha iad sgrìobhte an seo. Ach faodar cuideachd togail air an rann roimhe, le bhith a' cur dà loidhn' a bharrachd ris gach rann. Mar sin, bhiodh an dàrna rann a' dol:

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò,
Is air an tac bha caora 's uan,
Ì-ai-ì-ai-ò,
Le mè-mè an siud, is mè-mè an seo,
Mè anns an fhraoch is mè anns an lot.
Le mù-mù an siud, is mù-mù an seo,
Mù anns an fhraoch is mù anns an lot.
Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò"

agus mar sin air adhart gu deireadh an òrain.

11-1-2 Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn (ceòl air an duilleig roimhe)

1.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò,
Is air an tac bha bò is laogh,
Ì-ai-ì-ai-ò;
Le mù-mù an siud, is mù-mù an seo,
Mù anns an fhraoch, is mù anns an lot.
Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò

2.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò,
Is air an tac bha caora 's uan,
Ì-ai-ì-ai-ò;
Le mè-mè an siud, is mè-mè an seo,
Mè anns an fhraoch is mè anns an lot.
Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò

3.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò,
Is air an tac bha cearc is isean,
Ì-ai-ì-ai-ò;
Le gog-gàg an siud, 's gog-gàg an seo,
Gog-gàg anns an fhraoch, 's gog-gàg anns an lot.
Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò

4.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò,
Is air an tac bha each is searrach,
Ì-ai-ì-ai-ò;
Le hè-e-e an siud, is hè-e-e an seo,
Hè-e-e anns an fhraoch, 's hè-e anns an lot.
Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò

5.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò,
Is air an tac bha muc is uircean,
Ì-ai-ì-ai-ò;
Le chò-chò an siud, is chò-chò an seo,
Chò anns an fhraoch, is chò anns an lot.
Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò

6.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò,
Is air an tac bha cat is piseag,
Ì-ai-ì-ai-ò;
Le mi-a-ù an siud, is mi-a-ù an seo,
Mi-a-ù anns an fhraoch 's mi-a-ù anns an lot.
Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò

7.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò,
Is air an tac bha cù is cuilean,
Ì-ai-ì-ai-ò;
Le huth-huth an siud, is huth-huth an seo,
Huth anns an fhraoch is huth anns an lot.
Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn,
Ì-ai-ì-ai-ò!

11-1-3 Tha bò aig mo nàbaidh

Caoran ann an Cliabh

Tha bò aig mo nàbaidh
A chanas "mù-ù";
Tha coileach aige cuideachd
Chanas "gog-ar-ù-ar-ù".

Tha tunnag aig mo sheanmhair
A chanas "guag-guag",
'S tha òrd aig mo sheanair
A nì brag! brag! brag!

11-1-4 Is mise an trèan

faic 10-9

11-1-5 Fuaimean (Mò, mò, mò, chunnaic mise bò)

Bun gun fhios, fonn Susan Walker / Cànan



"Mò, mò, mò", chunnaic mise bò
Shìos air cùl a' ghàrraidh,
"Mò, mò, mò."

"Uf, uf, uf", chuala mise cù
Bha e 'g ithe chnàmhan,
"Uf, uf, uf."

"Miaù, miaù, miaù", ars an cat,
'S e 'g iarraidh iasg airson a dhiathad,
"Miaù, miaù, miaù."

Thuir an coileach "gog" nuair a fhuair e sgleog,
'S bha a' chearc a' gàgail,
"Gog, gog-gog, gog-gog."

"Mè, mè, mè", ars an t-uan an-dè,
'S e air call a mhàthar,
"Mè, mè, mè."

11-1-6 Na beathaichean

Bun gun fhios

"Go-go-gàg" thuir a' chearc,
"Rug mise ugh.
Tha an t-ugh anns an nead;
"Go-go-gàg" thuir a' chearc.

"Uf-uf-uf," thuir an cù,
"Tha mise ruith;
Tha mise ruith don bhùth,
Uf-uf-uf" thuir an cù.

"Miaù - iaù," thuir an cat.
"Tha mise a' cadal;
Tha mise a' cadal air a' bhrat,
Miaù-iaù" thuir an cat.

"Mò, mò," thuir a' bhò,
"Tha mise ag ithe;
Tha mise ag ithe air a' Chnoc Mhòr,
Mò, mò" thuir a' bhò.

"Mè, mè," thuir a' chaora,
"Tha uan agamsa;
Tha uan agam a tha làn faoineis,
Mè, mè" thuir a' chaora.

11-1-7 "Tha mi ruith," ars an rabaid

faic 10-8

11-1-8 Luath is socair (Tha crùbag bheag a' falbh cho socair)

Ceana Chaimbeul / Pòl MacAonghais, fonn stèidhte air "Down in Demerara" (faic 4.8)



Seinnibh a' chiad rann car slaodach, agus an dàrna rann nas sgiobalta.

Tha crùbag bheag a' falbh cho socair,
Falbh cho socair, falbh cho socair,
Tha crùbag bheag a' falbh cho socair,
Socair air an tràigh.

Tha 'n cuilean beag a' ruith cho luath,
A' ruith cho luath, a' ruith cho luath;
Tha 'n cuilean beag a' ruith cho luath,
Cho siùbhlach air a' bheinn.

11-1-9 Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta

Òrain a' Chròileagain, stèidhte air "We're All Going to the Zoo Today"

The musical score is written on four staves in treble clef with a key signature of three sharps (F#, C#, G#) and a common time signature (C). The first staff starts with a measure number '1' and is labeled 'Rann'. The second staff starts with a measure number '5' and is labeled 'Sèist'. The third staff starts with a measure number '9'. The fourth staff starts with a measure number '13'. The music consists of eighth and quarter notes, with some rests and accidentals.

*Tha e na chuideachadh anns an òran seo a bhith a' cumail 'buille'
le tambourine no a leithid.*

Sèist às dèidh gach rann

1.
Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta,
Sù an-dràsta, sù an-dràsta;
Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta;
Bidh sinn ann fad an latha.

Sèist
Thèid sinn dhan sù, sù, sù,
Mi fhìn 's tu fhèin an-diugh, 'n diugh, 'n-diugh,
Sìos dhan sù, sù, sù,
Sìos dhan sù, sù, sù.


2.
Chì sinn an tìgear buidhe, striopach,
Buidhe, striopach, buidhe, striopach;
Chì sinn an tìgear buidhe, striopach,
Shìos aig an sù.

3.
Chì sinn rhinoceros le aon adharc mhòr air,
Aon adharc mhòr air, aon adharc mhòr air;
Chì sinn rhinoceros le aon adharc mhòr air,
Shìos aig an sù.

4.
Chì sinn panda le sùilean mòra dubha,
Sùilean mòra dubha, sùilean mòra dubha;
Chì sinn panda le sùilean mòra dubha,
Shìos aig an sù.

11-1-10 Seall air an tarbh

Seinneamaid Còmhla, air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicIllÌosa
bho "Hey Jock, Ma Cuddy!"



Seall air an tarbh,
Tarbh mòr, reamhar air cnoc.
Ma bhuaileas tu an tarbh,
Bheir an tarbh mòr, reamhar dhut sgleog!

Seall air an each,
Each mear a' ruith 's a' leum.
Ma thèid thu air muin an eich,
Bidh thu falbh mar pheilear do bheatha!

Seall air a' mhuic,
Muc mhosach a' laighe sa pholl.
Ma bheanas tu dhan a' mhuic,
Bidh do làmhnan cho dubh ris a' ghual!

Seall air a' ghobhar
Is feusag gheal air a smeagaid.
Ma bhios an t-acras air gobhar,
An aire nach ith i do bhriogais!

Seall air an rabaid,
Coinean nan cluasan fad'.
Ma chuireas tu clisgeadh air rabaid,
Thèid an rabaid à sealladh sa bhad!

Seall air a' phiseig
Piseag a' nighe a spòig
Ma chuireas tu dragh air a' phiseig,
Bheir a' phiseag dhut sgròb air an t-sròin!

'S iongantach cia mheud beathach
A tha beò fon ghealaich 's fon ghrèin.
Chan fhaod thu bhith crosta ri beathach
Gun chron cuideachd a dhèanamh ort fhèin!

11-2-1 Cuilean beag

Bun gun fhios

Cuilean beag, cuilean beag,
Cuilean beag dubh;
Cuilean beag luaisgeanach
A' leumadaich 's a' cluich.

Cuilean beag, cuilean beag,
Cuilean beag sàmhach;
Cuilean beag air a dhòigh
A' cagnadh nan cnàmhan.

11-2-2 Dìleas

Faclan Seillean 's a' Bhotul, fonn Uisge

1
6
10
14

Tha cù beag agamsa
E cho dubh ri gual,
Earball mòr fada air
'S an t-sròn aige cho fuar.

"Dìleas" tha mar ainm air,
Ach 's fhada sin o dhòigh;
Nuair bhios mi airson cluiche ris
'S ann ruitheas e fon bhòrd!

11-2-3 Mi fhìn is mo chuilean

Penelope



Chan eil dad air an t-saoghal as fheàrr,
Na bhith cluiche 's a' ruith air an tràigh;
Mi fhìn is mo chuilean aig iomall nan tonn,
A' ruith anns a' ghrèin fad' an latha,
Chan eil dad air an t-saoghal as fheàrr.

Tha a' ghainmheach fom chasan cho blàth;
Chan iarrainn-sa dhachaigh gu bràth;
Mi fhìn is mo chuilean, aig iomall nan tonn,
A' ruith anns a' ghrèin fad an latha,
Chan eil dad air an t-saoghal as fheàrr.

11-2-4 Fraochan

Dòmhnallach / Mac a' Mhaoilein, Ceòl ISA; an clàr "Slàinte Mhath" aig na Lochies.

The musical score is written on four staves in treble clef with a key signature of one flat (B-flat) and a common time signature (C). The first staff starts at measure 1. The second staff starts at measure 6. The third staff starts at measure 10. The fourth staff starts at measure 14. The piece concludes with a double bar line and repeat dots at the end of the fourth staff.

A' lùbadh ruith an fhuinn a rèir nam faclan.

1.
Tha cuilean beag aig Dùghall
Ris an canar Fraochan;
Robanach beag, tùchanach, gòrach;
'S chan eil air an t-saoghal
Cho dona ris a' bhrùid ud
Gu luideagan is aodach a shracadh.
2.
Nuair a dh'èirich Ìagan
Sa mhadainn mhoich Diciadain,
Chan fhaigheadh e aon sgeul air a bhrògan;
'S bha Mamaidh às a ciall,
Ag iarraidh a' chnap shiabainn
'S an cuilean beag a' sgiamhail sa chlòsaid.
3.
Thuirt mi fhìn 's mi ag èigheach,
"Tilg a-mach a' bhèist ud!
'S e an t-amadan an dèidh 's mo chur gòrach;
Chan eil fios no cinnt agam
Càit a bheil mo phìoban -
Nach ann a ghoid e trì as mo phòca!"

4.
Ach ma theannas Daoimean
Cho dlùth 's gun toir e grèim às,
Sin far am bi 'n sraighlich aig bròinean;
Thèid e staigh fon staidhre
'S cha tig e mach gu oidhche -
Sin far am bi 'n slaightear a' spògail!
5.
Ach a dh'aindeoin chùisean,
Is càineadh air a' chù ud,
Gura feàrr le Dùghall na 'n t-òr e;
'S ged bhios e ri mì-mhodh,
Tha nòisean agam fhìn dheth,
Ged a ghoid e a' phìob orm - am bòcan!

11-2-5 An cuilean

Dòmhnall Iain MacLeòid / **Penelope 2**

Cuilean 's e cho robach,
Iap, iap, iap.
'S e 'n-còmhnaidh a' cabadaich,
Iap, iap, iap.
Ruith às dèidh chuileagan,
Iap, iap, iap,
'S a' tuiteam dha na pollagan
Iap, iap, iap.

11-2-6 "Hòbhan, hòbhan," ars an cù

Traidiseanta / Is Toigh Leinn Òrain



11-2-6a "Hòbhan, hòbhan," ars an cù beag

"Hòbhan, hòbhan," ars an cù beag.
"S minig a bha sinn," ars an cù bàn.
"Siubhal na h-àirigh," ars an cù beag.
"Hòbhan, hòbhan," ars an cù bàn.

"Uan air faire," ars an cù beag.
"Uan air fhàgail," ars an cù bàn.
"Uan gun mhàthair," ars an cù beag.
"Hòbhan! hòbhan!" ars an cù bàn.

11-2-6 "Òbhan, òbhan," ars an cù ban

"Òbhan, òbhan!" ars an cù bàn;
"Mis' air an àirigh!" ars an cù bàn.
"Mharbh am bròn mi," ars an cù bàn,
"A' gleidheil a' chàise," ars an cù bàn.

"Nach minig a bha sinn," ars an cù bàn,
"Air cùl gàrraidh," ars an cù bàn.
"Cagnadh chnàmhan" ars an cù bàn,
"Diùrra òbhan" ars an cù bàn.

11-2-7 Dh'fhalbh an cuilean bàn

Bun gun fhios, fonn Cànan, stèidhte air "Dh'fhalbh an Rabaid Bhàn"
bho "Amhrain Anna Sheumais"

Gu tiamhaidh

Rann 1&3

Rann 2 & 4

31

1.
Dh'fhalbh an cuilean bàn;
Saoil sibh càit an deach e?
Fhuair e mach Dimàirt
'S ghabh e 'n àird an leathaid.
Dh'fhalbh an cuilean bàn!
'S b' fheàrr gun robh e seo.

2.
Shil gu trom mo dheòir
'S tha mi brònach dubhach
Ga do chaidh gach latha
O Dhimàirt sa chaidh.
Dh'fhalbh an cuilean bàn!
'S b' fheàrr gun robh e seo.

3.
Bha thu laghach, còir
'S bu tu 'm peata lurach;
Daonnan ri mo shàil,
Ge b' e àit' a rachainn.
Dh'fhalbh an cuilean bàn!
'S b' fheàrr gun robh e seo.

4.
Dè a-nis a ghluais thu
Suas gu fuachd nam beannaibh?
Ò ma tha thu beò,
Feuch an till thu dhachaigh!
Dh'fhalbh an cuilean bàn!
'S b' fheàrr gun robh e seo.

Faodar crìochnachadh leis a' chiad rann a-rithist ma thogras sibh.

11-2-8 Chuir iad an t-sùil à Pilot

Iain MacDhùghaill / An Comunn Gàidhealach

Sèist agus rann



Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Chuir iad an t-sùil à Pilot bàn;
Chuir iad an t-sùil à Pilot;
Chuir iad an t-sùil à Pilot bochd,
Gun fhios ciod an lochd a rinn e.*

Dìol mo chuid mhulan aig mucan a' chùbair,
Chuir iad nan smùid an-raoir iad!
'S beag a bha fhios 'am gun robh iad san dùthaich
Fhad 's bha 'n t-sùil am Pilot.

Chuir mi petition a dh'ionnsaigh na Banrigh
A dh'innse mar thachair do Philot
'S thuirt i gun cuireadh i gini am dhòrn
A cuireadh sùil òir am Pilot.

11-3-1 Ding dong clag

Seinneamaid Còmhla, air eadar-theangachadh
leis an Urr. Iain MacLeòid bho "Ding Dong Dell"



Ding, dong, clag
Càit a bheil an cat?
Tha i air a bogadh
Shìos anns an tobar.

Cò am blaiseard chuir a' bhiast
Dhan an tobar sìos, sìos?
Mura bi i math air snàmh
Tha fhios gum bi i air a bàthadh.

Ding, dong, clag
Càit a bheil an cat?

11-3-2 Cat ri taobh an teine

Seinneamaid Còmhla, air eadar-theangachadh le
Anna Latharna NicIllÌosa bho "Pousy Suppin' Brose"

Cat ri taobh an teine,
A' nighe a spòig,
Leum a-mach sradag
A loisg i air a sròin.

"Miaù!" ars a' phiseag,
"Cha robh siud ceart."
"Bha," ars an teine,
"Bha thusa ro fhaisg."

11-3-3 Piseag a' sealg

Dòmhnall Iain MacLeòid

Socair, socair, tha mise a' sealg,
Socair, socair, ag èaladh tron fheur,
Socair, socair, don chraoibh chaidh mi 'n-àird,
Socair, socair, gun eagal no càil.
Socair, socair, leum mi a-mach,
Ach dh'fhalbh an t-isean is thuit mi le brag!

11-3-4 Phiseag bheag / Phuisseachain

Seinneamaid Còmhla / Spòrs agus Seinn, stèidhte air "Pussycat, Pussycat",
air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicIllÌosa



A' lùbadh ruith an fhuinn a rèir nam facal

11-3-4a Phiseag Bheag

Phiseag bheag, phiseag bheag,
Càit an robh thusa?
"A' cèilidh air a' Bhanrigh
Shìos am baile Lunnainn."

Phiseag bheag, phiseag bheag,
Gu dè rinn thu 'n siud?
"Fo chathair mhòr na Banrigh',
Air m' onair, ghlac mi luch."

11-3-4b A Phuisseachain, phuisseachain

A phuisseachain, phuisseachain
Cà robh thu raoir?
Bha mi shìos ann an Lunnainn
A' coimhead air an Rìgh.

A phuisseachain, phuisseachain,
Dè rinn thu ann?
Chlìsg mi an luchag le aon brr miaù ì.
Chlìsg mi an luchag le aon brr miaù ì.
- ris an loidhn' mu dheireadh den fhonn a-rithist

11-3-5 A' phiseag bhreac

Bun gun fhios, fonn Susan Walker / Cànan



Phiseag bhreac, bhòidheach bhreac,
'S toigh leam i gu cinnteach,
Ma gheibh i bainne 's cluich ri faileas
'S coma leath' cò chì i.

Fhuair mi i an taigh mo sheanar -
Ogha don chat riabhach -
Tha piuthar a màthar an taigh Màiri
Bho chionn dusan bliadhna.

'S tric le chèile sinn ri cleasachd,
Muigh air feadh a' ghàrraidh;
Thig an t-seann chù dubh gar coimhead
'S laighidh e gu sàmhach.

Ged tha esan aosta glic,
Tha e laghach bàidheil;
Nuair thèid a' phiseag suas gu shròin
Nì e snodha-gàire.

Caidil nis, a phiseag bhreac;
Chì mi thu a-màireach;
'S toigh leam thu; 's toigh leam thu,
'S cha dhealaich mi gu bràth riut.

11-3-6 "Miaù," ars a' phiseag (1)

Caoran ann an Cliabh / Eòin is Ainmhidhean



"Miaù," ars a' phiseag,
"Miaù, miaù, miaù,
Tha mise leis a' phathadh,
Miaù, miaù, miaù."

"Tha mise leis a' phathadh,
'S e 'n fhìrinn tha mi 'g inns';
Tha mo bheul cho tioram
Ri caoran ann an cliabh."

"Cò a ghabhas truas rium,
Cò bheir dhomh an-dràst,
Drùdhag bheag de bhainne,
No drùdhag bheag de bhàrr?"

"Miaù," ars a' phiseag,
"Miaù, miaù, miaù,
Tha mise leis a' phathadh,
Miaù, miaù, miaù."

11-3-6 "Miaù," ars a' phiseag (2)

Faclan Caoran ann an Cliabh, am fonn seo **Seo Sinn**



"Miaù," ars a' phiseag,
"Miaù, miaù, miaù,
Tha mise leis a' phathadh,
Miaù, miaù, miaù."

"Tha mise leis a' phathadh,
'S e 'n fhìrinn tha mi 'g inns';
Tha mo bheul cho tioram
Ri caoran ann an cliabh."

"Cò a ghabhas truas rium,
Cò bheir dhomh an-dràst,
Drùdhag bheag de bhainne,
No drùdhag bheag de bhàrr?"

"Miaù," ars a' phiseag,
"Miaù, miaù, miaù,
Tha mise leis a' phathadh,
Miaù, miaù, miaù."

11-3-7 Na piseagan

Penelope 2, faclan le Ceana Chaimbeul

Bidh piseag ri cleasachd,
Bidh piseag ri cron,
Bidh piseag a' sealg,
Air earball a' choin.
Bidh piseag a' miagail,
Ghun fhios 'm carson,
'S bidh i dranndan ri faileas,
San sgàthan.

A' sreap ris a' chùirtair,
A' cluich leis a' fòn,
A spòg air an 'dial'
'S i miagail, "Hallò".
'S ma chaidleas mi fada,
Tha fios agam cò
Bhios ag imlich m' aodann,
Gam dhùsgadh.

11-3-8 An cat 's an luch

Is Toigh Leinn Òrain

1 An cat ris an luch:



5 An luch ris a' chat:



A' lùbadh ruith an fhuinn a rèir nam faclan

1. (*cat*)

Thig, thig a luchag bheag
A mhìreadh ri do sheanmhair.
Nì sinn cleas is cluich is ruith
Is innsidh mi dhut seachas

(*luch*)

A chait ghlais, ged 's mòr do mhais',
Ged sleamhainn mìn do chòta,
Cha mhàthair do mo mhàthair thu,
No càirdeas idir dhòmhsa.

2. (*cat*)

Faic mo chumadh air do cholainn
'S an coltas ri do sheanmhair,
Spògan toisich agus deiridh
'S earball air do chùlaibh

(*luch*)

Ge-tà, cha chluinn thu mialaich mi
'S chan eil mo bhian-sa srianach
Is coltach ris an tìgear thu,
Le d' ìnean biorach stiallach.

3. (*cat*)

Tost, a luchag. Na creid thusa
H-uile rud a chual' thu.
Mus robh mise na mo phiseig,
'S luchag bheag a bh' ann dhìom.

(*luch*)

Ach, a bhradain, mac nan car,
Blas na meal' od chainnt-sa.
Chuir meud nan spuir a tha fod spòig
A chòmhnaidh do na tuill sinn.

4. (*cat*)

Thig a-mach o chùl nan sail,
'S gum fan thu tuilleadh leamsa.
Nì sinn cuirm air corc' is eòrna;
Òlaidh sinn is dannsaidh.

(*luch*)

Cha tig, cha tig, a bheathaich ghlais;
Cha bhlais thu air mo chnàmhan.
Tha iasg is feòil air do thruinnsear,
Ach dh'ith thu raoir mo bhràthair.

11-3-9 Miaù! Miaù!

Bun gun fhios

Sgadan air an truinnsair,
Sgadan air a' bhòrd,
Piseag air a casan-deiridh
Sìneadh suas a spòig.
'S i miamhail, 's i miamhail,
'S i miamhail gun sgur.
"Nach sguir thu dhe do mhiamhail!"
Ars an cù dubh.

11-4-1 Congrinero

Òrain a' Chròileagain, air fonn "O My Darling Clementine"



Congrinero, Congrinero,
Congrinero, luchag bheag;
'S e luchag bheag tha 'n Congrinero
Congrinero, luchag bheag.

Cluasan mòra, cluasan mòra,
Cluasan mòra, cluasan mòr',
Dà chluais dhìrich, dà chluais dhìrich,*
Dà chluais dhìrich, dà chluais mhòir.

Ciabhagan fada, ciabhagan fada,
Ciabhagan fada, ciabhagan fad';
Ciabhagan biorach, ciabhagan biorach,
Ciabhagan biorach, ciabhagan fad'.

Ceithir spògan, ceithir spògan,
Ceithir spògan, ceithir spòg'
Spògan caola, spògan caola,
Spògan caola, ceithir spòg.

Earball fada, earball fada,
Earball fada, earball fad';
Earball cruinn, earball cruinn,
Earball cruinn, earball fad'.

*an-diugh, dà chluas/chluais dhìreach

11-4-2 Còig luchainn bheaga gheala (1)

Eòin is Ainmhidhean



Còig luchainn bheaga gheala
Ruith air feadh an làir;
Còig luchainn bheaga gheala
Còimhead airson càis'.

Còig luchainn bheaga gheala
Sgrìobadh air a' phreas;
Ach bha 'n doras glaist' orra
'S chan fhaigheadh iad a-steach.

Còig luchainn bheaga gheala
Sealltainn tuath is deas;
Ach cha robh mìr den chàis' air sgeul
Air truinnsear, bòrd, no sgeilf.

Shìos is shuas is thall 's a-bhos,
Bha h-uile àite lom;
'S chaidh còig luchainn bheaga gheala
Dhachaigh dhan an toll.

11-4-2 Còig luchainn bheaga gheala (2)

Faclan **Eòin is Ainmhidhean**, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Còig luchainn bheaga gheala
Ruith air feadh an làir;
Còig luchainn bheaga gheala
Coimhead airson càis'.

Còig luchainn bheaga gheala
Sgrìobadh air a' phreas;
Ach bha 'n doras glaist' orra
'S chan fhaigheadh iad a-steach.

Còig luchainn bheaga gheala
Sealltainn tuath is deas;
Ach cha robh mìr den chàis' air sgeul
Air truinnsear, bòrd, no sgeilf.

Shìos is shuas is thall 's a-bhos,
Bha h-uile àite lom;
'S chaidh còig luchainn bheaga gheala
Dhachaigh dhan an toll.

11-4-3 Luch-fheòir

Seinn Seo / Ceana Chaimbeul



Luchag bheag bhòidheach,
Nead beag cruinn,
Peathraichean is bràithrean,
A-staigh na bhroinn.

Luchag bheag bhòidheach,
Le ceithir casan crìn,
Sreapaidh i 'n t-eòrna
A ghoid an t-sìl.

"Càit a bheil an t-eòrna?
Càit a bheil an nead?
Sgob iad air falbh iad,
'S cha d' iarr iad mo chead."

Casan beaga, clise,
Ruith, ruith, ruith;
"Chan eil mise 'g iarraidh
M' fhàgail a-muigh."

A-steach don t-sabhal,
A' leantainn a sròin;
Fhuair an luchag pailteas
Coirc' agus eòrn'.

11-5-1 Mò, mò, mò

Penelope 2, faclan agus fonn le Ceana Chaimbeul



Mò-mò-mò, a' criomadh an fheòir,
Mò-mò-mò, a' cnàmh mo chìr,
Mò-mò-mò, deoch uisg' às an abhainn,
Is dhachaigh le bainne gu Màiri.

11-5-2 Tarbh

Lisa Storey

Tarbh mòr, garbh
A' tighinn na ruith,
Teich, teich, teich,
Cho luath ris a' ghaoith.

11-5-3 Tha bò is agh agam

Penelope 2 / traidiseanta



Tha bò is agh agam,
Làir is loth agam,
Tha bò is agh agam,
Dìreadh ri gleann.

11-5-4 Crodh-laoigh nam bodach

Traidiseanta / Caidil gu Sèimh

The musical score is written in treble clef with a key signature of two flats (B-flat and E-flat) and a 3/4 time signature. It consists of four staves of music. The first staff begins with a measure number '1'. The second staff begins with a measure number '6' and ends with the word 'Sèist'. The third staff begins with a measure number '10'. The fourth staff begins with a measure number '14' and ends with a double bar line and repeat dots. The melody is simple and consists of eighth and quarter notes.

Crodh-laoigh nam bodach,
Crodh-laoigh nam bodach,
Crodh-laoigh nam bodach,
Gan togail ri gleann.

*Ma tha, mo thogar,
Ma tha, mo thogar,
Ma tha, mo thogar,
Chan eil mo chrodh ann.*

Crodh-laoigh nam bodach,
Air feur 's air fodar;
Crodh-laoigh nam bodach,
Gan togail ri gleann.

11-5-5 Tha bò dhubh agam

Traidiseanta / Amhrain Anna Sheumais



Tha bò dhubh agam;
Tha bò dhubh bhuam;
Tha trì bà dubha
Sa bhruthaich ud shuas.

Tha trì bà dubha,
Tha trì bà ruaidh,
Tha trì bà dubha
Sa bhruthaich ud shuas.

Tha trì bà dubha,
Tha trì bà duinn,
Tha trì bà dubha,
Sa bhruthaich ud thall.

11-5-6 Crodh Chailein

Traidiseanta

1 Rann

7 Sèist

13

Sèist às dèidh gach rann

Gun tugadh crodh Chailein dhomh bairn' air an raon,
Gun chuman, gun bhuarach, gun luaircean, gun laogh.

*Crodh Chailein mo chridhe, crodh Chailein mo ghaoil,
Gun tugadh crodh Chailein dhomh bairn' air an fhraoch.*

Gun tugadh crodh Chailein dhomh bainne gu leòr
Air mullach a' mhonaidh gun duine nar còir.

Cha chaidil, cha chaidil, cha chaidil mi uair.
Cha chaidil mi idir, gus an tig na bheil uam.

11-5-7 Till an crodh, laochain

Traidiseanta / Do Ghinealach Eile

1 Sèist

5

9 Rann

13

*Till an crodh, laochain; gheibh thu bean ghaolach;
Till an crodh, laochain; gheibh thu bean bhòidheach;
Till an crodh, laochain; gheibh thu bean ghaolach;
Till an crodh, laochain; gheibh thu bean bhòidheach.*

Till an crodh, faigh an crodh; gheibh thu bhean bheadarrach,
Till an crodh, faigh an crodh; gheibh thu bhean bhòidheach.
Till an crodh, faigh an crodh; gheibh thu bhean bheadarrach,
Till an crodh, faigh an crodh; gheibh thu bhean bhòidheach.

11-5-8 A' bhanarach chaoin

Traidiseanta

Sèist agus rann

1

6

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*A hù a hò, dheoghail na laoigh,
A hù a hò, dheoghail na laoigh,
A hù a hò, dheoghail na laoigh,
A bhanarach chaoin, dheoghail an t-àl.*

O 's gile na gruth bainne nam bò,
O 's gile na gruth bainne nam bò,
O 's gile na gruth bainne nam bò,
A bhanarach chaoin, 's gil' thu na càch.

Buidhe mar òr cuailean mo ghaoil,
Buidhe mar òr cuailean mo ghaoil,
Buidhe mar òr cuailean mo ghaoil,
A bhanarach chaoin, 's tusa mo ghràdh.

M' ulaidh 's mo rùn cailin nam bò,
M' ulaidh 's mo rùn cailin nam bò,
M' ulaidh 's mo rùn cailin nam bò,
A bhanarach chaoin, m' ulaidh gu bràth.

11-5-9 Blàrag

Seinn Seo, faclan Dòmhnall Iain MacLeòid, fonn Ceana Chaimbeul



Bheir mi bainne blàth dhut, mò, mò, mò.
Cuiridh e am pathadh dhìot, mò, mò, mò.
Gheibh thu gruth is bàrr às, mò, mò, mò.
Gheibh thu sin o Bhlàrag, mò, mò, mò.

Sliob thusa Blàrag, mò, mò, mò.
Crath a-mach am feur dhomh, mò, mò, mò.
Bleoghain mi an uair sin, mò, mò, mò.
Is bheir mi bainne blàth dhut, mò, mò, mò.

Chaidh mi a Dhùn Èideann chun a' Highland Show,
Is fhuair mi a' chiad duais ann, mò, mò, mò.
Chì sibh air an teilidh mi, mò, mò, mò.
Is smèididh mi le m' earball, mò, mò, mò.

Chì mi Jimmy Saville, mò, mò, mò.
'S faighnichidh mi faod mi, mò, mò, mò,
Dhol air "Jim'll Fix It", mò, mò, mò,
A' sgitheadh air an uisge, mò, mò, mò.

11-6-1 Rabaid bheag bhòidheach le do chòta bian

Faclan **Caoran ann an Cliabh**, fonn Diog MacGillFhinnein / Cànan



Rabaid bheag bhòidheach le do chòta bian,
Do chluasan fada, biorach agus d' fhiaclan mòra, geur,
Nach dèan thu innse dhòmhsa 'n-dràst' cò ris a tha e coltach,
Bhith còmhnaidh ann an toll beag cruinn gun uinneag is gun dhoras?

Stad rium an-dràst' agus innsidh mi mar tha;
Bho uisge 's fuachd a' gheamhraidh, tha e fasgach blàth,
Is nuair bhios teas an t-samhraidh a' deàrrsadh air an talamh,
Bidh mise cofhurtail na sgàil an uair bhios càch nam fallas.

Air feasgar àlainn foghair is mi muigh a' gabhail cuairt,
Dh'fhaodadh gun tig sealgair le ghunna gu mo ruaig;
Is ged a chuireadh e a chù le cabhaig son mo ghlacadh,
Ruithidh mise steach dhan toll 's chan urrainn dha mo leantainn.

Is ged tha cuid a chanas nach eil mo dhachaigh spaideil,
Tha i freagarrach gu leòr son creutair dha mo shamhail;
'S an uair bhios uaislean mòr an t-saoghail ri ùpraid is ri strì,
Bidh mise na mo tholl beag fhìn cho sona ris an rìgh.

11-6-2 Horo Calum Coineanach

Trobhadaibh a-Steach

1 Sèist Deireadh

6 Rann Air ais dhan t-sèist

Horo Calum Coineanach,
A' ruith air feadh nam monaidhean;
Horo Calum Coineanach,
A' siubhal air a' mhòintich.

Cluasan fada 's còta bian -
Siud agaibh an coineanach;
Sùilean beaga 's fiaclan geur
Air gille beag na mòintich.

11-7-1 Uiseag bheag dhearg na mòna duibh

Seinn Seo

1 Sèist

5

9 Rann

13

*Uiseag bheag dhearg na mòna duibh,
Na mòna duibh, na mòna duibh,
Uiseag bheag dhearg na mòna duibh,
Càit na chaidil thu raoir san ì?*

Chaidil mi 'n raoir air bhàrr nan tonn,
Air bhàrr nan tonn, air bhàrr nan tonn;
Chaidil mi 'n raoir air bhàrr nan tonn,
Ach o! bha mo chadal cho sgèth!

*Uiseag bheag dhearg nan sgiathan òir,
Nan sgiathan òir, nan sgiathan òir,
Uiseag bheag dhearg nan sgiathan òir,
Càit na chaidil thu raoir san ì?*

Chaidil mi 'n raoir eadar dà dhuilleig,
Eadar dà dhuilleig, eadar dà dhuilleig;
Chaidil mi 'n raoir eadar dà dhuilleig,
Is ò! Bha mo chadal cho sèimh!

11-7-2 Robin Brù-dhearg (1)

Stèidhte air "The North Wind Doth Blow"



Tha a' ghaoth tighinn bho thuath;
Bidh sneachd ann is fuachd,
'S bidh Robin Brù-dhearg
Gun bhiadh, gun dìon.
Thèid e don bhàthaich
Son fois agus blàths,
'S an ceann aige crùbte sìos fo sgiath, fo sgiath
'S an ceann aige crùbte sìos fo sgiath.

11-7-2 Robin Brù-dhearg (2)

Stèidhte air "The North Wind Doth Blow".

An cumadh seo **Seinneamaid Còmhla**, air an fhonn àbhaisteach, ach ann am mion-ghleus.

Air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicIllÌosa

1
6
9

Tha a' ghaoth tighinn bho thuath;
Bidh sneachd ann is fuachd,
'S bidh Robin Brù-dhearg
Gun bhiadh, gun dìon.
Thèid e don bhàthaich
Son fois agus blàths,
'S an ceann aige crùbte sìos fo sgiath, fo sgiath
'S an ceann aige crùbte sìos fo sgiath.

11-7-3 An lon-dubh

Traidiseanta, aithnichte cuideachd mar "A' Bheairt Fhighe". Tha an cumadh seo dheth stèidhte air "A' Bheairt Fhighe" ann an **Còisir a' Mhòid 5**, An Comunn Gàidhealach 1953

The image shows a musical score for the song 'An lon-dubh'. It consists of seven staves of music, each starting with a measure number: 1, 5, 9, 13, 17, 21, and 25. The music is written in a single melodic line on a treble clef staff with a key signature of one flat (B-flat) and a time signature of 6/8. The melody is simple and folk-like, with a mix of eighth and quarter notes. There are repeat signs at the beginning of the second and sixth staves.

*Fuirich an-diugh gus a-màireach
Gràdh air an eiteagan àirinn hù ò
Gus an snìomh mi lèin' an t-snàth dhut
Bun a' chip, air a' chip, bun an ruid, air an ruid
Gràdh air an eiteagan àirinn hù ò
Fuirich an-diugh gus a-màireach*

*Gus an snìomh mi lèin' an t-snàth dhut
Gràdh air an eiteagan àirinn hù ò
Chuireadh an lion 's cha do dh'fhàs e!
Bun a' chip, air a' chip, bun an ruid, air an ruid
Gràdh air an eiteagan àirinn hù ò
Fuirich an-diugh gus a-màireach*

*Sgrìobhadh sìos am fonn air fad gus sealltainn
ciamar a thèid na faclan còmhla ris. 'S dòcha
gum biodh e feumail mothachadh gum bi na fa-
clan ann an 'italics' a' nochdadh grunn thursan,
agus fonn sònraichte ceangailte ri gach abairt.*

*Tha 'n dealg spàil aig Rìgh na Frainge
Tha bheart-fhighe 'n coille Phàdraig
Bun a' chip, air a' chip, bun an ruid, air an
ruid Eun beag air a nìd, seinnidh e làmh riut,
Beinn dubh, seinn dubh, o hò rò lon-dubh
Gràdh air an eiteagan àirinn hù ò
Fuirich an-diugh gus a-màireach*

11-7-4 Fhuair mi nead a' ghurra-gùg

Traidiseanta

The image shows a musical score for a traditional Scottish song. It consists of four staves of music in treble clef, with a key signature of one sharp (F#) and a common time signature (C). The first staff is labeled 'Sèist' and starts at measure 1. The second staff starts at measure 5. The third staff is labeled 'Rann' and starts at measure 9. The fourth staff starts at measure 13 and includes a triplet of eighth notes. The music is written in a simple, rhythmic style typical of traditional Scottish folk music.

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

Sèist

*Fhuair mi nead a' ghurra-gùg
Ann an cùl na mòna;
Fhuair mi nead a' ghurra-gùg
Ann an cùl na mòna;
Fhuair mi nead a' ghurra-gùg
Ann an cùl na mòna;
Agus nead an fhithich
An cridhe nead na smeòraich.*

1.
Fhuair mi nead aig breac an t-sìl
Aig ceann shìos na pàirce;
Cha robh dh'uibhean ann ach trì,
'S rinn mi fhìn am fàgail;
Beiridh i ceithir no còig;
Fòghnaidh siud de dh'àl dhi;
Cumaidh mi rithe biadh gu leòr,
Bidh na h-eòin gun dàil aic'.

2.

Fhuair mi nead an dreathain-duinn
Air taobh thall an lànain,
Gheibh mi staigh thuige air toll
Th' ann an ceann na bàthaich;
Bha deich uighean ann an-dè
Fad 's bu lèir dhomh 'n àireamh;
Bidh h-aon eile aic' le cinnt -
Thèid mi, 's chì mi màireach.

3.

Fhuair mi nead a' bhricein ghlais
Ann an clais bhuntàta,
Ceithir uighean ann, is eun -
Bheir mi biadh dha màireach;
Cha leig mise neach g' a chòir;
Ann am dheòin chan àill leam -
Biadhaidh mi uile na h-eòin;
Bidh an còrr gun dàil ann.

11-7-5 Cò a mharbh am brù-dhearg?

Stèidhte air "Who Killed Cock Robin"

"Cò a mharbh am brù-dhearg?"

"Mise," thuir an lon-dubh.

"Oidhche le ceò tiugh

Mharbh mis' am brù-dhearg."

"Cò chunnaic marbh e?"

"Mise," thuir an smeòrach.

"Droch ghnìomh neònach,

Chunnaic mise marbh e."

"Cò ghlac fhuil bhlàth?"

"Mise," thuir a' chuthag.

"Loma-làn cuinneig',

Ghlac mise fhuil bhlàth."

"Cò chladhaich uaigh?"

"Mise," thuir an dreathan.

"Le mo mhac is mo nighean,

Chladhaich sinn uaigh."

"Cò thog air falbh e?"

Dh'èigh corra-ghrithreach,

"Le mo ghob fada biorach

Thog mise air falbh e."

"Cò a nì a chaoineadh?"

"Mise," thuir an calman.

"Seinnidh mise marbhrann,

Nì mise a chaoineadh."

"Cò bhuaileas an glag?"

"Mise," thuir an eala.

"Le m' itean mòra geala

Buailidh mise an glag."

"Cò thèid air thoiseach?"

"Mise," thuir an trilleachan.

"Còmhla ri na dilleachdain,

Thèid sinne air thoiseach."

11-7-6 Aitiù! Aitiù (Tha an cnatan air Penelope)

Penelope, faclan le Pòl MacAonghais, fonn le Ceana Chaimbeul

1 Sèist Air ais gu Rann 1 as dèidh an turas mu dheireadh
Aitiù! Aitiù! Aitiù! Aitiù!

5 Rann 1 Deireadh

9 Rann 2 Air ais dhan t-sèist

13 Rann 3 Air ais dhan t-sèist

(Air an teip: tha a' chiad 's dàrna sèist agus rann air an cluich. Tha pongan air an cluich an àite 'aitiù', ach bu chòir dìreach fuaim sreathartaich a dhèanamh an seo.)

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann ach an rann mu dheireadh

Sèist

Aitiù! Aitiù! Tha 'n cnatan air Penelope,
Aitiù! Aitiù! Abair cnatan grànda.

1.

Fad an latha a' casadaich,
A' casadaich 's a' sreathartaich;
Fad an latha a' casadaich;
Abair cnatan grànda.

2.

Penelope bhoichd 's a ceann cho goirt,
A ceann cho goirt, a ceann cho goirt;
Penelope bhoichd 's a ceann cho goirt
Is làn a cinn den fhuachd aic'."

3.

Penelope bhoichd 's a h-amhach goirt,
A h-amhach goirt, a h-amhach goirt,
Penelope bhoichd 's a h-amhach goirt,
Leis na rinn i dh'èigheach.

4.

Fad an latha a' casadaich,
A' casadaich 's a' sreathartaich;
Fad an latha a' casadaich;
Abair cnatan grànda.

11-8-1 Gog, gog, gog

Penelope

1

5 Deireadh

9

13 Air ais dhan toiseach

*Cha leigear a leas leantainn ro dhlùth air a' cheòl sgrìobhte airson 'gog gog',
ach dìreach fuaim mar choileach a dhèanamh.*

*Gog, gog gog gog, gog gog, è,
Gog, gog gog gog, gog gog, à,
Gog, gog gog gog, gog gog, è,
Ugh mòr, ruadh on chirc bhàin.*

*Ugh mòr, ruadh on chirc bhàin,
'S ugh beag, bàn on tè ghlais,
'S iomadh fear a rug iad riamh,
Thall san fheur no sa chlais.*

*Gog, gog gog gog, gog gog, è,
Gog, gog gog gog, gog gog, à,
Gog, gog gog gog, gog gog, è,
Ugh mòr, ruadh on chirc bhàin.*

11-8-2 Rug, rug, rug a dhà

Penelope / traidiseanta

Rug, rug, rug a dhà,
Rug, rug, rug a dhà,
Gog gog, gog gog gog, gog gog, gò-ag,
Beiridh mise h-uile latha,
'S cha bheir an crodh-laoigh.

11-8-3 Is mise an coileach

Caoran ann an Cliabh / Eòin is Ainmhidhean, air fonn "The Hen's March to the Midden"

1 Rann

5

9 Sèist

15

Is mise an coileach, tha mo ghuth cho làidir cruaidh
Gad dhùsgadh anns a' mhadainn nuair a bhios tu na do shuain.
Èirich air do chasan; tha sinn uile 'g iarraidh biadh;
Èirich air do chasan, tha mi 'g ràdh riut!

*Gog gog gog gog, gog gog gog à ag!
Gog gog gog gog, gog gog gog à ag!
Gog gog gog à ag! Gog gog gog à ag!
Èirich air do chasan, tha sinn uile 'g iarraidh biadh;
Èirich air do chasan, tha mi 'g ràdh riut!*

11-8-4 A' bhothag chearc ùr

Fonn Ceana Chaimbeul

The image shows a musical score for a piece titled "11-8-4 A' bhothag chearc ùr" by Fonn Ceana Chaimbeul. The score is written in treble clef with a 6/8 time signature. It consists of five staves of music. The first staff is labeled "1 Rannan 1 & 2". The second staff is labeled "5 Deireadh". The third staff is labeled "9 Rann 3 gus an deireadh". The fourth staff is labeled "13". The fifth staff is labeled "17". The music features a mix of eighth and sixteenth notes, with some rests and a final cadence on the last staff.

(Air an teip: chan eil a' chiad dà loidhn' air an cluich ach aon turas.)

"Gog-a-rì-a-rù", ars an coileach,
"Seall air a' bhothaig,
"Gog-gàg, gog-gàg."
Ars a' chearc bhàn, "Taigh brèagha geal."

"Gog-a-rì-a-rù", ars an coileach,
"Le doras is uinneag,
"Gog-gàg, gog-gàg."
Ars a' chearc riabhach, "Nach i tha brèagha!"

"Gog-a-rì-a-rù", ars an coileach,
"Le bogs' agus spiris,
"Gog-gàg, gog-gàg."
Ars a' chearc dhubh, "Beiridh mi ugh."

"Gog-ar ì-arù," ars an coileach.
"Is toigh leam a' bhothag!"

11-9-1 Ionsaidh Uoinsaidh

Seinneamaid Còmhla, air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicIllÌosa
bho "Incy Wincy Spider", air fonn "Castles in the Air"

Gu fuasgailte



Le gnìomhan a rèir nam faclan ma thogras sibh

Ionsaidh Uoinsaidh damhan-allaidh
Seall e streapadh 'n àird a' bhalla
Sìos, sìos, shil am fras
Is sguab e 'n damhan-allaidh às.

Suas, suas, seall a' ghrian
Ciogail a-mach os cionn nan neul
Ionsaidh Uoinsaidh damhan-allaidh
Seall e streapadh suas a-rithist.

11-9-2 A ghobhachain luidich

Seinneamaid Còmhla, air eadar-theangachadh le Anna Lathama NicIllÌosa
bho "Ladybird Ladybird", air fonn "Pussycat Pussycat" (faic 11-3-4)

The image shows a musical score for a song. It consists of four staves of music, each starting with a measure number: 1, 6, 10, and 14. The music is written in a treble clef with a key signature of three flats (B-flat, E-flat, A-flat) and a 3/4 time signature. The melody is simple and consists of eighth and quarter notes. The first staff starts with a treble clef, a key signature of three flats, and a 3/4 time signature. The second staff starts with a measure number 6. The third staff starts with a measure number 10. The fourth staff starts with a measure number 14 and ends with a double bar line.

A ghobhachain luidich
Greas dhachaigh gun dàil.
Tha do bhothan na theine
'S do theaghlach an càs.
Ach tha Màiri do nighean bheag
Sàbhailt gu leòr.
Falach leatha fhèin
Fon phoit thrì-chasaich mhòir.

12. Aotrom



12-1 Cairistìona Chaimbeul

Traidiseanta

1 Sèist

5

9 Rann

13

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann ach an rann mu dheireadh

*Tha i tighinn air an rathad, Cairistìona Chaimbeul;
Tha i tighinn air an rathad, Cairistìona Chaimbeul;
Tha i tighinn air an rathad, Cairistìona Chaimbeul;
Cairistìona, Ciorstaidh Anna, Cairistìona Chaimbeul.*

*Tha i bòidheach 's tha i laghach, Cairistìona Chaimbeul;
Tha i bòidheach 's tha i laghach, Cairistìona Chaimbeul;
Tha i bòidheach 's tha i laghach, Cairistìona Chaimbeul;
'S cuimir dìreach anns an ruidhl' i; 's cinnteach anns an danns' i.*

*'S math leinn i bhith tigh'nn 'an bhaile, Cairistìona Chaimbeul;
'S math leinn i bhith tigh'nn 'an bhaile, Cairistìona Chaimbeul;
'S math leinn i bhith tigh'nn 'an bhaile, Cairistìona Chaimbeul;
Nì sinn cèilidh a bhios èibhinn 's bidh i fhèin toirt rann dhuinn.*

12-2 Sùilean Dubha

Traidiseanta / Muir agus Tìr

The musical score is written in 6/8 time and consists of four staves. The first staff is marked '1 Sèist'. The second staff is marked '5 Deireadh'. The third staff is marked '9 Rann'. The fourth staff is marked '13 Air ais dhan t-sèist'. The music is written in a single melodic line on a treble clef staff.

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Sùilean dubha, dubha, dubh',
Sùilean dubh aig m' eudail,
Sùilean dubha, dubha, dubh',
Cuin a thig thu chèilidh?*

Cha tèid mise mach a-nochd,
Cha tèid mise chèilidh,
Cha tèid mise mach a-nochd,
Is dùil agam ri m' eudail.

Cnocan beag a-muigh an sin
Ceòl as binn à teudan
Cnocan beag a-muigh an sin
Cò bhios ann ach m' eudail?

12-3 O luaidh

Traidiseanta

Sèist agus rann

1

7

13

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*O luaidh 's truagh nach deachaidh sinn;
E luaidh, 's truagh nach deachaidh sinn,
O gura truagh a' cheist a luaidh,
Nach robh mi san uaigh mun d' fhuair mi sealladh ort,
O luaidh.*

Chunna mi thall sa bheinn a' gearradh i,
Gruagach òg is chòrd a pearsa rium;
Theann mi null 's gun deach mi dhi dlùth
'S bha maise na gnùis a dh'ùraich leannanachd,
O luaidh.

An tèid thu leam do thìr nam monaidhean,
Tìr nam fiadh, nan earb 's nan coineanach,
Tìr nan sliabh 's ann ann bha thu riamh,
'S gun ith thu do bhiadh le sgithinn is greimire,
O luaidh.

Nan robh peann is pàipear geal agam
Sgrìobhainn dhut sìos mo chainnt le barantas;
Cùmhnantan teann gam fuasgladh on chlàir,
'S ma dh'fhalbhas tu fhèin chan fheum thu d' fharadh ann,
O luaidh.

12-4 An cluinn thu, Iain?

Traidiseanta



An cluinn, an cluinn, an cluinn thu, Iain?
An cluinn, an cluinn, an cluinn thu, Iain?
An cluinn, an cluinn, an cluinn thu, Iain?
A' chuthag sa choill 's an oidhche tighinn,
O tha.

O tha, o tha, o tha, o thì,
O tha, o tha, o tha, o thì,
O tha, o tha, o tha, o thì,
Tha rionnag na dùisg, 's a sùil a' priobadh,
O tha.

O tha, o tha, o tha, o thì,
O tha, o tha, o tha, o thì,
O tha, o tha, o tha, o thì,
Dèan cadal, a ghràidh, 's do mhàthair sgìth,
O tha.

12-5 An tèid thu leam, a Mhàiri?

Traidiseanta / **Muir agus Tìr**

Sèist agus rann



Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*An tèid thu leam, a Mhàiri,
An tèid thu leam, a Mhàiri,
An tèid thu leam, a Mhàiri dhonn,
Gu tìr nam beanntan àrda?*

Tha crodh againn air àirigh
Is laoigh an cois am màthar,
Tha sin againn is caoraich mhaol'
Air aodann nam beann àrda.

Dh'aithnichinn fhìn do bhàta
Sìos mu Rubh' na h-Àirde,
Brèidean geala anns an t-seòl,
Is clann MhicLeòid gan càradh.

Bidh agad èideadh blàth-ghlan
Is breacan mìn mu d' bhràighe;
Cha tèid thu mach gun ghille 's each,
'S bidh h-uile neach riut càirdeil.

12-6 A ghaoil, saoil am faigh mi thu

Traidiseanta

The image shows a musical score for a traditional Scottish song. It consists of two staves of music in 2/4 time, with a key signature of one flat (B-flat). The first staff is labeled 'Sèist' at the beginning and 'Deireadh' at the end. The second staff is labeled 'Rann' at the beginning and 'Air ais dhan t-sèist' at the end. The music is written in a single treble clef.

(Air an teip: am fonn air fad agus an uair sin a' chiad loidhn' a-rithist.)

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann ach an rann mu dheireadh

*A ghaoil, saoil am faigh mi thu?
'S e d' fhaighinn dhèanadh slàn mi,
A ghaoil, saoil am faigh mi thu?*

Cha ghabh mi fhìn an tàillear,
Cha ghabh, cha ghabh, chan àill leam.

Cha ghabh mi fhìn an ceannaiche.
Bidh ealach de chuid chàich air.

Cha ghabh mi fhìn an tuathanach,
Bidh ruaig airson a' mhàil air.

Ach 's e mo ghaol an seòladair
Air long nam mòr-chrann àrda.

12-7 Ho rì, ho rò, mo nìonag

Traidiseanta

Sèist agus rann

1

7

13

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Ho rì, ho rò, mo nìonag,
Ho rì, ho rò, mo nìonag,
Ho rì, ho rò, mo nìonag,
Gu dè nì mi mur faigh mi thu?*

Nam faicinn air an fhèill thu
An Glaschu no 'n Dùn Èideann,
Bu tu mo roghainn cèile
Bho èirigh grèin' gu laigheadh i.

Nam faicinn air an tràigh thu
'S am muir an dèidh do bhàthadh,
Gun togainn bhon an làn thu
'S chan fhàginn fon an fheamainn thu.

Bha mi uair dham shaoghal
'S a ghaoil, gur beag a shaoilinn
Bhith 'm bothan beag nan caorach,
'S a' ghaoth ri toirt nan sgrathan dheth.

12-8 Chan eil mo leannan ann an seo

Traidiseanta

The image shows a musical score for a traditional Scottish song. It consists of four staves of music in treble clef, with a key signature of two sharps (D major) and a 2/4 time signature. The first staff is labeled '1' and 'Rann'. The second staff is labeled '6' and 'Sèist'. The third staff is labeled '10' and the fourth '14'. The music is a simple melody with eighth and quarter notes.

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

Chan eil mo leannan ann an seo;
Cha robh e raoir 's cha bhi e nochd;
Chan eil mo leannan ann an seo,
No fear a thogas m' inntinn.

*'S i ò al ò al ai di um,
'S i ò al ò al ai di um,
'S i ò al ò al ai di um,
'S i ò al am 's i abhram.*

Caolas eadar mi 's mo luaidh,
Caolas eadar mi 's mo luaidh,
Caolas eadar mi 's mo luaidh,
Is cuan eadar mi 's m' annsachd.

Dh'ith thu 'n gruth is dh'òl thu 'm bàrr;
Dh'ith thu 'n gruth is dh'òl thu 'm bàrr;
Dh'ith thu 'n gruth is dh'òl thu 'm bàrr;
Is dh'ith thu càis' an t-sàmhraidh.

O thèid 's gun tèid sinn cuairt;
O thèid 's gun tèid sinn cuairt;
O thèid 's gun tèid sinn cuairt;
'S ann dhan a' Bhruaich as t-samhradh.

12-9 I bhì a-da

Traidiseanta

1 Rann 1

5 Rann 2

9 Rann 3

I bhì a-da ù-bha ìotal-anna,
I bhì a-da adal ìodal ù-bha,
I bhì a-da ù-bha ìotal-anna,
I bhì a-da adal ìodal ù-bha.

'S ioma rud a chunna mi,
'S ioma rud a rinn mi,
'S ioma rud a chunna mi,
Muigh air feadh na h-oidhche.

Chunna mi na piseagan,
Na piseagan, na piseagan,
Chunna mi na piseagan
Air spiris fhad an t-saighdeir.

12-10 Far am bi mi fhìn

Traidiseanta

1 Sèist

5 Deireadh

9 Rann

13 Rann

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Far am bi mi fhìn is ann a bhios mo dhòchas,
Far am bi mi fhìn is ann a bhios mo dhòchas,
Far am bi mi fhìn is ann a bhios mo dhòchas,
Far am bi mi fhìn bidh mo dhòchas ann.*

Siubhal air na cladaichean 's a' coiseachd air a' ghainmhich,
Siubhal air na cladaichean 's a' coiseachd air a' ghainmhich,
Siubhal air na cladaichean 's a' coiseachd air a' ghainmhich,
Far am bi mi fhìn bidh mo dhòchas ann.

Thèid mi fhìn is Sìne null gu taigh a' phìobair',
Thèid mi fhìn is Sìne null gu taigh a' phìobair',
Thèid mi fhìn is Sìne null gu taigh a' phìobair',
'S nì sinn brod an ruidhle leinn fhìn air an làr.

Fhuair mi fios bho Shìne gu robh tromb is cìr aic',
Fhuair mi fios bho Shìne gu robh tromb is cìr aic',
Fhuair mi fios bho Shìne gu robh tromb is cìr aic',
Ged a bhiodh gach pìobair' is fìdhlear nan tàmh.

12-11 A-null thar nan eileanan

Traidiseanta / Muir agus Tìr

The image shows a musical score for the song 'A-null thar nan eileanan'. It consists of five staves of music in treble clef, with a key signature of three sharps (F#, C#, G#) and a 2/4 time signature. The music is written in a simple, folk-like style with eighth and sixteenth notes. The staves are numbered 1, 8, 14, 20, and 27, indicating the start of each line of music. The piece ends with a double bar line and repeat dots.

A-null thar nan eileanan dh'Ameireagaidh gun tèid sinn;
A-null thar nan eileanan dh'Ameireagaidh gun tèid sinn;
A-null thar nan eileanan dh'Ameireagaidh gun tèid sinn;
A-null rathad Shasainn agus dhachaigh rathad Èireann.

'S e siud am port a bh' againne dol seachad air Dùn Èideann,
'S e siud am port a bh' againne dol seachad air Dùn Èideann,
'S e siud am port a bh' againne dol seachad air Dùn Èideann,
A-null rathad Shasainn agus dhachaigh rathad Èireann.

Tha pìoban gan spreigeadh agus feadanan gan gleusadh,
Tha pìoban gan spreigeadh agus feadanan gan gleusadh,
Tha pìoban gan spreigeadh agus feadanan gan gleusadh,
A h-uile fear le it' na bhonaid, sporan air is fèileadh.

B' e siud na gillean togarrach, b' e siud na gillean èibhinn,
B' e siud na gillean togarrach, b' e siud na gillean èibhinn,
B' e siud na gillean togarrach, b' e siud na gillean èibhinn, B' e
siud na gillean sgiobalta is b' iullagach an ceuman.

12-12 A' bhean a bh' aig an tàillear chaol

Traidiseanta

The image shows a musical score for a traditional Scottish tune. It consists of four staves of music in G minor (one flat) and 12/12 time. The first staff starts at measure 1 and ends at measure 5, marked 'Sèist' (cease). The second staff starts at measure 6 and ends at measure 10, marked 'Deireadh' (end). The third staff starts at measure 10 and ends at measure 14, marked 'Rann' (strain). The fourth staff starts at measure 14 and ends at measure 18, marked 'Air ais dhan t-sèist' (back to the end). The score includes various musical notations such as treble clef, common time signature, and triplet markings.

*A' bhean a bh' aig an tàillear chaol,
Thug an t-aog an ceann dith,
A' bhean a bh' aig an tàillear chaol,
Thug an t-aog an ceann dith,
A' bhean a bh' aig an tàillear chaol,
Thug an t-aog an ceann dith,
A' bhean a bh' aig an tàillear chaol,
Thug an t-aog an ceann dith.*

*A' bhean a bh' aig an tàillear chaol,
Thug an t-aog an ceann dith,
Thug an t-aog na casan agus
Thug an cat an ceann dith.
A' bhean a bh' aig an tàillear chaol,
Thug an t-aog an ceann dith;
Thug an t-aog na casan agus
Thug an cat an ceann dith.*

12-13 Ruidhleadh na coilich dhubha

Traidiseanta

The image shows two staves of musical notation. The first staff is labeled 'Sèist' and starts with a treble clef, a key signature of two sharps (F# and C#), and a common time signature. It contains a melody of eighth and quarter notes. The second staff is labeled 'Rann' and starts with a treble clef, the same key signature, and a common time signature. It contains a melody of eighth and quarter notes, starting on the fifth line of the staff. Both staves end with a double bar line and repeat dots.

*Ruidhleadh na coilich dhubha
'S dhannsadh na tunnagan;
'S ruidhleadh na coilich dhubha
Air a' bhruthach bhòidheach.*

Gheibh thu aran agus ìm,
'S càise na banaraich;
Gheibh thu aran agus ìm,
Agus bainne bhò ann.

12-14 Mòrag bheag Nighean Mhurchaidh an t-Saoir

Traidiseanta

The image shows a musical score for a traditional Scottish song. It consists of four staves of music in treble clef, with a key signature of three sharps (F#, C#, G#) and a common time signature (C). The first staff is labeled '1' and 'Sèist'. The second staff is labeled '5'. The third staff is labeled '9' and 'Rann'. The fourth staff is labeled '13'. The music is written in a simple, melodic style with various note values and rests.

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Mòrag bheag, nighean Mhurchaidh an t-Saoir,
'S aotrom a dh'fhalbh i, 's aotrom a dh'fhalbh i,
Mòrag bheag, nighean Mhurchaidh an t-Saoir,
'S aotrom a dh'fhalbh i a phòsadh.*

Dè nì mi ma shèideas a' ghaoth,
'N oidhche mus falbh sinn, 'n oidhche mus falbh sinn?
Dè nì mi ma shèideas a' ghaoth,
'N oidhche mus falbh sinn a phòsadh?

'S ann thèid mise le mo ghaol
Gu Caimbeulach Ùige, gu Caimbeulach Ùige,
'S ann thèid mise le mo ghaol
Gu Caimbeulach Ùige a phòsadh.

Dheighinn leat a Mhiabhaig an Ùig,
Ged a bhiodh e anmoch, ged a bhiodh e anmoch;
Dheighinn leat a Mhiabhaig an Ùig,
Ged a bhiodh e anmoch is ceò ann.

12-15 Màiri Ruadh a' dannsadh

Art MacCarraig, clàr "Ruith na Gaoithe"*, air a sgrìobhadh le Blàr Dùbhghlas

The musical score is written in treble clef with a key signature of one sharp (F#) and a common time signature (C). It consists of six staves of music. The first staff is labeled '1 Sèist' and ends with a double bar line. The second staff is labeled '6 Aon uair eil air an t-sèist mu dheireadh' and ends with a double bar line. The third staff is labeled '10 Rann 1' and ends with a double bar line. The fourth staff is labeled '14 Air ais dhan t-sèist' and ends with a double bar line. The fifth staff is labeled '18 Rann 2' and ends with a double bar line. The sixth staff is labeled '22 Air ais dhan t-sèist' and ends with a double bar line.

(Air an teip: tha sèist,
a' chiad rann, agus
sèist eile air an cluich.)

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann
Bidh Màiri Ruadh a' dannsadh a-nochd,
Dannsadh gu madainn mhoich;
Bidh Màiri Ruadh a' dannsadh a-nochd,
Nuair chluinneas i 'n druma bualadh.

Diluain, Dimàirt, Diciadain, Diardaoin,
Obair thràilleil, 's obair chruaidh,
Ach nuair a thig oidhche Dhihaoin'
Bidh Màiri Ruadh a' dannsadh.

Coma leat leabaidh, 's coma leat sìth;
Tha ceòl nar n-anam 's ceòl nar cridh',
'S leanaidh sinn dlùth tro shràidean Phort Rìgh
Cas-cheum a' chòmhlain.

Gleus a' phìob 's gleus an fhidheall,
Caismeachd, 's ruidhle, 's puirt chridheil:
Sìos tron bhaile bidh sinn a' triall
Is Màiri Ruadh a' dannsadh.

* air ath-riochdachadh an seo le
cead coibhneil bho 'Temple Records'

12-16 Hò o rò, 'ille bhig

Traidiseanta / faclan le Niall MacDhòmhnail, fonn le Alasdair MacCoinnich

1 Sèist Deireadh

7 Rann Air ais dhan t-sèist

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Hò o rò, 'ille bhig,
'Ille bhig bhòidhich,
Hò o rò, 'ille bhig.*

Thèid sinn chun na bainnse;
Bidh cainntearachd is ceòl ann.

Thèid sinn chun na laimrig,
Bidh bàtaichean a' seòladh.

Thèid sinn chun na buaile,
Bidh crodh is laoigh òg' ann.

Thèid sinn chun an aonaich,
Bidh cearcan fraoich sna frògan.

Thèid sinn chun na tràghad,
Is ruithidh sinn gun bhrògan.

12-17 Màiri bheag bhàn

Muir agus Tìr

1
5
9
13

Màiri bheag bhàn na suidh' air an làr,
Na suidh air an làr, na suidh air an làr,
Màiri bheag bhàn na suidh air an làr,
'S i rànaid seach nach do phòs i.

Thugaibh i 'n-dràst, cluinnibh na ràin,
Ag iorram gun tàmh, ag iorram gun tàmh;
Thugaibh i 'n-dràst; cluinnibh na ràin.
A Mhàiri, 's tusa tha gòrach.

12-18 Mhic Iarla nam Bratach Bàna

Traidiseanta



A' lùbadh ruith an fhuinn a rèir faclan gach rann.

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Hì illein beag hò ill o rò,
Hì illein beag hò ill o rò,
Hì illein beag hò ill o rò,
Hù o rinn o hù o eile.*

Mhic Iarla nam Bratach Bàna,
Mhic Iarla nam Bratach Bàna,
Mhic Iarla nam Bratach Bàna,
Chunnaic mi do long air sàile.

Chunnaic mi do long air sàile; x3
Bha stiùir òir oirr' 's dà chrann airgid.

Bha stiùir òir oirr' 's dà chrann airgid, x3
'S cuplaichean de shìoda na Gailmhinn.

'S cuplaichean de shìoda na Gailmhinn, x3
Sìoda reamhar ruadh na Spàinne.

Sìoda reamhar ruadh na Spàinne, x3
Cha b' ann an Glaschu a bha e.

Cha b' ann an Glaschu a bha e; x3
No 'n Dùn Bheagain 's beag on làr e.

No 'n Dùn Bheagain 's beag on làr e, x3
No 'n Dùn Tuilm nam Bratach Bàna.

12-19 Càl nam Bodach Gallda (Siud mar chaidh an càl a dholaidh)

Traidiseanta, air fonn 'The Haughs of Cromdale'



Siud mar chaidh an càl a dholaidh;
Laigh a' mhin air màs a' choire;
Siud mar chaidh an càl a dholaidh,
Air na bodaich Ghallda.

Air dhuinn greis air gabhail òran,
'S tacan eil' air sgeulan gòrach,
Chuir Rob Cam a' phìob an òrdugh,
'S thòisich cuid ri dannsadh.

Staigh oirnn thàinig bean an taighe,
Leis gach tè a bha aig baile,
Nighean òg is seann chailleach,
'S iad a' togradh dannsadh.

Nuair bha 'n ùpraid dol an dèinead,
'S caitein 'g èirigh air na dèilean,
Ràinig fear an taighe fhèin,
Le buidheann bhodach Gallda.

Air an claidh le sgìths is acras,
Fad an latha gun dad aca;
B' olc an nì air tighinn dhachaigh,
'N càl a bhith air chall dhaibh.

Throd am fear ri mhnaoi gu sgraingeil;
Fhreagair ise cheart cho searbh ris,
"Bhodaich mhùgaich, cùm do theanga,
'S caisg air ball do dhrannan."

"S beag orm thu, a bhodaich ghrànda,
Seach bhith cleasachd measg nan Gàidheal,
Ceòl na pìoba, cainnt na Gàidhlig!
Siud iad riamh a b' anns' leam."

12-20 Nam biodh agam trusdar bodaich

Traidiseanta

The image shows a musical score for a traditional Scottish song. It consists of four staves of music in G major (one flat) and common time. The first staff is labeled '1' and 'Sèist'. The second staff is labeled '5'. The third staff is labeled '9' and 'Rann'. The fourth staff is labeled '13'. The music is written in a simple, folk style with a mix of eighth and sixteenth notes.

*Nam biodh agam trusdar bodaich, bhogainn anns an allt e;
Nam biodh agam trusdar bodaich, bhogainn anns an allt e;
Nam biodh agam trusdar bodaich, bhogainn anns an allt e
'S mur biodh e glan nuair bheirinn às e
Bhogainn rithist ann e.*

Thogainn e; bhogainn e, gum bogainn anns an allt e;
Thogainn e; bhogainn e, gum bogainn anns an allt e;
Thogainn e; bhogainn e, gum bogainn anns an allt e,
'S mur biodh e glan nuair bheirinn às e,
Bhogainn rithist ann e.

12-21 Buain na rainich

Traidiseanta

1 Sèist

5 Deireadh

9 Rann

13 Air ais dhan t-sèist

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Tha mi sgìth 's mi leam fhìn,
Buain na rainich, buain na rainich;
Tha mi sgìth 's mi leam fhìn,
Buain na rainich daonnan.*

Cùl an tomain, bràigh an tomain,
Cùl an tomain bhoidhich,
Cùl an tomain, bràigh an tomain,
H-uile latha nam onar.

'S tric a bha mi fhìn 's mo leannan
Anns a' ghleannan cheòthar,
'G èisdeachd còisir bhinn an doire
Seinn sa choille dhòmhair.

12-22 Thèid mo luran

Traidiseanta



Thèid mo luran bhuain a' mhurain;
Thèid mo luran chun na h-àirigh;
Thèid mo luran bhuain a-mhàin;
Falbhaidh e 'n-diugh 's thig e màireach.

M' ulaidh, m' ulaidh, m' ulaidh agam,
M' ulaidh agam, ghaoil do mhàthar,
Dèan an cadal air mo ghlùinean;
Dùin do shùilean 's mi gad thàladh..

12-23 Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn

Traidiseanta

Sèist agus rann

5

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn
Dh'eilean mara fada bho thìr.*

'S toigh le Uilleam Anna againn fhìn
'S toigh le Uilleam Anna againn fhìn
'S toigh le Uilleam Anna againn fhìn
'S toigh le Ruairidh gruagach a' chruidh.

'S toigh le Ailean bean an fhuilt dhuinn,
'S toigh le Ailean bean an fhuilt dhuinn,
'S toigh le Ailean bean an fhuilt dhuinn,
'S toigh le Ruairidh buaile chrodh-laoigh.

12-24 'S ann an Ìle

Traidiseanta



Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*'S ann an Ìle, 'n Ìle, 'n Ìle,
'S ann an Ìle rugadh mi,
'S ann an Ìle, 'n Ìle, 'n Ìle,
'S ann an Ìle bhòidheach.*

'S ann an Ìle bhòidheach
A rugadh mi 's a thogadh mi;
'S ann an Ìle bhòidheach
A rugadh mi 's a bha mi.

'S ann an Ìle ghorm an fheòir
A rugadh mi 's a thogadh mi;
'S ann an Ìle ghorm an fheòir
A rugadh mi 's a bha mi.

Nuair a bha mi ann an Ìle
Bha Catriona cuide rium;
Nuair a bha mi ann an Ìle
Bha Catriona còmh' rium.

A-measg nam bruachan bòidheach, buidhe,
Bha Catriona cuide rium,
A-measg nam bruachan bòidheach, buidhe,
Bha Catriona còmh' rium.

12-25 Dh'fhalbh an triùir Mhòragan

Traidiseanta / Seo Sinn



Dh'fhalbh an triùir Mhòragan;
Dh'fhalbh an triùir Mhòragan;
Chaidh an triùir dhan a' bhùth
Leis an triùir dhròbhairean.

Dh'fhalbh an triùir Annaichean;
Dh'fhalbh an triùir Annaichean;
Chaidh an triùir dhan a' bhùth
Leis an triùir cheannaichean.

Dh'fhalbh an triùir Mhàiri-ean;
Dh'fhalbh an triùir Mhàiri-ean;
Chaidh an triùir dhan a' bhùth
Leis an triùir thàillearan.

12-26 Oidhche mhath leibh

Le Iain MacPhàidein

Sèist

Deireadh

Rann

Air ais dhan t-sèist

*Soraidh leibh is oidhche mhath leibh;
Oidhche mhath leibh; 's beannachd leibh.
Guidheam slàinte ghnàth bhith mar ribh;
Oidhche mhath leibh; 's beannachd leibh.*

Chan eil inneal-ciùil a ghleusar
Dhùisgeas smuain mo chlàibh gu aoibh,
Mar nì duan o bheòil nan caileag;
Oidhche mhath leibh; 's beannachd leibh.

*Soraidh leibh is oidhche mhath leibh;
Oidhche mhath leibh; 's beannachd leibh.
Guidheam slàinte ghnàth bhith mar ribh;
Oidhche mhath leibh; 's beannachd leibh.*

13. Aimsir

13-1 Uisge

13-2 Fuar

13-3 Ràithean

13-4 Grian

13-5 Bodach-sneachda



13-1-1 Latha fliuch (1)

Penelope, fonn Ceana Chaimbeul



Latha fliuch, fliuch, fliuch,
Chan fhaigh sinn a-mach a chluich
Latha fliuch, fliuch, fliuch,
Latha fliuch a-muigh.

Uisge mòr, mòr, mòr,
Uisge mòr, mòr, mòr,
Uisge mòr, mòr, mòr,
Uisge mòr a-muigh.

13-1-1 Latha fliuch (2)

Faclan **Penelope**, am fonn seo **Dè Thuir Thu?** / Alasdair Codona
(Gheibhear fonn eile cuideachd ann an **Uisge**). Faic 13-3-1 cuideachd



Latha fliuch, fliuch, fliuch,
Chan fhaigh sinn a-mach a chluich
Latha fliuch, fliuch, fliuch,
Latha fliuch a-muigh.

Uisge mòr, mòr, mòr,
Uisge mòr, mòr, mòr,
Uisge mòr, mòr, mòr,
Uisge mòr a-muigh.

13-1-2 Tha mo chòta bog fliuch (1)

Penelope, fonn Ceana Chaimbeul




Tha mo chòta bog fliuch
Tha mo bhrògan bog fliuch
Tha mo chasan bog fliuch
Fliuch leis an uisge.

Tiormaich fhèin do chòta fliuch
Tiormaich fhèin do bhrògan fliuch
Tiormaich fhèin do chasan fliuch
Tiormaich aig an stòbh iad.

13-1-2 Tha mo chòta bog fliuch (2)

Faclan **Penelope**, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** stèidhte air “Twinkle Twinkle Little Star”



Tha mo chòta bog fliuch
Tha mo bhrògan bog fliuch
Tha mo chasan bog fliuch
Fliuch leis an uisge.

Tiormaich fhèin do chòta fliuch
Tiormaich fhèin do bhrògan fliuch
Tiormaich fhèin do chasan fliuch
Tiormaich aig an stòbh iad.

13-1-3 Splis splais

Uisge



1.
Splis! Splais! Cuir ort do bhòtannan,
Tha e fliuch an-diugh.
Splis! Splais! Cuir ort do bhòtannan,
Tha e fliuch an-diugh.

Tha an t-uisge air an uinneig,
Pitter, patter, pitter, patter,
Tha an t-uisge air an uinneig,
Fad an latha an-diugh.

2.
Splis! Splais! Cuir ort do bhonaid,
Tha e fliuch an-diugh.
Splis! Splais! Cuir ort do bhonaid,
Tha e fliuch an-diugh.

Tha an t-uisge air an doras
Pitter, patter, pitter, patter,
Tha an t-uisge air an doras,
Fad an latha an-diugh.

3.
Splis! Splais! Cuir ort do sheacaid,
Tha e fliuch an-diugh.
Splis! Splais! Cuir ort do sheacaid,
Tha e fliuch an-diugh.

Tha an t-uisge air an talamh,
Pitter, patter, pitter, patter,
Tha an t-uisge air an talamh,
Fad an latha an-diugh.

4.
Splis! Splais! Cuir ort do mhiotagan,
Tha e fliuch an-diugh.
Splis! Splais! Cuir ort do mhiotagan,
Tha e fliuch an-diugh.

Tha an t-uisge air an uinneig
Pitter, patter, pitter, patter,
Tha an t-uisge air an uinneig,
Fad an latha an-diugh.

13-1-4 Ri plumadaich (Tha bòtannan is còta orm)

Uisge, air fonn “A Pair of Nicky Tams”

1
6
10
14

Tha bòtannan is còta orm
'S tha 'n t-uisge mòr a-muigh
Tha spòrs agam sna lònntean seo
Mi fhìn 's an cù ri cluich.
'S caomh leam bhith ri plumadaich
Ged bhithinn gu math fliuch
Chan iarr mi steach a bhroinn an taigh'
Gun tig an oidhch' a-nochd.

13-1-5 Uisge fuar

Penelope 2, faclan Ceana Chaimbeul



Uisge fuar, fuar, fuar,
Uisge fuar air mo cheann,
Uisge fuar, fuar, fuar,
'S e 'n geamhradh a th' ann.

Uisge mìn, mìn, mìn,
Uisge mìn air mo cheann,
Uisge mìn, mìn, mìn,
'S e 'n samhradh a th' ann.

Faic 13-3-1 cuideachd

13-1-6 Cò mi? (Tha mi anns a' mhuir)

Uisge / Am Bodach Beag Annasach, faclan agus fonn le Ceana Chaimbeul

The image shows three staves of musical notation for the song 'Cò mi?'. The first staff is numbered '1' and contains eight measures of music. The second staff is numbered '5' and also contains eight measures. The third staff is numbered '9' and contains seven measures, ending with a double bar line and repeat dots. The music is written in a simple, folk-like style with eighth and quarter notes.

Tha mi anns a' mhuir
Agus tha mi anns an abhainn
Tha mi anns an tap
Agus tha mi anns an adhar
Cò mi? Cò mi? Cò mi?
Uisge.

Their iad rium deigh
Nuair a bhios mi cruaidh rèidit'
Thèid mi air ghoil
Agus their iad rium ceò
Cò mi? Cò mi? Cò mi?
Uisge.

Tha mi anns a' mhuir
Agus tha mi anns an abhainn
Tha mi anns an tap
Agus tha mi anns an adhar
Cò mi? Cò mi? Cò mi?
Uisge.

13-1-7 Uisge air cùl m' amhaich

Fonn Ceana Chaimbeul



1.
Uisg' air an uinneig
Uisg' a nì brag
Boinneag bho bhoinneag
A' sruthadh gun stad
Uisg' air an rathad
Uisg' a nì danns'
Mar dhaoine beaga bìodach
A' buiceil nan deann

2.
Uisg' anns an t-similear
Uisg' a nì 'siss'
Nuair bhuaileas e 'n teine
Bidh èibhleagan glas
Uisg' air an rathad
Uisg' a nì danns'
Mar dhaoine beaga bìodach
A' buiceil nan deann

3.
Uisg' air cùl m' amhaich
Uisg' a tha fuar
A' sruthadh sìos m' aodann
'S a' fliuchadh mo ghruaidh
Uisg' air an rathad
Uisg' a nì danns'
Mar dhaoine beaga bìodach
A' buiceil nan deann

4.
Uisg' air an lòn
Uisg' a nì splais
A' dèanamh nan cearcall
A sgaoileas a-mach
Uisg' air an rathad
Uisg' a nì danns'
Mar dhaoine beaga bìodach
A' buiceil nan deann

13-1-8 An cuala tu na craobhan a' gabhail deoch?

Ceana Chaimbeul

The image shows a musical score for a song. It consists of four staves of music, each starting with a measure number (1, 6, 10, 14) and a key signature of one sharp (F#). The time signature is 3/4. The music is written in treble clef. The first staff ends with a measure labeled 'sliop'. The second staff ends with a measure labeled 'sliop' and a fermata. The third staff ends with a measure labeled 'sliop'. The fourth staff ends with a measure labeled 'sliop' and a fermata.

An cuala tu na craobhan
A' gabhail deoch?
'Sliop'
Bidh iad a' sùghadh
An uisg' a-steach
'Sliop'
A-steach tro na freumhan
A-steach tro na duilleagan
Cuir do chluas ris an talamh
Agus cluinnidh tu.
'Sliop'.

13-1-9 Cluinn an tàrnaich

Caoran ann an Cliabh, air fonn “Frère Jacques”

The image shows two staves of musical notation. The first staff begins with a treble clef, a key signature of two sharps (F# and C#), and a 4/4 time signature. It contains a sequence of notes: G4, A4, B4, C5, B4, A4, G4, F#4, E4, D4, C4. The second staff begins with a treble clef and a key signature of two sharps. It contains a sequence of notes: G4, A4, B4, C5, B4, A4, G4, F#4, E4, D4, C4, B3, A3, G3, F#3, E3, D3, C3. The notation includes stems, beams, and dots for notes.

Cluinn an tàrnaich
Cluinn an tàrnaich
Èist, èist, èist,
Èist, èist, èist,
Seo an t-uisge tighinn
Seo an t-uisge tighinn
Bidh sinn fliuch
Bidh sinn fliuch

13-1-10 Cò leis as toigh uisge?

Penelope 2, faclan agus fonn Ceana Chaimbeul

The image shows a musical score for the song 'Cò leis as toigh uisge?'. It consists of four staves of music, each labeled 'Rann' (Rann 1, Rann 2, Rann 3, Rann 4). The music is written in a treble clef with a key signature of one flat (B-flat) and a time signature of 12/8. The melody is simple and repetitive, with a consistent rhythm. The first staff starts with a '1' above the first measure, the second with a '5', the third with an '8', and the fourth with an '11', indicating the starting measure for each phrase.

A' lùbadh ruith an fhuinn a rèir nam faclan. Tha am fonn air fad sgrìobhte an seo airson sealltainn ciamar a tha na faclan a' fighe a-steach.

(Air an teip: an treas rann a-mhàin)

Cò leis as toigh uisg'?
Cha toigh leis a' chat
Crathaidh e a spòg
Agus teichidh e a-steach.

Cò leis as toigh uisg'?
Cha toigh leis na laoigh
Tionndaidhidh iad an earbail
Ris a' ghaoith.

Cò leis as toigh uisg'?
Is toigh leis na tunnagan
Bidh iad a' slupraich
Anns na glumagan.

Cò leis as toigh uisg'?
Is toigh leis a' chloinn bhig
A' sgudalaich 's a' luidearach
A' plubadaich 's a' breabadh.

13-1-11 Diteag! Diteag!

Uisge

1
5
9
13

“Diteag, diteag!” thuir a’ phiseag.
“Cha chaomh leam uisge mòr.”
“Diteag, diteag!” thuir a’ phiseag,
’S i crùbadh fon a’ bhòrd.

“Cuag, cuag!” thuir an tunnag.
“Is caomh leam uisge mòr.”
“Cuag, cuag!” thuir an tunnag,
A’ plumadaich san lòn.

13-1-12 Uisge fuar no uisge blàth

Uisge



Uisge fuar no uisge blàth,
Uisge dòrtadh às an adhar,
Uisg' san abhainn ruith na dheann,
Uisg' gu cas a' tigh'nn le beann,
Uisge bualadh air an uinneig,
Uisge drùidheadh ort ann am mionaid

Ach an t-uisg' sa choire goil son tì -
'S e sin an t-uisg' as fheàrr leam fhìn!

13-1-13 Tha e a' sileadh

Lisa Storey (bho rann Èireannach), fonn J Booth / Cànan



Tha e a' sileadh, a' sileadh gu trom,
Is tuitidh an t-uisge a-nuas air mo cheann,
Cha toigh leam an t-uisge, oir fliuchidh e mì,
'S chan fhaigh mi a-mach an deidh àm tì.

13-1-14 An Dotair Fostair

Uisge, stèidhte air “Doctor Foster”



An dotair Fostair
Dh'fhalbh e Ghlostair
Ann am fras mhòr uisg'
Chaidh a fhliuchadh
Suas gu mhionach
'S tha 'n cnatan air a-nis.

13-1-15 Thuit an t-uisg'

Uisge, air fonn "Cha b' ann dubh a bha mo leannan"



Thuit an t-uisg' a-nuas na dhìle
Lìon e suas gach loch is lòn,
Leum an abhainn suas a' bhruthach,
'S bha na sruthain ruith gu mòr.

Bha na neòil cho dubh 's cho greannach
Shèid a' ghaoth gu mòr le toirm,
'S bha gach duine dèanamh cabhaig
Ruighinn dhachaigh ron a' stoirm.

13-1-16 Tha 'n t-uisg' a' dòrtadh

Uisge



Tha 'n t-uisg' a' dòrtadh a-nuas gu luath
Tha sgòthan dubha a' falbh le ruaig
Tha ghaoth a' sèideadh le mòran fuaim
'S tha mis' san leabaidh
Gun dragh, gun ghruaim.

13-1-17 Boinneagan mòra, mòra

Uisge

The image shows a musical score for a piece titled 'Uisge'. The score is written in G major (one sharp) and 6/8 time. It consists of four staves of music. The first staff starts with a treble clef, a key signature of one sharp (F#), and a 6/8 time signature. The music is written in a single melodic line. The second staff begins at measure 5, the third at measure 9, and the fourth at measure 13. The piece concludes with a double bar line at the end of the fourth staff.

Boinneagan mòra, mòra,
Dòrtadh às na neòil.
Boinneagan mòra, mòra
Lìonadh suas na lòn.
Iain beag is còt' air
Le eathar bheag na dhòrn.
Ga seòladh anns an t-sruthan
Nach e tha air a dhòigh.

13-1-18 Tha srianagan de dh'uisge trom

Uisge



Tha srianagan de dh'uisge trom
A' sruthadh sìos nan uinneagan
Tha sruthain mhòra ruith dhan allt
'S tha 'n abhainn làn de thonnagan

Tha uisge mòr a-muigh an-diugh
'S tha Dòmhnall a-staigh gu muladach
Chan fhaigh e mach an-diugh co-dhiù
Mus tuit e dha na glumagan.

13-2-1 Obh obh obh, tha mi fuar (1)

Gàidhlig Dachaigh

1

6

A' fàs nas slaodaiche

Obh, obh, obh, tha mi fuar, fuar, fuar,
Obh, obh, obh, tha mi fuar, fuar, fuar,
Càit a bheil mo chòta, thoir dhomh mo stoc a-nuas,
Gus an cuir mi orm iad 's mi air chrith leis an fhuachd.
Obh, obh, obh.

13-2-1 Obh obh obh, tha mi fuar (2)

Faclan **Gàidhlig Dachaigh**, am fonn seo Cànan,
stèidhte air “Dè an Dreas as Fheàrr Leat” (**Dè Thuirt Thu?**)



Obh, obh, obh, tha mi fuar, fuar, fuar,
Obh, obh, obh, tha mi fuar, fuar, fuar,
Càit a bheil mo chòta, thoir dhomh mo stoc a-nuas,
Gus an cuir mi orm iad 's mi air chrith leis an fhuachd.

13-2-2 Sìde fhuar (Fuachd)

Dòtaman / Catrìona NicDhòmhnaill

The image shows a musical score for a piece titled 'Sìde fhuar (Fuachd)'. The score is written in treble clef with a key signature of three sharps (F#, C#, G#) and a common time signature (C). It consists of four staves of music. The first staff is labeled '1' and 'Rann'. The second staff is labeled '5'. The third staff is labeled '9' and 'Sèist'. The fourth staff is labeled '13'. The music features a mix of eighth and sixteenth notes, with some rests and ties. The piece concludes with a double bar line.

Sèist às dèidh gach rann

Sìde fhuar againn anns a' gheamhradh,
Sìde fhuar ann a h-uile latha
Sìde fhuar ann a latha 's a dh'oidhche,
B' fheàrr leam fhìn gun tigeadh beagan sìde bhlàth.

*Fuar, fuar, òrdagan is corragan,
Fuar, fuar, cluasan is ceann,
Cuir ort miotagan is stocainnean,
Còta mòr is brògan is bonaid blàth, teann.*

Sneachda fuar shuas air na beanntan,
Sneachda fuar shìos air an t-sràid,
Sneachda fuar a' laighe anns a' ghàrradh,
Sneachda fuar is reothadh anns a h-uile h-àit'.

Clachan-meallain a' bualadh air an uinneig,
Clachan-meallain a' bualadh air an taigh,
Clachan-meallain a' bualadh air an doras,
Tha mi nis cho toilichte gu bheil mi blàth a-staigh.

13-2-3 Òran an t-sneachda

Òrain “Bogha Frois”, air fonn “Frère Jacques”



Seall an sneachda
Seall an sneachda
Tighinn a-nuas
Tighinn a-nuas
Feumaidh mi mo chòta
Feumaidh mi mo chòta
Tha mi fuar
Tha mi fuar

13-2-4 An deigh

Faclan **Rabhdan is Rudan** / Mairead Hulse, fonn Susan Walker / Cànan



Tha an deigh air an lòn a' dìosgail gun sgur,
Cuiridh mi mo bhròg sìos air a muin.
Tha i mar uinneag a bhriseas fom bhròg.
Tha i mar rionnag le mìle spòg.

Is caomh leam an reothadh, is caomh leam an sneachd
Ach tha na h-iseanan bochd leis an acras a-nochd
Bheir mi dhaibh criomagan de dh'aran is buntàt' Bidh
an druid 's am brù-dhearg aig an doras glè thràth.

13-3-1 Uisge fuar, sneachda bàn

Uisge, faclan agus fonn Ceana Chaimbeul



1.
Uisge fuar, fuar, fuar,
Uisge fuar air mo cheann,
Uisge trom frasach fuar,
'S e am foghar a th' ann.
Uisge fuar, sneachda bàn,
Clachan-meallain, uisge mìn,
Air mo cheann, air mo cheann.

2.
Sneachda bàn, bàn, bàn,
Sneachda bàn air mo cheann,
Sneachda tiugh, sàmhach, bàn,
'S e an geamhradh a th' ann.
Uisge fuar, sneachda bàn
Clachan-meallain, uisge mìn
Air mo cheann, air mo cheann.

3.
Clachan-meallain cruaidh, cruaidh,
Clachan-meallain air mo cheann.
Clachan-meallain goirt cruaidh,
'S e an t-earrach a th' ann.
Uisge fuar, sneachda bàn,
Clachan-meallain, uisge mìn,
Air mo cheann, air mo cheann.

4.
Uisge mìn, mìn, mìn,
Uisge mìn air mo cheann
Uisge bog blàth mìn
'S e an samhradh a th' ann
Uisge fuar, sneachda bàn,
Clachan-meallain, uisge mìn,
Air mo cheann, air mo cheann.

13-3-2 Tha sìol beag san talamh (1)

Lisa Storey



Tha sìol beag san talamh
Ach ciamar a nì e fàs?
Feumaidh e an t-uisge,
Agus feumaidh e am blàths.
Thig frasan às an adhar,
A' tuiteam sìos gu làr,
Bheir iad dhan an t-sìol bheag,
Uisge airson fàs.

Thig a' ghrian 's i deàrrsadh,
Le gathan buidhe, blàth,
Bheir i dhan an t-sìol bheag,
Solas agus gràdh.
Lusan agus flùraichean,
Is craobhan àrda, mòr,
Bha iad uile uaireigin,
Nan sìol beag san ùir.

13-3-2 Tha sìol beag san talamh (2)

Faclan Lisa Storey, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Tha sìol beag san talamh
Ach ciamar a nì e fàs?
Feumaidh e an t-uisge,
Agus feumaidh e am blàths.
Thig frasan às an adhar,
A' tuiteam sìos gu làr,
Bheir iad dhan an t-sìol bheag,
Uisge airson fàs.

Thig a' ghrian 's i deàrrsadh,
Le gathan buidhe, blàth,
Bheir i dhan an t-sìol bheag,
Solas agus gràdh.
Lusan agus flùraichean,
Is craobhan àrda, mòr,
Bha iad uile uaireigin,
Nan sìol beag san ùir.

13-3-3 Àm an earraich

Bun gun fhios, fonn J Booth / Cànan



Àm an earraich thig a' ghrian,
Siuthad thusa cuir an sìol
Àm an earraich thig a' ghrian, Cuir
am fras, 's bidh againn biadh.

Cuiridh sinn buntàta is càl
Cuiridh sinn buntàta is càl
Cuiridh sinn buntàta is càl
Le tothar gheibh sinn air an tràigh.

Fàsaidh lusan bòidheach, brèagh'
Fàsaidh lusan bòidheach, brèagh'
Fàsaidh lusan bòidheach, brèagh'
Is dìthean buidhe, geal is liath.

13-3-4 Tha 'n geamhradh a' tighinn

Bun gun fhios, fonn Cànan, stèidhte air “Bràigh Loch Iall”

Gu mall



Tha 'n geamhradh a' tighinn le sneachd agus reothadh
Tha 'n geamhradh a' tighinn le sneachd agus reothadh
Tha 'n geamhradh a' tighinn le sneachd agus reothadh
'S e 'n t-aodach as blàithe a chuireas mi orm.

13-3-6 An geamhradh a' tighinn

Bun gun fhios

An geamhradh a' tighinn,
Thuir am brù-dhearg,
An sneachda a' tuiteam gu mìn,
A' danns anns an adhar
Sìos, sìos, splut, splut,
A' leaghadh sa mhionaid
Às an t-sealladh.

13-3-7 Robin brù-dhearg

faic 11-7-2

13-3-8 Ràith a' gheamhraidh

Seinn Seo / Am Pròisect Fòghlam Dà-chànanach



Ràith a' gheamhraidh, fliuch agus fuar
Coirc anns an iodhlainn, mòin' anns a' chruaich.
Ràith a' gheamhraidh, gailleannach, gaothach
Lèintean a' slacadaich air an t-sreang-aodaich.

Ràith a' gheamhraidh, reòthte, sleamhainn
Sgàilean deigh air lòn agus abhainn.
Ràith a' gheamhraidh, clachan-meallain
Gnogadh air uinneagan, danns' air an talamh.

Ràith a' gheamhraidh, dorch' anns a' mhadainn
Dorch' tràth feasgar, dorch anns an leabaidh.
Ràith a' gheamhraidh, *Santa Claus*
Cairtean Nollaig, cluiche le 'toys'.

Ràith a' gheamhraidh, sneachda geal,
Sneachda domhainn, deàlrach, glan.
Ràith a' gheamhraidh, thèid i seachad
Thig an uair sin, ràith an earraich.

13-4-1 A' ghrian mhòr bhuidhe

Dòtaman

1 Sèist

7 Deireadh

12 Rann

16 Air ais dhan t-sèist

*A' ghrian mhòr bhuidhe, a' ghrian mhòr bhlàth
A' ghrian mhòr bhuidhe, shuas gu h-àrd.
Breab do chasan! Buail do làmh!
Fàilt' air a' ghrian, a' ghrian mhòr bhlàth!*

Cò thig a-mach an-diugh a chluich air an tràigh?
Cò thig a-mach an-diugh gu monadh no pàirc?
Cò thig a-mach an-diugh a chluich anns gach àit'?
Cò thig a-mach a chluich, a' ghrian cho blàth?

*A' ghrian mhòr bhuidhe, a' ghrian mhòr bhlàth
A' ghrian mhòr bhuidhe, shuas gu h-àrd.
Breab do chasan! Buail do làmh!
Fàilt' air a' ghrian, a' ghrian mhòr bhlàth!*

13-4-2 Shuas anns an adhar

Penelope / Seo Sinn, le Ceana Chaimbeul & Pòl MacAonghais



Shuas anns an adhar,
Shuas os mo chionn,
Tha ghrian teth a' deàrrsadh
Tha 'n t-sìde blàth ciùin.

Fàsaidh buntàta,
Fàsaidh an càl,
Fàsaidh an t-arbhar,
'S an t-sìde cho blàth.

13-4-3 Taobh a deas, taobh a tuath

Seinneamaid Còmhla / Anna Latharna NicIllÌosa, air fonn "Pussycat Pussycat" (faic 11-3-4)



Taobh a deas, taobh a tuath,
Taobh an ear, taobh an iar,
A bheil fhios agad càit'
An do dh'èirich a' ghrian?

Taobh an ear, taobh an iar,
Taobh a deas, taobh a tuath,
'S ann an ear rinn i èirigh
'S an iar thèid i fodha.

13-5-1 Rinn sinn bodach-sneachda an-diugh

Caoran ann an Cliabh, (air fonn "Gabhaidh Sinn an Rathad Mòr"),
am fonn seo "Bobby Shaftoe"



Rinn sinn bodach-sneachd' an-diugh
Rinn sinn bodach-sneachd' an-diugh
Rinn sinn bodach-sneachd' an-diugh
Bodach reamhar sneachda.

Bodach mòr le sùilean dubh'
Bodach mòr le sùilean dubh'
Bodach mòr le sùilean dubh'
Bodach reamhar sneachda.

Stoc mu amhaich 's ad mu cheann
Stoc mu amhaich 's ad mu cheann
Stoc mu amhaich 's ad mu cheann
Bodach reamhar sneachda.

13-5-2 Bodach-sneachda mòr Geal

Òrain "Bogha Frois"

Bodach-sneachda mòr geal
Cho fuar 's cho cruinn
Le ad is stoc ga chòmhdach
Sùilean dubha 's putain chruinn
Is pìob thombac' na phòca.

13-5-3 Bodach-sneachda le pìob na bheul

Faclan **Rabhdan is Rudan**, fonn Diog MacGillFhinnein / Cànán



Rinn sinn bodach-sneachda
'S chuir sinn pìob na bheul,
Putanan de chlachan,
Is stoc chlàimh fhada dhearg.

Nuair dh'èirich sinn sa mhadainn
Bha a chorp air sìoladh às
Ach bha pìob aig' anns an adhar
Le a sradagan is ceò glas.

13-5-4 Bodach-sneachd' cho tiugh is geal

Bun gun fhios

Tha 'm bodach-sneachd cho tiugh 's cho geal
Abair thus 'g eil e coimhead math
Ach cha deidhinn-sa na àite
B' fheàrr leam suidhe aig teine mòr blàth.

13-5-5 Bodach-sneachda bòidheach

Bun gun fhios

Nach ann againn bha an spòrs
Dèanamh bodach-sneachda mòr
Chuir sinn sùilean air is sròin
Pìob na bheul; is e bha bòidheach.

13-5-6 Bha bodach-sneachd am meadhan lot

Bun gun fhios, fonn Susan Walker / Cànan



Bha bodach-sneachd' am meadhan lot
Rinn mi e le làmhnan reòht'
Air a cheann bha bonaid gorm
Is na dhòrn bata crom

Bha na bheul pìob cham
Stoca striopach sìos bho cheann
Ach mu chasan cha robh bròg
Dè 'n t-iongnadh ged a bhiodh e reòht'.

13-5-7 Seall air a' bhodach-sneachda

Bun gun fhios, fonn Diog MacGillFhinnein / Cànán

The image shows a musical score for a single melodic line in treble clef. The key signature is three sharps (F#, C#, G#), and the time signature is common time (C). The score is divided into five systems, each starting with a measure number: 1, 5, 9, 13, and 17. The melody consists of eighth and quarter notes, with some rests and a final double bar line at the end of the fifth system.

Seall air a' bhodach-sneachd ud shuas
O nach e tha coimhead fuar
Gun bhileag aodaich air mu ghuailnean
Ach, o gu dearbh, chan fhaic sinn gruaim air.

O chan fhaca duine riamh
Bodach beag a bha cho liath.

Dà shùil bheag is sròn mhòr dhearg
Piob mo sheanar crom mòr garbh
Ad mo mhàthar air mullach a chinn
Cha chreid mi nach eil am bodach tinn.

13-5-8 Càit an deach am bodach-sneachd'?

Bun gun fhios, fonn J Booth / Cànan

Gu tùrsach

1

5

9

13

Càit an deach am bodach-sneachd'
A rinn mi oidhche Luain
Nuair a bha mi dol dhan leabaidh
Dh'fhàg mi e na shuain
Nuair a dh'èirich mi 'n-ath-mhadainn
Fada mus robh càch an-àird
Thug mi sùil a-mach air uinneig
Ach air a' bhodach cha robh sgeul.

13-5-9 Rinn sinn bodach-sneachd' Dimàirt

Bun gun fhios, fonn Susan Walker / Cànan



Rinn sinn bodach-sneachd' Dimàirt
Cha robh ar làmhnan fuar
Bha latha àlainn grianach ann
Is sinn a' ruith mun cuairt.

Chaidh sinn gu ar diathad
Is dh'fhàg sinn e leis fhèin
Ach nuair a thill sinn air ais
Bha 'm bodach bochd gun fheum.

13-5-10 Bodach-sneachd' le ad mu cheann

Bun gun fhios, fonn Susan Walker / Cànan



Rinn mise bodach-sneachd'
Ad mu cheann
'S fhiach e rann
Bata na dhòrn
Clach airson sròin
Stoca mu amhaich
'S fiamh air bha carach
Trì putain mhòra
Am meadhan a chleòc
Seall thus' air mo sheòid.

13-5-11 Bodach-sneachd', bodach-sneachd'

Bun gun fhios, fonn Diog MacGillFhinnein / Cànan



Bhodaich shneachd', a bhodaich shneachd'
Dè cho fad 's a chì sinn thu?
Thug thu toileachas dhuinn an-diugh
Ach a-màireach cha bhi ort guth.

Chan e naidheachd mhath dhut th' ann
Gaoth is uisg' air feadh nam beann
Ach mas e nach bi thu ann
Chì sinn fhathast thu anns a' ghleann.

13-5-12 Bodach-sneachd' le dà shùil dhubh

Bun gun fhios

Rinn mise bodach-sneachd' an-diugh
Bha e geal le dà shùil dhubh
Is abair thus gun robh e tiugh
Ach dh'fhalbh e nuair a thàinig tuil.

13-5-13 Dh'fhalbh na bodaich-sneachd'

Bun gun fhios

Rinn mi bodach-sneachd' an-diugh
Rinn mi bodach-sneachd' an-dè
Rinn mi bodach-sneachd' an-diugh
Agus dh'fhalbh iad leis a' ghaoith.

13-5-14 Rinn mi bodach-sneachda snog

Bun gun fhios, fonn **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona

Gu tiamhaidh

The image shows a musical score for a song. It consists of four staves of music, each starting with a treble clef and a key signature of two sharps (F# and C#). The first staff is marked with a '1' and the second with a '5', indicating measure numbers. The music is written in a simple, folk-like style with eighth and quarter notes. The title 'Gu tiamhaidh' is written above the first staff.

Rinn mi bodach-sneachda snog
Rinn mi e an-dè
Rinn mi bodach-sneachda snog
Ach saoil càit an deach e?

Càit an deach am bodach-sneachd'
A chruinnich mi an-dè?
Dh'fhalbh an ceann an toiseach dheth
Is leagh e às gu lèir.

13-5-15 Mise bodach-sneachd'

Òrain "Bogha Frois", fonn Dè Thuirt Thu? / Marion Mackay



Mise bodach-sneachda; tha mi mòr, tha mi geal.
Mise bodach-sneachda anns a' ghàrradh
Mise bodach-sneachda; tha mi mòr, tha mi geal
Saoil am bi mi an seo a-màireach?

Mise a' ghrian; tha mi blàth, tha mi blàth.
Deàrrsaidh mi air a' bhodach-sneachda,
'S leaghaidh mi sìos chun an làir e!
'S leaghaidh mi sìos chun an làir e.

14. Fáilte



14-1 Madainn mhath

Dè Thuirt Thu?, air fonn 'Brochan Lom'



Madainn mhath, madainn mhath,
Ciamar a tha sibh an-diugh?

Madainn mhath, madainn mhath,
Ciamar a tha sibh an-diugh?

Madainn mhath, madainn mhath
Ciamar a tha sibh an-diugh?

Madainn mhath, madainn mhath.
Tha mise glè mhath.

14-2 Màiri bheag a' falbh dhan sgoil

Penelope, air fonn "Gabhaidh Sinn an Rathad Mòr"

The musical score is written on four staves in treble clef, with a key signature of two sharps (F# and C#) and a common time signature (C). The first staff is labeled 'Sèist' and begins with a measure number '1'. The second staff is labeled 'Deireadh' and begins with a measure number '3'. The third staff is labeled 'Rann' and begins with a measure number '5', featuring three 'x' marks in the second measure and three 'x' marks in the fourth measure. The fourth staff is labeled 'Air ais dhan t-sèist' and begins with a measure number '7', also featuring three 'x' marks in the second measure. The score concludes with a double bar line and repeat dots.

*Màiri Bheag a' falbh dhan sgoil,
Falbh dhan sgoil, falbh dhan sgoil,
Màiri bheag a' falbh dhan sgoil,
Sa mhadainn tràth Dihaoine.*

Pòg o Mhamaidh, x x x,
Pòg o Dhadaidh, x x x,
Pòg o Mhamaidh, x x x,
Mus falbh i tràth Dihaoine.

*Màiri Bheag a' falbh dhan sgoil,
Falbh dhan sgoil, falbh dhan sgoil,
Màiri bheag a' falbh dhan sgoil,
Sa mhadainn tràth Dihaoine.*

14-3 Meal do naidheachd an-diugh

Cleachdar seo an àite "Happy Birthday"



Meal do naidheachd an-diugh
Meal do naidheachd an-diugh
Meal do naidheachd*
Meal do naidheachd an-diugh.

**A' cur a-steach an seo ainm a' phàiste aig a bheil co-là-breith.*

14-4 Càit an robh thu?

Penelope

1 Gu fuasgailte

4 Nas luaithe

7 Nas slaodaiche a-rithist

12 Nas slaodaiche a-rithist

*Tha ruith an òrain seo gu math fosgailte,
agus bu chòir dìreach leantainn ri ruith nàdarrach nam faclan fhèin.*

Càit an robh thu, càit an robh thu?
Cha robh sgeul ort, cha robh sealladh.
Nuair a thadhail mi sa mhadainn
Cha robh duine beò aig baile.

'S ged a ghnog mi iomadh turas
Cha do dh'fhosgail duin' an doras
Ochan! Ochan! Ochan I!

Càit an robh thu, innis dhomh,
Innis, innis, innis.

14-5 Seo mo bhaga

Gàidhlig Dachaigh, air fonn "Frère Jacques"



Seo mo bhaga
Seo mo bhaga
Tha mi falbh
Tha mi falbh
Chì mi sibh a-màireach
Chì mi sibh a-màireach
Beannachd leibh!
Beannachd leibh!

14-6 Caidil is dùisg

Òrain "Bogha Frois", air fonn "Time to Go Home" bhon t-sreath "Andy Pandy"



*Le gnìomhan a-rèir nam faclan.
Airson clann òg a shocrachadh aig deireadh gnìomha.*

Caidil is dùisg, caidil is dùisg,
Sìn thu fhèin sìos air an làr
Caidil is dùisg, caidil is dùisg,
Sìn sìos is caidil gu latha.

14-7 Beannachd leibh

Gàidhlig Dachaigh



Beannachd leibh, beannachd leibh
Tha mi falbh dhachaigh,
Beannachd leibh, beannachd leibh
Tha mi falbh dhachaigh,
Beannachd leibh, beannachd leibh
Tha mi falbh dhachaigh,
Beannachd leibh, beannachd leibh
Is chì mi sibh a-màireach.

14-8 Paisg do làmhan

Bun gun fhios, fonn Susan Walker / Cànan, no air aithris



Paisg do làmhan
Thèid air do ghlùinean
Fosgail do bheul
Agus dùin do shùilean
'S ma tha thu deiseil
A-nise - can d' ùrnaigh.

15. Muir

15-1 Bàtaichean

15-2 Port

15-3 Iasg

15-4 Creutairean

15-5 Cuan

15-6 Tràigh



15-1-1 Mo bhàta (Tha bàta beag agamsa) (1)

Penelope 2, faclan agus fonn Ceana Chaimbeul



Tha bàta beag agamsa
A sheòlas air a' chuan
Nuair bhios beagan gaoitheadh ann
Siùbhlaidh i cho luath.

Tha peansail mòr na chrann innte
Tha nèapraig na sheòl
Thèid i do Ameireaga
Cho luath ris a' Choncorde!

15-1-1 Mo bhàta (Tha bàta beag agamsa) (2)

Faclan **Penelope 2**, le Ceana Chaimbeul, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Alasdair Codona



Tha bàta beag agamsa
A sheòlas air a' chuan
Nuair bhios beagan gaoitheadh ann
Siùbhlaidh i cho luath.

Tha peansail mòr na chrann innte
Tha nèapraig na sheòl
Thèid i do Ameireaga
Cho luath ris a' Choncorde!

15-1-3 Tha bàta seòladh air a' chuan

Trobhadaibh A-steach, air fonn "I Saw Three Ships".

Am fonn seo "Chan eil mo Leannan Ann an Seo".



Tha bàta seòladh air a' chuan,
Tha bàta seòladh air a' chuan,
Tha bàta seòladh air a' chuan,
Is Alasdair ga stiùireadh.

Thèid i chun an ear 's an iar, x3
Is Alasdair ga stiùireadh.

Dha na h-Innsean fad' air falbh, x3
Is Alasdair ga stiùireadh.

Thèid i cuairt a-null dhan Fhraing, x3
Is Alasdair ga stiùireadh.

Thig i dhachaigh 'm beul na h-oidhch', x3
Is Alasdair ga stiùireadh.

15-1-4 Bàt' air a' mhuir

Bun gun fhios

Am bàta air a' mhuir
'S a mhuir cho garbh
An t-uisge sìleadh
'S a' ghaoth cho searbh

15-1-5 Bàta Sheumais

Seinneamaid Còmhla / Anna Latharna NicIlllòsa, stèidhte air "Báidín Fheilimí"

1 Rann

9

17 Sèist

25

Sèist às dèidh gach rann

Bàta Sheumais a' seòladh gu Barraigh
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd
Bàta Sheumais a' seòladh gu Barraigh
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

*Bàta bìodach, bàta bòidheach,
Bàta brèagha, bàt' aig a' bhodach bhoichd
Bàta dìreach, bàta deònach
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.*

Bàta Sheumais tighinn dhachaigh gu Leòdhas
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd
Bàta Sheumais tighinn dhachaigh gu Leòdhas
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd

Bàta Sheumais chaidh fodha air Rònaigh
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd
Bàta Sheumais chaidh fodha air Rònaigh
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

15-1-6 Bàtaichean beag' a-muigh air a' mhuir

Bun gun fhios, fonn Diog MacGillFhinnein / Cànan,
air no air fonn "Here We Go Round the Mulberry Bush"



Bàtaichean beag' a-muigh air a' mhuir,
A-muigh air a' mhuir, a-muigh air a' mhuir;
Bàtaichean beag' a-muigh, air a' mhuir,
Fada an latha.

Bàtaichean mòr' dol a-mach a dh'iasgach,
Mach a dh'iasgach, mach a dh'iasgach;
Bàtaichean mòr' dol a-mach a dh'iasgach,
Fad an latha.

Taigh-solais àrd na sheasamh air creig;
Na sheasamh air creig, na sheasamh air creig;
Taigh-solais àrd na sheasamh air creig,
Fada an latha.

15-1-7 Am bàta beag

Bun gun fhios, stèidhte air "The Big Ship Sails Down The Illy Ally O"



Tha 'm bàta beag a' seòladh air an ilidh, alaidh o.
Ilidh, alaidh o, ilidh alaidh o.
Tha 'm bàta beag a' seòladh air an ilidh, alaidh o.
He, ho, ilidh, alaidh o.

Tha 'm bàta mòr a' seòladh air an ilidh, alaidh o.

Tha 'm bàta dearg a' seòladh air an ilidh, alaidh o.

Tha 'm bàta buidhe a' seòladh air an ilidh, alaidh o.

Tha 'm bàta dubh a' seòladh air an ilidh, alaidh o.

15-1-8 Aon, dhà, trì, ceithir (Dh'fhalbh Uilleam air an eathar)

Bun gun fhios

Aon, dhà, trì, ceithir -
Dh'fhalbh Uilleam air an eathar
Le lìon mhòr a dh'iasgach sgadain
Inns dhòmhs' cia mheud a ghlac e -
Aon, dhà, trì, ceithir, còig, sia, seachd, ochd, naoi, deich

15-1-9 Null thar an aiseig

Traidiseanta / Niall MacGilleSheathanaich



Thèid mi null gu tìr mo rùin,
Thèid mi null thar an aiseig,
Thèid mi null gu tìr mo rùin,
'S mòr mo shunnd a' tilleadh dhachaigh.

Chì mi 'm bàta fo a siùil
A' tighinn dlùth don a' chala,
Chì mi m' athair aig an stiùir,
'S cha bhì cùram oirnn ron chas-shruth.

Bidh mo chridhe leum le mùirn,
'S mòr mo shunnd is chan airsneul,
Chan eil coimeas tìr mo rùin,
Ann an dùthaich eil' air thalamh.

15-1-10 An eathar

Aimsir Phrèiseil / Seillean 's a' Bhotul



Tha eathar aig bràthair m' athar-sa
'S i fhèin tha coimhead bòidheach;
Tha peanta dubh is geal oirre,
'S nam faiceadh sibh i seòladh!

Thèid e mach an rubha leatha
Le clèibh agus le ròpan.
Gheibh e giomaich 's crùbagan,
'S reicidh e san Òb iad.

San Earrach thèid e mach gu muir
'S cuiridh e linn mhòra;
Gheibh e truisg 's liùghagan
'S cudaigean 's leòbag.

As t-samhradh bheir e sinne mach
Gu eilean airson cuirme,
Gheibh sinn uighean fhaoileagan
'S faochagan 's crùbain.

15-1-11 Bàtaichean beaga (‘S ann agam tha na bàtaichean)

The image shows a musical score for a piece titled '15-1-11 Bataichean beaga'. The score is written in treble clef with a key signature of one flat (B-flat) and a common time signature (C). It consists of three staves of music. The first staff is labeled 'Sèist' at the beginning and 'Deireadh' at the end. The second staff is labeled 'Rann 1' at the beginning and 'Air ais dhan t-sèist' at the end. The third staff is labeled 'Rann 2' at the beginning and 'Air ais dhan t-sèist' at the end. The music is a simple melody with a mix of eighth and quarter notes.

(Air an teip: sèist, a' chiad rann agus sèist eile)

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*'S ann agam tha na bàtaichean
A h-aon, a dhà, a trì,
Stiomar 's bàta-sgadain
Agus geòla spaideil ghrinn.*

Chaidh tèarr a chur air trì dhiubh
Tèarr bhuidhe air am màs
Is bidh iad dìonach, sgiobalta,
Nuair sheòlas iad air sàl.

Bidh 'n stiomar dol a dh'Èirinn
Bidh 'n tràlair dol dhan Òb
'S bidh gheòla ag iasgach adag
An Caolas Mòr nan Ròn.

15-1-12 Am bàta Rannach

Traidiseanta

Sèist agus rann



Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Ochòin a rì ri ò ro,
Ochòin a rì ri ò ro,
Ochòin a rì ri ò ro,
O rò 's cian on dh'fhalbh sinn.*

Tacan mun do ghluais sinn
Dh'èirich gealach ghruamach,
Baidealach, trom, uaine,
'S i buairte gu soirbheas.

Nuair a rinn sinn seòladh
Dhùin gu dlùth na neòil oirnn;
Chan fhaiceamaid ach ceò bàn
Le cobhragach na fairge.

A' dol tro Chuan na h-Èireann,
Sruth is muir a' streup rinn,
Is truagh nach robh mi 's m' eudail
Le chèil' am Port na h-Abhainne.

15-1-13 A-mach sa bhàt'-aiseig

Bun gun fhios

A-mach sa bhàt'-aiseig
H-uile madainn tràth
Air ais is air adhart
Fichead uair san latha
A-mach sa h-uile sìde
Stoirm agus gaoth
Toirt dhaoine agus chàraichean
A-null bho thaobh gu taobh

15-1-14 Is mise bàta

Bun gun fhios

Is mise bàta.
Dè 'm bàta?
Bàta seòlaidh.
Faic mo shiùil.
Croch thusa suas mo bhrèidean,
Glacaidh iad a' ghaoth a' sèideadh.

Is mise bàta.
Dè 'm bàta?
Geòla làidir
Faic mo chlàran
Tarraing thusa air mo ràimh
Is falbhaidh mise mar an trèan'.

15-1-15 Iomramh

Faclan Dòmhnall Iain MacLeòid, fonn **Dè Thuirt Thu?** / Christine Primrose



(Air an teip: chaidh seo a chlàradh ann an gleus D - dà phong nas ìsle na seo)

Ràmh a-null
'S a-nall air ais,
Tog e suas,
is splis le splais!

Null 's a-nall
Triop mu seach,
Sìos is suas,
A' dol gun stad.

Iomair thus'
Am bàta beag,
Is feuch nach tèid
I air a' chreig.

Ràmh a-null
'S a-nall air ais,
Tog e suas,
Is splis le splais!

15-1-16 Birlinn Ghoraidh Chròbhain

Traidiseanta

Sèist agus rann



Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Hò bhan na hò bhan ho,
Hì hò rò na hù bhan,
Hò bhan na hò bhan ho
Air birlinn Ghoraidh Chròbhain.*

Fichead sonn air cùl nan ràmh,
Fichead buille lùthmhor;
Siùbhlaidh i mar eun a' snàmh
Is siaban thonn ga sgiùrsadh.

A' bhirlinn rìoghail 's i a th' ann,
Siubhal-sìth na gluasad;
Sròl is sìoda àrd ri crann -
'S i bratach Olaibh Ruaidhe.

Dh'fhàg sinn Manainn mòr nan tòrr,
Èirinn a' tighinn dlùth dhuinn;
Air Ìle an fheadir tha sinn an tòir
Ged dh'èireas tonnan dubh-ghorm.

15-1-17 Mhic Iarla nam Bratach Bàna

faic 12-18

15-1-18 Leis an lurgainn

Traidiseanta

Sèist agus rann



Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Leis an lurgainn o hì,
Leis an lurgainn o hò,
Beul an anmoich o hì,
'S fheudar falbh le cuid sheòl.*

*An Cuan Èirinn o hì,
Muir ag èirigh o hò
'S cha bu lèir dhuinn o hì
Nì fon ghrèin ach na neòil.*

*Suas a h-aodach o hì
Ri crainn chaola o hò;
Snàmh cho aotrom o hì,
Ris an fhaoilinn air lòn.*

*Fhuair sinn fosgladh o hì,
Ma ceann toisich o hò;
Fear ga taomadh o hì,
'S gillean coltach air bòrd.*

15-1-19 Tha toll air a' bhàta mhòr

Traidiseanta

The image shows a musical score for a traditional Scottish tune. It consists of four staves of music in treble clef, with a common time signature (C). The first staff is labeled '1 Sèist' and contains the first six measures. The second staff is labeled '6' and contains measures 7 through 12. The third staff is labeled '10 Rann' and contains measures 13 through 18. The fourth staff is labeled '14' and contains measures 19 through 24, ending with a double bar line and repeat dots. The melody is written in a simple, rhythmic style characteristic of traditional Scottish music.

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Tha toll air a' bhàta mhòr,
Tha toll air a' bhirlinn,
Tha toll air a' bhàta mhòr,
'S cha chàraich na saoir i.*

Tha aon oirr', tha dhà oirr'
Tha dhà oirr', tha trì oirr',
Tha ceithir oirr', tha còig oirr',
'S cha mhòr nach eil naoi oirr'.

Mur dèan saor a càradh
Nì 'n ceàrd dhomh le staoìn e,
Is dubhaidh mi le teàrr i
'S cha dèan clàr dhi aoidion.

15-1-20 Iomair thusa Choinnich chridhe

Traidiseanta / Ailean MacIlleMhoire



A' lùbadh ruith an fhuinn a rèir nam faclan

- | | |
|--|--|
| 1.
Iomair thusa Choinnich chridhe,
<i>Nèill a mhic 's na hò rò,</i>
Gaol nam ban òg 's gràdh nan nighean
<i>Nèill a mhic 's na hò rò,</i>
<i>Hè ro u hò rò.</i> | 4.
Cha tàinig mi riamh an cuan seo
<i>Nèill a mhic 's na hò rò</i>
Gun bhall taobh 's gun taod guaille
<i>Nèill a mhic 's hò rò,</i>
<i>Hè ro u hò rò.</i> |
| 2.
Iomraidh mise fear na dhithis
<i>Nèill a mhic 's na hò rò</i>
'S nam b' èiginn e fear ma thriùir
<i>Nèill a mhic 's na hò rò,</i>
<i>Hè ro u hò rò.</i> | 5.
'S gun an ràc a bhith sa bhuaich
<i>Nèill a mhic 's na hò rò</i>
Cupaill ann am bòrd an fhuaraidh
<i>Nèill a mhic 's na hò rò,</i>
<i>Hè ro u hò rò.</i> |
| 3.
Chì mi nise tighinn air fàire
<i>Nèill a mhic 's na hò rò</i>
Gob an Rubha 's iodhlann na h-àirde
<i>Nèill a mhic 's na hò rò,</i>
<i>Hè ro u hò rò</i> | 6.
'S fiùrain dhìreach sheasadh suas innt'
<i>Nèill a mhic 's na hò rò</i>
'S crann fada rachadh mun cuairt orr'
<i>Nèill a mhic 's na hò rò,</i>
<i>Hè ro u hò rò.</i> |

15-1-21 Ho ro Uilleim

Muir agus Tìr



Ho ro Uilleim, chuir am muir ort,
Ho ro Uilleim, chuir an sàl ort,
Ho ro Uilleim, chuir am muir ort,
Buain a' mhurain ris an tràigh.

15-2-1 Taigh-solais

Ceana Chaimbeul

Is mise taigh-solais
Air carraig sa chuan
Nam sheasamh air faire
'S daoine eile nan suain
Èirigh an fhairge
Sèididh a' ghaoth tuath
Seallaidh na bàtaichean
Agus cumaidh iad bhuam

15-2-2 Aig a' chidhe

Dòtaman / Magaidh Choineagan

1 Sèist

5

9 Rann

13

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Dè chunna mis' aig a' chidhe 'n-dè?
Tancair mòr ola is eathar beag clèibh.
Chunna mi càr dol air bàta MacBrayne -
Chunna mi sin aig a' chidhe 'n-dè.*

Chunna mi làraidh le ultach de dh'fheur
Bogsa le giomaich is bogsa le iasg,
Bogsaichean eile gan togail le crèan -
Chunna mi sin aig a' chidhe 'n-dè.

Chunna mi bodaich 's iad a' càradh lìon,
Gillean a' cur biathadh air dubhan le sgithinn,
Bàtaichean-iasgaich is faoileagan nan dèidh -
Chunna mi sin aig a' chidhe 'n-dè.

Chunna mi gheat a' cur ròp air a' chidh'
Caileagan is gillean a' falbh a Phort Rìgh
Dà bhaga dh'fhàg bhan a' phuist às a dèidh -
Chunna mi sin aig a' chidhe 'n-dè.

15-3-1 Èisg bhig

Seinn Seo / Anna NicDhòmhnaill



Èisg bhig, èisg bhig, nach tu tha math air snàmh.
Gu dearbha feumaidh mise sin, oir bidh mi snàmh gu bràth.

Èisg bhig, èisg bhig, am fairich thusa fuachd?
Chan fhairich idir, 'ille chòir, ged tha mi measg nan stuadh.

Èisg bhig, èisg bhig, a bheil thu idir sgìth?
O chan eil, chan eil, chan eil, cha toigh leam bhith air tìr.

Èisg bhig, èisg bhig, an leig thu idir d' anail?
Is math a dh'fhaodas mise sin a-staigh a-measg na feamad.

Èisg bhig, èisg bhig, dè dh'ith thu an-diugh?
Lugaichean is boiteagan, is smodal anns an t-sruth.

Èisg bhig, èisg bhig, càit a bheil do dhachaigh?
Tha mo dhachaigh anns a' chuan, mìle mach on chladach.

15-3-2 Bradan beag is bradan mòr (1)

Caoran ann an Cliabh, fonn "Row, Row, Row Your Boat".

Faodar seo a sheinn mar chuairt-òran ('round').



Bha bradan beag is bradan mòr
A' snàmh anns an t-sruth.
Thuirt bradan mòr ri bradan beag,
"Ciamar a tha thu 'n-diugh?"

Thuirt bradan beag ri bradan mòr,
"Tha mi glè mhath,
'S tha dùil agam a dhol gu muir
Nuair thèid an làn a-mach."

Thuirt bradan mòr ri bradan beag,
"A bheil thu às do chiall?
Tha iasgairean a-muigh an sin
A ghlacas tu le lìon."

Nach smaoinich sibh, a chàirdean còir,
Air deireadh latha a' bhradain -
E 'n-diugh a' snàmh cho sona, saor
'S a-màireach ga ith' le sailead.

15-3-2 Bradan beag is bradan mòr (2)

Caoran ann an Cliabh, am fonn seo **Dè Thuirt Thu?** / Christine Primrose



Bha bradan beag is bradan mòr
A' snàmh anns an t-sruth.
Thuirt bradan mòr ri bradan beag,
"Ciamar a tha thu 'n-diugh?"

Thuirt bradan beag ri bradan mòr,
"Tha mi glè mhath,
'S tha dùil agam a dhol gu muir
Nuair thèid an làn a-mach."

Thuirt bradan mòr ri bradan beag,
"A bheil thu às do chiall?
Tha iasgairean a-muigh an sin
A ghlacas tu le lìon."

Nach smaoinich sibh, a chàirdean còir,
Air deireadh latha a' bhradain -
E 'n-diugh a' snàmh cho sona, saor
'S a-màireach ga ith' le sailead.

15-3-3 Iasgach

Bun gun fhios

Cuir an lion is cuir an cliabh
Gheibh thu crùbag agus iasg
Slaod an ròp is gheibh thu pròn
'S bi gliong gu leòr nad sporan mòr
Ach seas air creig is cuir do shlat
Is gheibh thu cùdaigean dhan chat.

15-3-4 An rionnach beag 's an rionnach mòr

Seinn Seo, faclan Dòmhnall Iain MacLeòid, fonn Ceana Chaimbeul

The image shows a musical score for a piece in 15-3-4 time. It consists of five staves of music in the key of D major (two sharps) and common time. The first staff is labeled 'Rann 1 & 3' and starts at measure 1. The second staff continues from measure 5. The third staff is labeled 'Rann 2' and starts at measure 9. The fourth staff starts at measure 13. The fifth staff is labeled 'Rann mu dheireadh' and starts at measure 17. The music features a mix of eighth and quarter notes, with some rests and a final cadence at the end of the fifth staff.

(Air an teip: a' chiad rann a-mhàin)

Shìos anns an fheamainn, shìos fon a' mhuir
Rudeigin a' gluasad, saoil dè tha siud?
Rionnach mòr reamhar agus rionnach beag
Tiugainn gus an cluinn sinn an còmhradh a th' ac'.

"Dè tha mi a' faicinn" thuirt an rionnach beag.
"Thall an siud ri taobh na creig'?"
"Seachain e gu faic sinn" thuirt an rionnach mòr,
"Gun fhios nach eil dubhan ann a ghlacas sinn beò."

"Tha mise leis an acras" thuirt an rionnach beag.
"Tha mi dol ga ithe suas ann an diog."
"Cuimhnich air do sheanair" thuirt an rionnach mòr
"Mar a dh'ith e dubhan is cha chuala sinn an còrr."

Cha do dh'èist an rionnach beag ris an rionnach mhòr
Agus tha e nis air truinnsear na laighe air a' bhòrd!

15-3-5 Sàth nan iasg

Bun gun fhios

Seachd sgadain,
Sàth bradain.
Seachd bradain,
Sàth ròin.
Seachd ròin,
Sàth muice-mara bige.
Seachd muc-mara bheaga,
Sàth muic-mara mòire.
Seachd muc-mara mhòra,
Sàth cionarain-crò.
Seachd cionarain-crò,
Sàth mial mhòr a' chuain.

15-4-1 An fheannag san tràigh

Bun gun fhios

Aon, dhà,
An fheannag san tràigh.
Trì, ceithir,
Fhuair i partan.
Còig, sia,
Sgrìob i e.
Seachd, ochd,
Thug i gu cnoc e.
Naoi, deich,
Dh'ith i e.

15-4-2 A' chlann bheaga 's na ròin

Aimsir Phrìseil, faclan le Dòmhnall MacDhòmhnail

The musical score is written in treble clef with a key signature of three sharps (F#, C#, G#) and a common time signature (C). It consists of four staves of music. The first staff is labeled 'Rann 1, 3 & 5' and starts at measure 1. The second staff is labeled 'Deireadh' and starts at measure 5. The third staff is labeled 'Rann 2 & 4' and starts at measure 9. The fourth staff is labeled 'Air ais dhan toiseach' and starts at measure 13. The music features a mix of eighth and sixteenth notes, with some rests and a final double bar line at the end of the fourth staff.

Ròin dhubha 's ghlasa, mach 's a-staigh mun tràigh,
Mu na sgeirean beaga, a' plubadaich 's a' snàmh.
Greiseag bheag ag iasgach, greiseag bheag am bàrr,
Hì hò hudaileam, tudaileam ta-rà.

*Hì hò hudaileam, tudaileam ta-rà.
Chunnaic mise rudeigin is cudaig aig' an-dràst',
"Dùin do bheul, a luidealaich, feuch am faigh e dhà,
Ma tha an t-isean cuide ris, feumaidh iad an tràth."*

Faic am fear beag ciar ud thall air oir an làin,
Nach e tha math air iasgach, uill a chiall nach e!
Seall e ruith nan sìolagan aig ceann shìos a' bhàigh,
Hì hò hudaileam, tudaileam ta-rà.

*Plub, plub glugaman chì mi fhèin a dhà,
Èist, tha còrr is ceud ann nan tigeadh iad am bàrr.
Seall am fear beag liath ud, nach eil e math air snàmh,
Beiridh mi air fheusaig, tudaileam ta-rà.*

Ach càit an tèid na biastan ud, nuair thig àm ba-bà?
Falbhaidh iad gu Fìaraigh 's gu Grianamul a thàmh.
'S e mo rùn 's mo mhiann-sa gum faigh iad leabaidh bhlàth,
Hì hò hudaileam, tudaileam ta-rà.

15-4-3 Òran na maighdinn-mara

Traidiseanta

1 Sèist

5 Deireadh

9 Rann

13 Air ais dhan t-sèist

Sèist an toiseach agus às dèidh gach rann

*Hùbha is na hoireann hùbha
Hùbha is na hoireann hì.
Hùbha is na hoireann hùbha
'S ann le foill a mheall thu mi.*

A-mach air bhàrr nan stuadh ri gaillinn,
Fuachd is feannadh fad o thìr,
Bha mo ghaol dhut daonnan fallain
Ged is maighdeann-mhara mi.

Chan eil mo chadal-sa ach luaineach
Nuair tha buaireas air an t-sìd';
Bha mi 'n raoir an Coire Bhreacain,
Bidh mi 'n nochd an Eilean Ì.

Seall is faic an grunn na fairge
Uaimhean airgid 's òir gun dìth;
Lainnreachd 's chan fhaca sùil e,
Ann an cùirt no lùchairt rìgh.

15-4-4 An sgarbh

Rabhdan is Rudan, fonn Cànana, stèidhte air "Little Brown Jug"



Ha ha ha,
ho ho ho,
ars an sgarbh
is e dol fodha.

Ach dh'èirich e
a-rithist gu grad
mìl' air falbh
le stoc is ad.

15-5-1 Air a' chuan

Calum & Ruairidh Dòmhnallach, bhon chlàr "Heartland", le Runrig

1 Rannan 1, 3 & 5

6 Dà thuras air a' chiad rann a-mhàin

10 Rannan 2, 4 & 6

14 Air ais gu toiseach an fhuinn

1. Tha am ball air fhuasgladh
Is tha sinn a' gluasad
Air a' chuan, air a' chuan
Tha sinn a' seòladh
Tro thonnan uaine
Air a' chuan, air a' chuan.
Air cùrsa deònach
Tha sinn a' seòladh
Air a' chuan, air a' chuan
Fada bho thìr
Is talamh àghmhor
Air a' chuan, air a' chuan.
2. Is mi a' sealltainn mun cuairt
Is mi cho fada bhua
Càil ach muir, tonnan is cuan
O mo rùn.
3. Tha a' ghaoth a' sèideadh
Nan tonnan fiadhaich
Air a' chuan, air a' chuan
Tro thonnan fiadhaich
Is droch shìde
Air a' chuan, air a' chuan
4. Cho domhainn an cuan
Cho luachmhor an uair
Nach mair fada buan
O mo rùn
5. Sinn a' treabhadh
Tron oidhche
Air a' chuan, air a' chuan
Siubhal sàbhailteachd
Is madainn shunndach
Air a' chuan, air a' chuan.
6. Thig crìoch air an t-saoghal
Is thig crìoch air daoine
Ach mairidh ceòl is mairidh gaol
O mo rùn.

© 1990 Chrysalis Music Ltd. Air a chleachadh
le cead Music Sales Ltd, na còirichean uile glèidhte,
dlighe-sgrìobhaidh eadar-nàiseanta air a ghlèidheadh.

15-5-2 Rann mu chuan

Bun gun fhios

Chan fhuirich e socair, chan urrainn dha stad,
A' falbh 's a' tighinn, 's a' falbh sa bhad.
Gorm is uaine, geal is glas.
Air ais is air adhart, air adhart 's air ais.

15-5-3 An stoirm

Bun gun fhios, fonn J Booth / Cànan



Tha 'n oidhche dubh dorcha
Tha fead aig a' ghaoith
Tha fuaim aig a' chladach
Nach toigh leam.

A-steach leis gach anam
Mus bris air an stoirm
'S mus at a' mhuir
Leis an doineann.

15-6-1 Anns a' mhuir

Lisa Storey

Anns a' mhuir
Is air an tràigh
Nì sinn cluich
Is nì sinn snàmh

15-6-2 Bog an òrdag mhòr sa chuan

Penelope



Bog an òrdag mhòr sa chuan
Bog an òrdag mhòr sa chuan
Bog an òrdag mhòr sa chuan
Is bog an uair sin an còrr.

Bog do chasan anns an t-sàl
Bog do chasan anns an t-sàl
Bog do chasan anns an t-sàl
Ged a tha e fuar, fuar.

15-6-3 Hòroin o horo, 's neònach mar a chunna mi

Caoran ann an Cliabh, air fonn "Thèid mi dha na h-Eileanan"



*Hòroin o horo, 's neònach leam na chunna mi,
Hòroin o horo, 's neònach leam mar bha;
Hòroin o horo, 's neònach leam na chunna mi
Feasgar Dihaoine 's mi nam aonar air an tràigh.*

Bha feusgain agus faochagan a' danns' am measg nan creagan ann,
Creachain agus bàirnich a' leum 's a' cur nan car;
Giomaich agus crùbagan a' dèanamh ruidhle còmhla riutha
'S muirsgian fada caol a' cumail taic riuth' air giotàr.

15-6-4 Aig a' chladach

Faclan **Seillean 's a' Bhotul**, fonn Susan Walker / Cànan



Tuinn bheaga le cìrein gheala
A' cluich mu bhile na tràgh'd,
Gainmheach bhlàth fo mo chasan,
Iad rùisgte, gam bogadh san t-sàl.

Tha 'n fhaoileag a' sgiathail mun eilean,
Tha lannir air uisge a' bhàigh,
Grian shoilleir a' deàrrsadh on àird orm,
A gathan làn beannachd a' bhlàiths.

15-6-5 Sgrìob, Sgrìob, Sgrìob

Penelope



Sgrìob, sgrìob, sgrìob,
Toll air an tràigh,
Sgrìob, sgrìob, sgrìob,
Toll leis an spàin.

Grèim, grèim, grèim,
Goirt air mo làimh,
Dè th' ann, dè th' ann,
Dè bh' ann ach - partan!

Bunan-fiosrachaidh

Bha na leanas uile nam bunan-fiosrachaidh ann a bhith a' rannsachadh tùsan is fuinn a' chruinneachaidh seo. Ged nach d' fhuaradh fiosrachadh slàn air a h-uile fear aca, agus ged tha cuid aca nach eil fhathast an clò, tha sinn fada an comain a h-uile duine a bha an-sàs annta. Tha e doirbh a bhith coileanta anns an obair seo, agus mar sin ma tha tùsan eile ann a bu chòir nochdadh an seo, tha sinn duilich agus bhiodh Cànan toilichte cluinntinn mun deidhinn.

ceòl sgrìobhte = staff notation

ceòl solfa = 'doh ray me' is mar sin air adhart

Aimsir Phriseil (teip agus leabhar), deasaichte le Alma NicShimidh, Alasdair Barr, Lachlan Dick, James Macaulay. Seinn le Alma NicShimidh, ceòl le Alasdair Barr *Roinn nan Eilean Siar den Chomann Ghàidhealach*

Aithris is Oideas - Traditional Rhymes and Games (leabhar) Publications of the Scottish Council for Research in Education XLIX, Committee on Bilingualism *University of London Press Ltd 1964*

Am Bodach Beag Annasach - Gaelic Nursery Songs (teip le leabhran) le Ellen Jack agus Dòmhnall MacAsgail. Faclan le Paul MacAonghais, Peigi Màiri NicNeacail, Mairead Anna Mhoireach; Ceòl le Kenna Chaimbeul agus Arthur Hamilton *Cròileagan Inbhir Pheotharain 1995*

Amhrain Anna Sheumais - Òrain bho bheul-aithris air an cruinneachadh le Anna *1973*

An Comunn Gaidhealach (leabhran) Measgachadh de leabhraichean de cheòl airson farpaisean a' Mhòid thar nam bliadhnaichean *An Comunn Gaidhealach*

Caidil gu Sèimh (leabhar) deasaichte le Alma NicShimidh agus Alasdair Barr *Comhairle nan Eilean / Roinn nan Eilean Siar den Chomunn Ghàidhealach*

Colm agus Nuala - Cùrsa Còmhra Gaeilge le Laghaidh Ranganna Naíonán *An Roinn Oideachais, Baile Atha Cliath, 1968*

Caoran ann an Cliabh (leabhar) le Mairead Hulse *Acair 1986*

Dè Thuirt Thu? A' Bruidhinn Gàidhlig (le CDs de na h-òrain) Stiùireadh is stuth-taic do luchd-teagaisg ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig *Canan / PRG 1998*

Do Ghinealach Eile-Dà fhichead òran o bheul-aithris Uibhist a Deas Deasaichte le Iseabail T Dhòmhnallach agus Fearchar MacIllFhinnein *Muran 1995*

Dòtaman (teip agus leabhar, le ceòl sgrìobhte) le Donaidh MacLeòid. Ceòl le Donaidh MacLeòid, sgrìobhadh le Ceitidh Mhoireasdan, Calum Dhòmhnallach, Mòrag Stiùbhart, Catriona NicDhòmhnail, Catriona Mhoireach agus Magaidh Chonaigean. *Acair 1988*

Èisd is Seinn - Òrain airson teagasg na Gàidhlig (leabhar agus teip). Òrain le Una NicLeòid, ceòl taice le Trish MacDonald *HRC 1994*

Eòin is Ainmhidhean (leabhran is teip) \ le Alma NicShimidh, comhairleachadh-ciùil le Alasdair Barr, rannan le Mairead Hulse & Ceana Chaimbeul *1988*

Gàidhlig Dachaigh - Cùrsa airson phàrantan: rain (leabhar agus teip) le Anna Mhàrtainn *HRC*

Imir agus Abair - Cùrsa Còmhra Gaeilge le Laghaidh Ranganna Naíonán *An Roinn Oideachais, Baile Atha Cliath, 1968*

Is Toigh Leinn Òrain (teip agus leabhran) le Kirsteen Ghreumach agus Art MacCarraig *HRC*

Muir agus Tìr (teip agus leabhar, le ceòl sgrìobhte) le Alma Nic Shimidh & Alasdair Barr, òrain air an taghadh le clann Sgoil Chrois, Leòdhas *An Comunn Gàidhealach 1989*

Òrain a' Chròileagain (teip agus leabhran), le Peigi M NicNeacail & Mairead A Mhoireach *Cròileagan Gàidhlig Steòrnabhaigh 1986*

Òrain 'Bogha Frois' (teip agus leabhran) le Anna Chamshron *CNSA (Cròileagan Chomar nan Allt) 1990/91*

Penelope (teipichean agus leabhran): Òrain agus Rannan bho phrògram-sgoile a' BhBC *BBC*

Rabhdan (teip) air an seinn le Clann Sgoil Chrois ann a Nis. Air ullachadh le Noel Eadie. Ceòl le Alma NicShimidh; facail le Aonghas Caimbeul, 'Am Bocsair'; *Manpower Services Committee / Pròiseact Muinntir nan Eilean*

Rabhdan is Rudan (leabhar) le Iain Crichton Smith, *Gairm 1973*

Rannan Èibhinn Cloinne (leabhar) le Màiri Tàilleir *Gairm 1969*

Seillean 's a' Bhotul, Cruinneachadh de bhàrdachd-sgoile Deasaichte le Fionnlagh MacNèill *An Comunn Gàidhealach 1980*

Seinn Seo le Donaidh MacLeòid (leabhar agus teip, le ceòl sgrìobhte) Ceòl le Noel Eadie, sgrìobhadh le Ceana Chaimbeul, Anna Latharna Nic'Illoosa, Dòmhnall Iain MacLeòid, Anna NicDhòmhnail, Catriona Mhoireasdan agus am Pròiseact Foghlum Dà-Chànanach *Acair 1985*

Seinneamaid Còmhla - Òrain is rannan do chloinn òg (teip agus leabhran) le Anna Latharna Nic'Illoosa agus Alasdair Dhòmhnallach *CNSA 1986*

Seo Sinn! Cùrsa ùr Gàidhlig don Bhun-sgoil, le Mairi Sutherland, Bun-sgoil South Lodge, Inbhir Ghòrdain *HRC 1991*

Spòrs agus Seinn - Rannan-cloinne sa Ghàidhlig (teip agus leabhar) *Spòrs an Eilein Sgitheanaich (Àrd-sgoil Phort Rìgh) 1992*

Sùilean Dubha (leabhran agus teip) Ceana Chaimbeul, Anna Latharna NicGillÌosa *Am Pròiseact Foghlum Dà-Chànanach*

Trobhadaibh a-steach (leabhar agus teip) le Mairead Hulse, seinn le Iain MacÌomhair *Acair 1989*

Uisge (leabhran agus teip, le ceòl sgrìobhte) le Alma NicShimidh, taic-ciùil bho Alasdair Barr, rannan le Mairead Hulse & Ceana Chaimbeul *1988*

Cànan Eta, Sabhal Mòr Ostaig, An Teanga, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach IV44 8RQ

Fòn 01471 888 500, facs 01471 888 501, post-dealanach canan@canan.co.uk, eadarlìon <http://www.canan.co.uk>